

A' teagasg litreachas na Gàidhlig

Bàrdachd agus Sgeulachdan Goirid

Goireas taic airson tidsearan sa Ghàidhlig a bhios a' teagasg
litreachas do dhaoine òga san àrd-sgoil

Clàr-innse

- 03 | A' dèanamh anailis air pìosan bàrdachd agus sgeulachdan goirid
- 06 | A' Chraobh – Catriona NicGumaraid - Bàrdachd
- 14 | Playa de la Suerte – Gillebrìde MacIlleMhaoil – Sgeulachd Ghoirid
- 34 | Virtual – Meg Bateman - Bàrdachd
- 41 | A' dol dhachaigh – Iain C. Mac a' Ghobhainn – Sgeulachd Ghoirid
- 52 | Màiri Iain Mhurch' Chaluim – Anna Frater - Bàrdachd
- 62 | Briseadh na Cloiche – Iain Moireach – Sgeulachd Ghoirid
- 77 | A' Cheist Agam – Sa Chànan Eile – Sandaidh NicDhòmhnaill Jones - Bàrdachd
- 84 | Clann a-Màireach – Anna Frater – Bàrdachd
- 92 | Freagairtean

A' dèanamh anailis air pìosan bàrdachd agus sgeulachdan goirid

Ro-ràdh

Chaidh an goireas seo a leasachadh gus taic a thoirt do thidsearan ann a bhith a' teagasg litreachas na Gàidhlig do dhaoine òga. Chan e deireadh an sgeòil a th' ann an-seo ach thathar an dòchas gum bi e na thaic agus na thoiseach-tòiseachaidh dhut mar thidsear ann a bhith a' rannsachadh 's a taghadh theacsaichean a bhios a' còrdadh ri agus a' brosnachadh do sgoilearan.

Nuair a bhios tu a' teagasg sgeulachdan goirid is pìosan bàrdachd, tha e glè chudromach gu bheil deagh thuigse agad air an teacs ro làimh. Ged a tha na nòtaichean a tha an cois a' ghoireis seo mionaideach agus fiosrachail, cha bu chòir dhut dèanamh ach na tha a' toirt stiùir dhut fhèin air prìomh thèaman 's fheartan an teacs.

Bidh sgoilearan a' toirt diofar rudan a-mach à teacsaichean, 's dòcha rudan nach do mhothaich thu fhèin, ach feumaidh deagh thuigse a bhith agadsa airson stiùireadh is beachdan a thoirt dhaibh an toiseach. Airson sgrùdadh is anailis a dhèanamh air teacs sam bith, 's e seo cuid cheumnan feumail dhut mar thidsear:

Tlachd

1. Dèan cinnteach gun leugh thu an teacs air fad bho thoiseach gu deireadh, agus gu bheil e a' còrdadh riut. Tha e glè dhoirbh teacs sam bith a theagasg mura bi e a' còrdadh riutsa. Nuair a tha ùidh agad fhèin ann, chì na sgoilearan sin agus bidh fada a bharrachd ùidh acasan ann a bhith ga ionnsachadh. Cuideachd ma tha an teacs sgrìobhte air cuspair air a bheil thu eòlach no le sgrìobhadair air a bheil thu eòlach, bidh fada a bharrachd tuigse agad air carson a chaidh a sgrìobhadh is dè na prìomh rudan a tha an sgrìobhadair airson 's gum faigh thu a-mach às.

Tuigse

2. Dèan cinnteach gu bheil thu a' tuigsinn a h-uile facal ann. Ged a tha e uaireannan soilleir bhon co-theacs dè tha rudeigin a' ciallachadh, tha e cudromach gu bheil thu fhèin eòlach air na tha a h-uile facal ag ràdh. 'S e a' chiad adhbhar a tha seo cudromach gu bheil sgoilearan ag ionnsachadh briathrachas bho bhith a' leughadh theacsaichean sa chlas, agus tha e cudromach gun urrainn dhut innse dhaibh dè tha faclan a' ciallachadh nuair a dh'fhaighnicheas iad. 'S e an dàrna adhbhar gu bheil na sgilean sgrìobhaidh a' dol a bhith fada nas dorra a thuigsinn mura bi a h-uile facal san teacs soilleir. Cailidh tu ciall nan abairtean às fheumaile gun tuigse shlàn air a' bhriathrachas.

Puingean Cudromach

3. Loidhne an dèidh loidhne, leugh thairis air a-rithist. Àm sam bith a tha thu den bheachd gu bheil rudeigin sgrìobhte a tha cudromach ann a bhith a' tuigsinn na sgeulachd fhèin, carson a chaidh a sgrìobhadh no cùl-fhiosrachadh na sgeulachd, slaod a-mach e agus sgrìobh notaichean air carson a bhiodh e cudromach sin a thogail le clasaichean.

Sgilean Sgrìobhaidh

4. An ath thuras a leughas tu an sgeulachd, tha thu a-nis a' coimhead airson sgilean sgrìobhaidh. Mar eisimpleir am measg rudan eile dh'fhaodadh tu coimhead airson:
 - meataforan,
 - samhloidhean,
 - samhlauchas,
 - ìomhaigheachd,
 - ath-aithris
 - taghadh-facail

Fhad 's a tha thu gan slaodadh a-mach às an teacsa, sgrìobh sìos notaichean orra a' cleachdadh an stiùiridh a leanas...

- Dè tha an sgil sgrìobhaidh a' ciallachadh?
- Dè tha e a' toirt dhan sgeulachd/ dàn?/Carson a tha e ann?
- Carson a chleachd an sgrìobhadair an sgil sgrìobhaidh seo airson a' phuing aca fhaighinn seachad an àite dìreach a bhith ga sgrìobhadh às aonais?
- A bheil dad sam bith ann a tha a' ceangal an sgil sgrìobhaidh seo ri ciall an teacsa?

Dòigh Teagasg

5. Às dèidh dhut seo uile a dhèanamh, feumaidh tu taghadh a dhèanamh air ciamar a tha thu a' dol ga theagasg. Càit' am biodh e math tòiseachadh? Am feum thu sgilean sgrìobhaidh a theagasg dhan chlas an toiseach? Bhiodh e math leughadh a bharrachd no film air choireigin a lorg a bheireadh tuigse dhan chlas mu chuspair an teacsa mus leugh iad e. Mar eisimpleir le clas a' dèanamh 'A' Dol Dhachaigh,' bhiodh e math dhaibh leughadh a dhèanamh air sgeulachd na h-lolaire. 'S dòcha gun seall thu dhaibh film aithriseach air a' chuspair.

Dèan ceangal ri beatha an luchd-ionnsachaidh

6. Tha e glè chudromach smaointinn mu ciamar a tha thu a' dol ga cheangal ris a' bheatha acasan. Ciamar a tha thu a' dol a dhèanamh cinnteach gu bheil na sgoilearan a' tuigsinn sgeulachd mu rudeigin a thachair mus do rugadh iad? No cuspair nach eil air buaidh sam bith a thoirt air a' bheatha acasan gu ruige seo, mar ghaol no call? Dèan cinnteach gu bheil plana agad a thaobh ciamar a tha thu a' dol a shealltainn thèaman is cuspairean cudromach do chlasaichean nach eil air mòran pìosan sgrìobhaidh den leithid a leughadh gu ruige seo. Tha pailteas ghoireasan ann airson co-theacs a stèidheachadh.

Mu dheireadh, dèan cinnteach gun còrd e riut, agus gabh air do shocair leis. A h-uile bliadhna ionnsachaidh tu anailis ùr bho na sgoilearan nach fhaca tu fhèin, agus chì thu rudan diofaraichte gach turas, mar sin chan eil freagairt 'cheart' ann idir.

Meal do thuras tro shaoghal litreachas na Gàidhlig!

A' Chraobh – Catriona NicGumaraid

A' Choille Chiar (1973), Clò Beag, Glaschu

Cùl-fhiosrachadh

- Rugadh Catriona NicGumaraid ann an Dùn Bheagain anns an Eilean Sgitheanach ann an 1947. Chaidh i gu Àrd-sgoil Phort Rìgh agus an uair sin Oilthigh Ghlaschu. Bha i na sgrìobhadair airson Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, air àrainn Sabhal Mòr Ostaig, agus choisinn i tiotal 'Crùn Bàrd a' Chomuinn Ghàidhealaich,' airson an sgrìobhaidh aice.
- 'S e gaol, briseadh-cridhe agus nàdar prìomh thèaman na bàrdachd seo.
- 'S e pìos bàrdachd ann an cruth traidiseanta a th' anns 'A' Chraobh.' 'S ann mu dheidhinn gaol agus bàs a' ghaoil a tha e, agus an sgrìobhadair a' cleachdadh ìomhaighean de nàdar is lusan gus fàs is crìonadh a' ghaoil seo a shealltainn thar ùine.
- Tha sinn a' faicinn a' ghaoil seo ag atharrachadh feadh ràithean na bliadhna. Tha prìomh fheartan gach ràith air a chleachdadh gus sealltainn faireachdainnean is suidheachadh a' bhoireannaich seo. Tha an dàn a' gluasad bhon earrach dhan gheamhradh.
- Anns na ràithean blàtha, tha blàths a' ghaoil soilleir, is e a' fàs làidir. Anns na ràithean fuara, tha an gaol sin a' bàsachadh, mar a bhios rudan beò a' bàsachadh sa gheamhradh. Tha a' chraobh a' fàs agus an uair sin a' call nan duilleagan aice mar a tha fàs agus bàs a' ghaoil fhèin.
- Leis gu bheil e ann an cruth traidiseanta le comhardadh teann AAAB, leis an aon fhuaim (A) aig deireadh a' chiad trì loidhne anns gach rann (earrach/mheall/shealladh) agus fuaim eadar-dhealaichte (B) air an fhacal mu dheireadh san rann (m' aire) tha e ga dhèanamh glè fhreagarrach airson a chur ri fonn mar òran.

A' Chraobh – Catriona NicGumaraid

Coimhead air a' chraobh as t-earrach:
cuimhnich air a' ghaol a mheall mi,
briseadh duilleach na mo shealladh,
gealladh gaol bhiodh mòr air m' aire.

'S t-samhradh bha mo ghaol cho flùrach
làn de dhuilleach is de dh'ùbhlán;
bha mi sona, cridheil, sunndach,
's thuir mi – cha dèan thu mo mhealladh.

An toiseach bha am foghar grianach
gus 'n do thòisich e air crìonadh
's duilleagan a' tuiteam dhìomsa
's rabhadh na do shùilean meallach.

Ach sa gheamhradh tha mi tùrsach,
a' chraobh o bun gu bàrr air rùsgadh;
dh'fhalbh an gaol, am blàth 's na flùran,
's, O, 's fhada bhuam an t-earrach.

A' Chraobh – Catriona NicGumaraid

Coimhead air a' chraobh as t-earrach:
cuimhnich air a' ghaol a mheall mi,
briseadh duilleach na mo shealladh
gealladh gaol bhiodh mòr air m' aire.

S t-samhradh bha mo ghaol cho flùrach
làn de dhuilleach is de dh'ùbhlàn,
bha mi sona, cridheil, sunndach,
's thuir mi – cha dèan thu mo mhealladh.

An toiseach bha am foghar grianach
gus 'n do thòisich e air crìonadh
's duilleagan a' tuiteam dhiomsa
's rabhadh na do shùilean meallach.

Ach sa gheamhradh tha mi tùrsach,
a' chraobh o bun gu bàrr air rùsgadh;
dh'fhalbh an gaol, am blàth 's na flùran
's, O, 's fhada bhuam an t-earrach.

Anailis

Structar agus Fuaimean

Tha deagh **ruitheam** is **comhardadh** aig a' phìos seo agus tha e gu math sgileil air a chur ri chèile. Tha seo a' fàgail gun gabh e a ghabhail mar òran coltach ri iomadh bàrdachd thraidiseanta sa Ghàidhlig.

Annas gach rann, tha faclan ann aig deireadh a' chiad trì loidhnichean a tha a' cluinntinn glè mhath còmhla ri chèile, air sgàth 's gu bheil an aon fhuaim **lide** aca (no gu math faisg). 'S e **meadarachd** a chanas sinn ris a' **chomhardadh riaghailteach** seo.

- Sa chiad rann 'earrach/mheall/shealladh'
- San dàrna rann 'flùrach/ùbhlan/sunndach,'
- San treas rann tha 'grianach/crionadh/dhìomsa,'
- San rann mu dheireadh 'tùrsach/rùsgadh/flùran,'

Tha an comhardadh ga dhèanamh nas fhasa ri chuimhneachadh agus nas fhasa dhan leughadair obrachadh a-mach dè tha fhathast ri thighinn fhad 's a tha iad ga leughadh. Ged a leughas tu mar bhàrdachd e, tha binneas nam faclan a' dèanamh follaiseach gur e òran a th' ann fiù 's às aonais ceòl.

Coimhead air a' chraobh as t-earrach:

cuimhnich air a' ghaol a mheall mi –

Tha an **samhlachas** ceangailte ris an earrach 'a' chraobh as t-earrach,' cudromach sa chiad dol a-mach, air sgàth 's gur e an t-earrach an ràith far am bi rudan air a bhreith, agus far am bi beatha ùr a' tòiseachadh. Tha e a' **togail faireachdainnean** anns an leughadair sa bhad.

As t-earrach tha a h-uile duine a' tuigsinn gum bi a' ghrian a' tighinn a-mach mu dheireadh às dèidh geamhradh fada, agus tha solas na grèine a' toirt leis dathan, is blàths, is deagh faireachdainn. Dìreach mar sin, tha gaol ùr a' tòiseachadh mar ùr-bhreith cuideachd.

Ach tha fios againn mu thràth gun tèid cùisean ceàrr oir 's e "cuimhnich air a' ghaol a mheall mi" a tha air innse dhuinn.

Briseadh duilleach na mo shealladh

Tha a' bhana-bhàrd a' faicinn duilleach a' fàs mun cuairt oirre, agus a' dèanamh **coimeas** ris an fhàs seo ri fàs a' ghaoil. Tha beatha ùr nam beathaichean is nan lusan a' toirt air an leughadair a bhith faireachdainn math mun ghaol seo, agus a' toirt faireachdainn dhuinn gu bheil deagh rud a' tòiseachadh. Tha ceangal gu math làidir aig breith agus ùr-bheatha ri gaol, agus tha am fàs ùr seo a' **samhlachadh** toiseach càirdeas ùr.

gealladh gaol bhiodh mòr air m' aire

Tha an **uaim** seo ‘gealladh gaol,’ gu math inntinneach, air sgàth ’s gu bheil e a’ cur cuideam air cho aotrom agus neoichiontach sa tha faireachdainnean an sgrìobhadair aig an àm seo. Tha i làn dòchais mun ghaol ùr seo, agus mun bheatha ùr a tha i a’ tòiseachadh le bhith a’ leantainn a cridhe. Tha taobh eile aige ge-tà, is an **taghadh-facail** ‘gealladh,’ a’ toirt air an leughadair a bhith faireachdainn gur dòcha gum bris an gealladh seo, oir tha fios againn gur e seo an gaol ‘a mheall’ i agus tha gealladh a’ freagairt ris a’ chomhardadh a tha dol air feadh an dàin.

**S t-samhradh bha mo ghaol cho flùrach,
làn de dhuilleach is de dh’ùbhlán**

Tha sinn a-rithist a’ faicinn **samhlachas** làidir ceangailte ri nàdar – an turas seo ’s e measan is lus an a’ fàs a th’ ann, agus an dòigh anns a bheil an gaol seo a’ fàs agus ag atharrachadh thar ùine. Tha an sgrìobhadair a’ dèanamh dealbh tarraingeach de chraobh a tha beò, làn duilleagan is measan, glè thorrach is trom le beatha. Tha i a’ **ceangal** nan ìomhaighean sin ris a’ ghaol aice fhìn, is i airson sealltainn cho coileanta is cho beò ’s a tha e. Mar chraobh as t-samhradh, tha an gaol seo aig lànachd a beatha.

**bha mi sona, cridheil, sunndach,
's thuir mi – cha dèan thu mo mhealladh**

Tha sinn an seo a’ faicinn **liosta de bhuaidhean**, ag innse cho toilichte is cho sàsaichte sa tha an sgrìobhadair na beatha aig an àm seo. Tha an gaol aice cho foirfe nach fhaic i trioblaid sam bith a b’ urrainn an toileachas seo a thoirt air falbh bhuaithe.

Chan eil deireadh na h-às-earrainn a’ dol còmhla ris an toiseach ge-tà. Tha an **taghadh-facail** ‘mealladh,’ a’ toirt seachad co-chiallachaidhean gu math mì-chofhurtail agus dorch, mar seòrsa de shùil dhan àm ri teachd, nach eil cùisean a’ dol a dhol ro mhath airson a ghaol agus a’ chàirdeis seo. Ged a tha an sgrìobhadair a’ cantainn ‘cha dèan thu mo mhealladh,’ tha am facal fhèin am measg na dòigh-bruidhne aotrom is toilichte a tha mun cuairt air, a’ toirt droch fhaireachdainn dhan leughadair oir tha fios againn on a’ chiad rann gun do mheall an gaol seo i.

**An toiseach bha am foghar grianach
gus 'n do thòisich e air crìonadh**

Tha an **comhardadh** de ‘grianach,’ agus ‘crìonadh,’ a’ dèanamh **coimeas** làidir san rann seo. Tha sinn a’ dol bho ghaol a tha a’ toirt oirre faireachdainn sàsaichte is làn, gu rudeigin a tha air tòiseachadh ri tuiteam às a chèile gu math luath. Mar a bhios na duilleagan air na craobhan a’ fàs òr an toiseach (’s a’ coimhead gu math àlainn) mus fàs iad donn is mus tuit iad far na craobhe san fhoghar, ’s ann mar sin a tha an gaol aca a-nise.

Tha craobh a’ ghaol a bha aig aon àm làn, dathte is trom le measan, a-nis a’ call nan duilleagan aice is iad a’ tuiteam dhan talamh is a’ grodadh air falbh. Tha an gaol a-nis briste, is e a’ bàsachadh mar lus an fhoghar, gun solas na grèine no blàths gus an cumail beò.

's duilleagan a' tuiteam dhìomsa

'S e eisimpleir de **shamhlachas** a th' anns na duilleagan a' tuiteam far a' bhana-bhàrd. Tha na duilleagan a' tuiteam mar phàirtean dhith fhèin a' tuiteam air falbh nuair a tha i a' call a gaoil. Tha an duine seo air a bhith na phàirt mhòr den bheatha aice, agus às aonais, tha e mar gu bheil i air pàirt den chorp aice a chall, dìreach mar craobh a' call dhuilleagan. A-rithist, 's e **ìomhaigh** a tha furasta a thuigsinn a tha seo oir tha gach duine eòlach air na ràithean.

's rabhadh na do shùilean meallach

Mar a tha am foghar a' toirt dhuinn **ro-shealladh** air droch shìde a' gheamhraidh, tha còir aig a' bhana-bhàrd teicheadh bhon duine seo mus goirtich e i, ach tha e a' falach droch-rùn air cùl shùilean laghach. Tha an **taghadh-facail** 'rabhadh' a' freagairt ri 'gealladh' sa chiad rann. Tha 'meallach' a' tilleadh cuideachd, a' toirt air an leughadair co-fhaireachdainn a dhèanamh dhi. Tha 'meall' a' nochdadh trì tursan ann an cruthan eadar-dhealaichte. An robh an duine seo riamh a' toirt gaol ceart dhi? An robh e an-còmhnaidh ri breugan?

Ach sa gheamhradh tha mi tùrsach,
a' chraobh o bun gu bàrr air rùsgadh
dh'fhalbh an gaol, am blàth 's na flùran

Tha a' bhana-bhàrd air geamhradh a **shamhlachadh** ri bàs gaoil. Tha i a-rithist gu h-èifeachdach a' ceangal seo ri ìomhaighean nan ràithean air a bheil a h-uile duine eòlach.

Anns a' gheamhradh, bidh làithean a' fàs nas giorra, bidh rudan beò a' bàsachadh leis an fhuachd, agus bidh dùthchannan a bha aig aon àm den bhliadhna làn dath is blàths is solas, a-nis gaohach, dorcha is còmhdaichte le plaide sneachda fliuch is fuar.

Tha i a' dèanamh **coimeas** làidir eadar gaol marbh agus a' chraobh – tha i air a rùsgadh ann an dà dhòigh – gun duilleagan, ach cuideachd gun chàirdeas – 's ann mar sin a bhios daoine a' faireachdainn nuair a tha iad air gaol a chall.

's, O, 's fhada bhuam an t-earrach

Tha a' bhana-bhàrd a' smaointinn air ais is ag ionndrainn nan làithean a dh'fhalbh. Tha deagh làithean an earraich cho fad às a-nis, is tha i air fhàgail gun ghaol no càirdeas no dòchas sam bith.

Ged a bhios na ràithean a' tighinn air ais, is iad a' gluasad ann an cearcall gun sguir, tha an gaol air bàsachadh, is chan fhaigh i air ais e gu bràth. Tha na faireachdainnean sunndach a bh' aice a-nis cho fada air falbh, is chan eil cothrom ann a dhol air ais.

'S ann tric a bhios daoine ag ionndrainn nam mìosan soilleir nuair a tha iad air fhàgail san dorchadas agus tha an t-earrach a' faireachdainn gu math fada air falbh. Tha seòrsa de **chianalas** san loidhne seo.

Ged a tha a' chrìoch gu math doirbh don bhana-bhàrd, tha an leughadair fhèin ga fàgail le criomag de dhòchas – 's urrainn dhi a dhol air adhart dhan ath earrach 's ma dh'fhaoidte thig fàs, agus gaol, ùr eile.

A' Chraobh – Catriona NicGumaraid

Ceistean tuigse agus luachaidh

1. Dè, nad bheachd-sa, a tha an comhardadh a' cur ris an dàn? Carson a bhios bàird a' dèanamh oidhirp a bharrachd gus comhardadh a chur ann?
2. Tha a' bhàrdachd a' leantainn gaol a bha aig a' bhana-bhàrd agus ga choimeas ri craobh thar ràithean na bliadhna. Airson gach ràith, sgrìobh mu choltas na craoibhe aig an àm sin, agus beachdaich air dè tha sin ag innse dhuinn mun ghaol aig an àm sin.
3. Carson as e deagh choimeas a th' anns a' chraoibh leis a' ghaol?
4. Tagh loidhne bhon bhàrdachd as e, nad bheachd-sa, a' phuing tionndaidh anns a' bhàrdachd seo, far an do thòisich rudan a' dol ceàrr dhan bhana-bhàrd.
5. Carson a tha a' bhana-bhàrd ag ràdh gun robh; *'duilleagan a' tuiteam dhìomsa,'* an àite duilleagan a' tuiteam far na craoibhe? Dè tha seo a ciallachadh?
6. Dè tha an taghadh-facail *'rabhadh,'* a' toirt air an leughadair a bhith a' faireachdainn?
7. Anns a' gheamhradh, tha a' bhana-bhàrd ag innse dhuinn gun do *'dh'fhalbh an gaol, am blàth 's na flùran.'* Dè an dà chiall a th' aig *'dh'fhalbh am blàth,'* san t-suidheachadh seo?
8. Carson as e deagh chrìoch a th' anns an loidhne mu dheireadh:
"s, O, 's fhada bhuam an t-earrach?"
9. Innis mun cheangal a th' aig teothachd ri soirbheachas a' ghaol sa bhàrdachd seo.

Gnìomhan leasachaidh

Sgrìobhadh cruthachail 1 – Sgrìobh pìos bàrdachd thu fhèin, anns a' bheil comhardadh. Feumar obrachadh a-mach ciamar a tha gach facal a' cluinntinn còmhla ri chèile, agus gan cheangal ri chèile ann an òrdugh gus deagh ruitheam is structar a thoirt dhan bhàrdachd agaibh, beagan mar òran.

Sgrìobhadh cruthachail 2 – Sgrìobh pìos bàrdachd thu fhèin mu dheidhinn gaol cailte a tha ceangailte ri aon ìomhaigh làidir. Feumar obrachadh a-mach ciamar a tha gach pìos ag obair ri chèile, gus buaidh làidir a thoirt air an leughadair.

Ceanglaichean feumail

[A Chraobh - YouTube](#)

[BBC ALBA – Làrach nam Bàrd 20mh – Bàrdachd: Catriona NicGumaraid](#)

[Craobh NicGumaraid – Fo bhlàth anns gach ràith \(danamag.org\)](#)

Playa de la Suerte – Gillebrìde MacIlleMhaoil

Playa de la suerte. (2011) Bho: NicDhòmhnaill, J. & Storey, J. (deas.) Saorsa. Sreath: Ur-sgeul. Clàr: Inbhir Nis,

Cùl-fhiosrachadh mun sgeulachd

- Prìomh thèaman – Fortan agus bochdainn, strì, mì-thaing, claon-bhreith, gràin-cinnidh.
- Rugadh Gillebrìde Mac IlleMhaoil ann an Uibhist a Deas, agus Gàidhlig aige bho thùs. 'S e neach-teagaisg aig Oilthigh Ghlaschu a th' ann, is e gu math ainmeil airson fìor dheagh ghuth seinn. Tha e air 8 leabhraichean a sgrìobhadh gu ruige seo, is e cuideachd air tòrr obair eadar-theangachaidh a dhèanamh na bheatha.
- 'S ann mu dheidhinn dithis nighean agus mar a tha a' dol dhaibh air tursan fa leth dhan Spàinn a tha an sgeulachd seo.
- 'S ann à Burkina Faso a tha aon nighean agus 's ann à Lunnainn a tha an tèile. Tha an dithis aca air tràigh san Spàinn aig an aon àm, ach airson adhbharan air leth diofraichte.
- Chaidh innse dhuinn gu bheil a' chiad tè à Burkina Faso air teicheadh gus beatha ùr, nas fheàrr a thòiseachadh, gus an teaghlach aice fhaighinn a-mach à bochdainn. Tha beatha dhoirbh air a bhith aice is chan eil mòran aig an teaghlach aice a thaobh beartas no goireasan. Tha i air bàta beag fhaighinn dhan Spàinn, is i a' feuchainn gus fhaighinn a-steach dhan dùthaich gu mì-laghail. Tha e soilleir cho èiginneach sa tha an suidheachadh aice, air sgàth 's gu bheil i air a beatha a chur ann an cunnart gus faighinn air falbh bhon bheatha aice gus fear nas fheàrr a lorg.
- Tha e soilleir gu bheil beatha gu math furasta aig an tè à Lunnainn. Tha a pàrantan a' toirt airgead dhi gun adhbhar, is chan eil feum aice obair airson nan rudan a tha i ag iarraidh. Chan eil i taingeil airson nan rudan a tha aice, agus ged a tha beatha gu math furasta is snog aice, tha e soilleir nach eil e math gu leòr dhi, is i fhathast a' lorg adhbhar gearain.
- Tha coimeas mòr eadar beatha nan nigheanan seo, ach tha e soilleir cò tha taingeil airson nan rudan a tha aca is cò nach eil. Tha an tè à Burkina Faso fhathast a' lorg adhbhar a bhith toilichte, ag innse dhuinn nach eil mòran aice ach tha i taingeil airson an teaghlach aice agus gun robh iad toilichte. Tha an tè à Lunnainn a' gearan mun h-uile rud a th' aice. Chan eil dad sam bith math gu leòr. Tha e soilleir nach eil i air strì riamh na beatha, mar sin chan eil fhios aice dè cho math is dè cho furasta 's a tha a beatha.
- Tha an sgeulachd ghoirid seo a' soillearachadh an diofar eadar beatha dhaoine à diofar dhùthchannan is diofar shuidheachaidhean. Tha e a' toirt oirnn smaoinachadh mu na rudan a th' againn, is cho fortanach 's a tha sinn an coimeas ri daoine mar an tè a dh'fheumadh teicheadh bhon dùthaich aice.

Playa de la Suerte

Dh'èirich a' ghrian dìreach mar a rinn i a h-uile madainn samhraidh eile air Playa de la Suerte. Cha robh ann ach baile beag àbhaisteach an cois na traghad – na ceudan dhe leithid anns an Spàinn – iomadach cafaidh, bàraichean gu leòr, bùth a' bhèiceir a' dèanamh aran ùr a h-uile madainn agus cladach fada, farsaing a' sìneadh a-mach chun na mara.

Aig cairteal an dèidh sia air a' mhadainn shamhraidh seo shaoileadh duine gu robh a h-uile rud anns an àbhaist – bha fear na cafaidh a' cur a-mach nan sèithrichean gus am b' urrainn dha na Sasannaich iad fhèin a bhruich anns a' ghrèin fhad 's a ghabhadh iad balgam cofaidh. Bha riaslach no dhà a' coiseachd dhachaigh 's iad air a bhith a' gabhail dhà anns na bàraichean fad na h-oidhche gu madainn. Ged a bha i fhathast tràth bha i teth agus cha robh deò air adhar – latha àbhaisteach samhraidh eile.

Ach, ged a shaoileadh duine air a' chiad shealladh gun robh a h-uile rud mar bu chòir bha aon rud nach fhaiceadh duine gach madainn. Gun ghluasad, shìos gu fada aig oir na mara bha dithis chaileagan òga – aon tè gheal le gruag fhada bhàn, agus na laighe ri taobh, tè àrd dhubh. Cha robh iad a' gluasad.

Rugadh agus thogadh mise ann am Burkina Faso. Tha fhios gun cuala tu mu dheidhinn Burkina Faso – an dùthaich as brèagh air an t-saoghal. Ach nach can sinn uile sin mun dùthaich againn fhìn? Cò chanadh le bhith a' coimhead orm an seo an-diugh, ach chanainn-sa gun robh m' òige ann am Burkina gu math toilichte. Sin mo chuimhne air co-dhiù. Bha bochdainn ann gun teagamh – cha robh sìon againn, ach bha an teaghlach làidir agus bha a h-uile duine math dha chèile. Eadar tuiltean aon bhliadhna is tart bliadhna eile bha gnothaichean doirbh ach bha sinn a' gabhail ris na bh' againn.

Bha mi tric a' faighneachd dhomh fhìn dè thug orm fàgail ma bha mi cho toilichte. 'S e an fhìrinn nach eil fhios a'm ach 's cinnteach gun robh dùil agam gum bithinn-sa na bu shoirbheachaile na h-uile duine a chaidh romham agus gun cuirinn airgead air ais chun an teaghlach. Tha mi cinnteach nach creid daoine an seo e ach bha fhios againn ann am Burkina Faso cò ris a bha rudan coltach ann an Ameireaga agus san Roinn Eòrpa. Tha coltas cho beartach air a h-uile duine ann an Ameireaga agus anns an Roinn Eòrpa – sin a chunnaic mise air na filmichean co-dhiù. Seadh bha filmichean againn – chan e an fheadhainn cheart tuigidh tu, ach chitheadh tu a h-uile rud. Bha gu leòr ann ge-tà gus sealltainn dhuinn cho math 's a bha an còrr dhen t-saoghal an taca rinne. Seall fhèin air na rathaidean, am biadh a' taomadh dhe na truinsearan agus ùine gu leòr aig daoine airson chur-seachadan. Nach eil fhios gun tug sin buaidh orm agus, nuair a bha mi ochd bliadhn' deug, thog mi orm gu bothan beag ann am meadhan a' bhaile. A dh'inne na firinn, cha robh mòran bhoireannaich ann ach mi fhìn – fir gu leòr ge-tà. Daoine a' toirt seachad na choisinn iad fad bliadhna 's an uair sin muinntir a' bhothain a' toirt dhaibh àite air cùl no mullach làraidh a bheireadh gu Màili iad agus às a sin a bheireadh iad suas gu Algeria.

Nuair a smaoinicheas mi air an teas agus sinn nar seasamh anns an làraidh – nan suidheadh tu cha bhiodh tròcair ann, bhiodh tu air do stampadh gun fhiosta dhaibh leis a h-uile duine eile a

bh' ann còmhla riut. Agus leis a' bhargan sin a bheireadh gu Algeria thu cha robh cinnt sam bith agad gum faigheadh tu seach sin.

Fhuair mise gu Algeria agus bha mi an sin a' feitheamh gus airgead a dhèanamh airson àite fhaighinn air ràth a bheireadh chun na Spàinn mi. Dh'fhàg sinn Algeria aig dà uair sa mhadainn bho chionn trì latha.

Thogadh mise ann am baile a tha mu uair a thìde gu tuath air Lunnainn – chan eil ann ach baile beag, cha b' fhiach dhomh innse dhuibh dè an t-ainm a th' air. Chan eil dad a dhùil agam tilleadh ann! Tha e caran sàmhach dhòmhsa. Chaidh mi dhan sgoil an sin ach cha robh mi fhìn 's na tidsearan buileach air an aon ràmh – bha mise ag iarraidh saorsa ach cha robh iadsan ach ag iarraidh smachd a chumail orm. Dèan siud, dèan seo – uill rinn mi sin agus dh'fhàg mi an sgoil cho luath 's a b' urrainn dhomh. Fhuair mi àite ann an colaiste gus cùrsa cùraim chloinne a dhèanamh. Cha deach sin rium – tha mi fada ro òg gus smaoinachadh air coimhead às dèidh clann duin' eile. Feumaidh daoine beagan fois fhaighinn an dèidh na sgoile – tha an saoghal an-diugh trom air mo leithid. Bha mi gu math feumach air fois a ghabhail agus cha do rinn mi dad airson bliadhna gu leth. Bha e math gun robh mo phàrantan a' cumail airgead rium gus am faodainn a dhol a-mach còmhla ri mo charaidean. Ach a dh'innse na firinn dh'fhàs mi caran searbh dhe bhith ag èirigh aig meadhan latha a h-uile latha. Cha robh mi a' faicinn duine bho Dhiluain gu Dihaoine – iad air fad a' gearain gun robh iad ro sgèth airson coinneachadh tron t-seachdain.

Tha mi a' dol a dh'fheuchainn air obair fhaighinn a-nis. Chan eil fhios agam dè fhathast ach tha mi air liosta a dhèanamh. Chan eil e ceart gum feum duine a bhith ag obair airson ceithir not san uair. Tha fhios gu bheil sinn airidh air barrachd air sin! Bha mo mhàthair cho toilichte gu robh mi a' dol air ceann mo chosnaidh 's gun tug i mi fhìn 's i fhèin còmhla ri caraidean an seo dhan Spàinn. Bidh mi ochd bliadhn' deug an ath mhìos agus tha i a' comharrachadh sin cuideachd Tha mi gu math feumach air beagan teas agus dram no dhà mus tòisich mi air obair. Dh'fhàg sinn Lunnainn aig seachd uairean sa mhadainn bho chionn dà latha gus tighinn an seo.

Ma chanas duine riut nach cuir a' Mhuir Mheadhan-thìreach cur-na-mara ort na creid facal a chanas iad. Cho bochd 's a bha mi air an ràth a bha siud. Am fuachd air an oidhche agus an teas air an latha – cha do dh'fhairich mi a leithid a-riamh. Bha còrr is leth-cheud air an ràth. Neo-ar-thaing nach robh sinn toilichte an toiseach 's sinn a' dol a dhèanamh beatha ùr dhuinn fhìn anns an Roinn Eòrpa. Cha robh anns an Spàinn ach ceum eile air an t-slighe. Cha robh aon bhalach ach ceithir bliadhn' deug agus dh'aithnicheadh tu anns a' mhionaid gun robh e gu math lag. Cha do mhair e ach aon latha, an teas agus am fuachd, cion uisge agus cion bidhe. Bha còir againn a bhith air a chaitheamh a-mach dhan uisge. Nach biodh sin fhèin air a bhith a cheart cho uasal dha seach a bhith a' laighe fo ar casan fad an dà latha?

Cha mhòr nach e deireadh an turais an rud bu mhiosa. Bha againn ri feitheamh aig muir gus an dorchnaiceadh i 's gu faigheamaid air tìr ris a' ghealaich. Gun bhiadh, gun uisge agus an dèidh a bhith san teas fad an latha chan eil e na iongnadh dhomh nach d' fhuair mi seach an cladach

seo. Leum mi dhen ràth còmhla ris a h-uile duine ach seasamh coise cha robh agam. Nan laighinn air a' ghainmhich airson cairteal na h-uarach bhithinn math gu leòr.

Bha sinn coltach ri beathaichean air ar cur dhan itealan; cha robh ann ach a h-uile duine a' putadh gus faighinn air bòrd an toiseach. Agus cha robh eadhon suidheachan air a chomharrachadh dhuinn – cha robh againn ach suidhe an àite sam bith. Coltach ris na mucan fhèin! Agus na prìsean! Botal beag fion còig notaichean, panini agus cofaidh sia notaichean. Phàigh mo mhàthair co-dhiù ach cha mhòr nach tuirt mi rithe gun sìon a cheannach. Agus nuair a fhuair sinn dhan phort-adhair nach robh sinn uair an uaireadair ann am bus air falbh bho bhaile. Fhuair sinn tagsaidh – bha e cho math leis gun robh ceathrar againn ann agus cha robh mise a' dol a dhol faisg air bus leis na bh' agam de bhagaichean. Agus an sgìths! Chaidh mi a laighe airson siesta beag an dèidh dhuinn biadh agus botal fion a ghabhail. A-raoir, chaidh sinn a-mach airson dìnnear agus ghabh sin botal fion aig a' bhòrd. Agus an uair sin fear eile. Agus an uair sin glainneachan gin. Thòisich sinn air trod an uair sin. Dh'fhalbh mise agus dh'fhàg mi an siud iad. Ghabh mi glainneachan eile agus thachair mi ri feadhainn à Lunnainn. Chan eil dad a chuimhn' agam dè rinn sinn an uair sin ach bha seòrsa de chuimhn' agam a bhith a' coiseachd ri taobh na mara. Carson a tha mi nam shìneadh an seo?

Cha do chuir an Guardia Civil diù an toiseach anns an tè a thàinig na ruith thuige. Tèile air cus òl – coltach ris a h-uile duine eile a bha a' tighinn air saor-làithean an seo. Esan a siud na èideadh uaine, eagal aig na Spàinnich roimhe agus cha rachadh iad faisg air. Ach, cha bhiodh fhios aig a' mhisgear seo air gin dhe na ceanglaichean aca ri Franco. Cha robh mòran Beurla aige nas motha, dìreach gu leòr airson rudeigin a thuigsinn mu nighean air chall. Tèile a dh'fhalbhadh còmhla ri fear sam bith. Bha i sean gu leòr aig seachd-deug. Seadh, seadh bheireadh e sùil ach cha b' urrainn dha dad a dhèanamh gus am biodh i air falbh airson latha slàn.

“Cuidich mi! Feumaidh mi faighinn air falbh bhon chladach seo. Sin na dh'fheumas mi.” Chuala an tè bhàn na faclan sin, gu math fann, gu dearbh, agus blas neònach air a' Bheurla aice, ach cha do chuir i cus diù annta. Bha a ceann gus sgàineadh agus cha do thuig i dè a' gheodail a bh' oirre.

“An do ghabh thusa tè a bharrachd a-raoir cuideachd? Chan eil cuimhne agamsa eadhon càite an robh mi. Deagh oidhche ge-tà!” 's i a' feuchainn air dòigh fhaighinn air teicheadh bhuaipe cho luath 's a b' urrainn.

“Tha mi air tighinn à Afraga agus ma gheibh na poilis mi, cuiridh iad air ais mi.”

Carson a tha i a' sìor bhruidhinn riumsa? Nach eil duilgheadasan againn uile agus chan eil mise ga sàrachadh-se ag innse dhi mun h-uile rud a tha air tachairt dhòmhsa nam bheatha,

smaoinich i. 'S i bha toilichte a bhith a' faicinn cuideigin eile air a' chladach. Nach iarradh i cuideachadh bhuaithesan!

'S e an Guardia a bha air a dhòigh gun do ghabh e cuairt chun a' chladaich gus coimhead airson na tè Shasannaich. Bha e math gun d' fhuair e an tè sin ach 's e an tè dhubh a b' fheàrr buileach. Nach e gheibheadh a' chliù agus an t-urram airson an tè seo fhaighinn; gheibheadh e àrdachadh air a shon, tha fhios. Bha iad daonnan anns na naidheachdan na daoine ud – a' feuchainn air faighinn dhan Spàinn gu mì-laghail. Bha e math gun robh e fhèin ann no bhiodh tèile air fhaighinn a-steach. Bha feum air.

Bha i anns a' phort-adhair 's i a' tilleadh dhachaigh. Bha i air a bhith gòrach gu dearbh ach bha a màthair cho toilichte a faicinn 's gun deach i dha na bùithtean còmhla rithe a cheannach na bha i ag iarraidh. Dh'fheumadh i teicheadh na bu trice! Shìos an taobh thall dhiubh, air cùl balla glainne bha na ceudan de dhaoine dubha a' seasamh agus na ficheadan de phoileas mun cuairt orra. Saoil càite an robh iad a' dol? Chuir e iongnadh oirre gu robh i a' dèanamh seòrsa de dh'aithneachadh air tè dhiubh, ach cha b' urrainn dhi tuigsinn càite am faca i i.

Playa de la Suerte le nòtachadh

Dh'èirich a' ghrian dìreach mar a rinn i a h-uile madainn samhraidh eile air Playa de la Suerte. Cha robh ann ach baile beag àbhaisteach an cois na traghad – na ceudan dhe leithid anns an Spàinn – iomadach cafaidh, bàraichean gu leòr, bùth a' bhèiceir a' dèanamh aran ùr a h-uile madainn agus cladach fada, farsaing a' sìneadh a-mach chun na mara.

Aig cairteal an dèidh sia air a' mhadainn shamhraidh seo shaoileadh duine gu robh a h-uile rud anns an àbhais – bha fear na cafaidh a' cur a-mach nan sèithrichean gus am b' urrainn dha na Sasannaich iad fhèin a bhruich anns a' ghrèin fhad 's a ghabhadh iad balgam cofaidh. Bha naslach no dhà a' coiseachd dhachaigh 's iad air a bhith a' gabhail dhà anns na bàraichean fad na h-oidhche gu madainn. Ged a bha i fhathast tràth bha i teth agus cha robh deò air adhar – latha àbhaisteach samhraidh eile.

Ach, ged a shaoileadh duine air a' chiad shealladh gun robh a h-uile rud mar bu chòir bha aon rud nach fhaiceadh duine gach madainn. Gun ghluasad, shìos gu fada aig oir na mara bha dithis chaileagan òga – aon tè gheal le gruag fhada bhàn, agus na laighe ri taobh, tè àrd dhubh. Cha robh iad a' gluasad.

Rugadh agus thogadh mise ann am Burkina Faso. Tha fhios gun cuala tu mu dheidhinn Burkina Faso – an dùthaich as brèagha air an t-saoghal. Ach nach can sinn uile sin mun dùthaich againn fhìn? Cò chanadh le bhith a' coimhead orm an seo an-diugh, ach chanainn-sa gun robh m' òige ann am Burkina gu math toilichte. Sin mo chuimhne air co-dhiù. Bha bochdainn ann gun teagamh – cha robh sìon againn, ach bha an teaghlach làidir agus bha a h-uile duine math dha chèile. Eadar tuiltean aon bhliadhna is tart bliadhna eile bha gnothaichean doirbh ach bha sinn a' gabhail ris na bh' againn.

Bha mi tric a' faighneachd dhomh fhìn dè thug orm fàgail ma bha mi cho toilichte. 'S e an fhìrinn nach eil fhios a'm ach 's cinnteach gun robh dùil agam gum bithinn-sa na bu shoirbheachaile na h-uile duine a chaidh romham agus gun cuirinn airgead air ais chun an teaghlach. Tha mi cinnteach nach creid daoine an seo e ach bha fhios againn ann am Burkina Faso cò ris a bha rudan coltach ann an Ameireaga agus san Roinn Eòrpa. Tha coltas cho beartach air a h-uile duine ann an Ameireaga agus anns an Roinn Eòrpa – sin a chunnaic mise air na filmichean co-dhiù. Seadh bha filmichean againn – chan e an fheadhainn cheart tuigidh tu, ach chitheadh tu a h-uile rud. Bha gu leòr ann ge-tà gus sealltainn dhuinn cho math 's a bha an còrr dhen t-saoghal an taca rinne. Seal fhèin air na rathaidean, am biadh a' taomadh dhe na truinnsèaran agus ùine gu leòr aig daoine airson chur-seachadan. Nach eil fhios gun tug sin buaidh orm agus, nuair a bha mi ochd bliadhna' deug, thog mi orm gu bothan beag ann am meadhan a' bhaile. A dh'innse na firinn, cha robh mòran bhoireannaich ann ach mi fhìn – fir gu leòr ge-tà. Daoine a' toirt seachad na choisinn iad fad bliadhna 's an uair sin muinntir a' bhothain a' toirt dhaibh àite air cùl no mullach làraidh a bheireadh gu Màili iad agus às a sin a bheireadh iad suas gu Algeria.

Nuair a smaoinicheas mi air an teas agus sinn nar seasamh anns an làraidh – nan suidheadh tu cha bhiodh tròcair ann, bhiodh tu air do stampadh gun fhiosta dhaibh leis a h-uile duine eile a

bh' ann còmhla riut. Agus leis a' bhargan sin a bheireadh gu Algeria thu cha robh cinnt sam bith agad gum faigheadh tu seach sin.

Fhuair mise gu Algeria agus bha mi an sin a' feitheamh gus airgead a dhèanamh airson àite fhaighinn air ràth a bheireadh chun na Spàinn mi. Dh'fhàg sinn Algeria aig dà uair sa mhadainn bho chionn trì latha.

Thogadh mise ann am baile a tha mu uair a thìde gu tuath air Lunnainn – chan eil ann ach baile beag, **cha b' fhiach dhomh innse dhuibh dè an t-ainm a th' air. Chan eil dad a dhùil agam tilleadh ann!** Tha e caran sàmhach dhòmhsa. **Chaidh mi dhan sgoil an sin ach cha robh mi fhìn 's na tidsearan buileach air an aon ràmh – bha mise ag iarraidh saorsa ach cha robh iadsan ach ag iarraidh smachd a chumail orm. Dèan siud, dèan seo – uill rinn mi sin agus dh'fhàg mi an sgoil cho luath 's a b' urrainn dhomh.** Fhuair mi àite ann an colaiste gus cùrsa cùraim chloinne a dhèanamh. **Cha deach sin rium – tha mi fada ro òg gus smaoinachadh air còimhead às dèidh clann duin' eile. Feumaidh daoine beagan fois fhaighinn an dèidh na sgoile – tha an saoghal an-diugh trom air mo leithid. Bha mi gu math feumach air fois a ghabhail agus cha do rinn mi dad airson bliadhna gu leth.** Bha e math gun robh mo phàrantan a' cumail airgead rium gus am faodainn a dhol a-mach còmhla ri mo charaidean. Ach a dh'innse na firinn dh'fhàs mi caran searbh dhe bhith ag èirigh aig meadhan latha a h-uile latha. Cha robh mi a' faicinn duine bho Dhiluain gu Dihaoine – iad air fad a' gearain gun robh iad ro sgìth airson coinneachadh tron t-seachdain.

Tha mi a' dol a dh'fheuchainn air obair fhaighinn a-nis. Chan eil fhios agam dè fathast ach tha mi air liosta a dhèanamh. **Chan eil e ceart gum feum duine a bhith ag obair airson ceithir no san uair. Tha fhios gu bheil sinn airidh air barrachd air sin!** Bha mo mhàthair cho toilichte gu robh mi a' dol air ceann mo chosnaidh 's gun tug i mi fhìn 's i fhèin còmhla ri caraidean an seo dhan Spàinn. Bidh mi ochd bliadhn' deug an ath mhìos agus tha i a' comharrachadh sin cuideachd Tha mi gu math feumach air beagan teas agus dram no dhà mus tòisich mi air obair. Dh'fhàg sinn Lunnainn aig seachd uairean sa mhadainn bho chionn dà latha gus tighinn an seo.

Ma chanas duine riut nach cuir a' Mhuir Mheadhan-thìreach cur-na-mara ort na creid facal a chanas iad. **Cho bochd 's a bha mi air an ràth a bha siud. Am fuachd air an oidhche agus an teas air an latha – cha do dh'fhaic mi a leithid a-rìmh. Bha còrr is leth-cheud air an ràth. Neo-ar-thaing nach robh sinn toilichte an toiseach 's sinn a' dol a dhèanamh beatha ùr dhuinn fhìn anns an Roinn Eòrpa.** Cha robh anns an Spàinn ach ceum eile air an t-slighe. **Cha robh aon bhalach ach ceithir bliadhn' deug agus dh'aithnicheadh tu anns a' mhionaid gun robh e gu math lag. Cha do mhair e ach aon latha, an teas agus am fuachd, cion uisge agus cion bidhe. Bha còrr againn a bhith air a chaitheamh a-mach dhan uisge. Nach biodh sin fhèin air a bhith a cheart cho uasal dha seach a bhith a' laighe fo ar casan fad an dà latha?**

Cha mhòr nach e deireadh an turais an rud bu mhiosa. Bha againn ri feitheamh aig muir gus an dorchnaicheadh i 's gu faigheamaid air tìr ris a' ghealaich. **Gun bhiadh, gun uisge agus an dèidh a bhith san teas fad an latha chan eil e na iongnadh dhomh nach d' fhuair mi seach an cladach seo.** Leum mi dhen ràth còmhla ris a h-uile duine ach seasamh coise cha robh agam. Nan laighinn air a' ghainmhich airson cairteal na h-uarach bhithinn math gu leòr.

Bha sinn coltach ri beathaichean air ar cur dhan itealan; cha robh ann ach a h-uile duine a' putadh gus faighinn air bòrd an toiseach. Agus cha robh eadhon suidheachan air a

chomharrachadh dhuinn – cha robh againn ach suidhe an àite sam bith. Coltach ris na mucan fhèin! Agus na prìsean! Botal beag fion còig notaichean, panini agus cofaidh sia notaichean. Phaigh mo mhàthair co-dhiù ach cha mhòr nach tuirt mi rithe gun sìon a cheannach. Agus nuair a fhuair sinn dhan phort-adhair nach robh sinn uair an uaireadair ann am bus air falbh bho bhaile. Fhuair sinn tagsaidh – bha e cho math leis gun robh ceathrar againn ann agus cha robh mise a’ dol a dhol faisg air bus leis na bh’agam de bhagaichean. Agus an sgìths! Chaidh mi a laighe airson siesta beag an dèidh dhuinn biadh agus botal fion a ghabhail. A-raoir, chaidh sinn a-mach airson dìnnear agus ghabh sin botal fion aig a’ bhòrd. Agus an uair sin fear eile. Agus an uair sin glainneachan gin. Thòisich sinn air trod an uair sin. Dh’fhalbh mise agus dh’fhàg mi an siud iad. Ghabh mi glainneachan eile agus thachair mi ri feadhainn à Lunnainn. Chan eil dad a chuimhn’ agam dè rinn sinn an uair sin ach bha seòrsa de chuimhn’ agam a bhith a’ coiseachd ri taobh na mara. Carson a tha mi nam shìneadh an seo?

Cha do chuir an Guardia Civil diù an toiseach anns an tè a thàinig na ruith thuige. Tèile air cus òl – coltach ris a h-uile duine eile a bha a’ tighinn air saor-làithean an seo. Esan a siud na èideadh uaine, eagal aig na Spàinnich roimhe agus cha rachadh iad faisg air. Ach, cha bhiodh fhios aig a’ mhisgear seo air gin dhe na ceanglaichean aca ri Franco. Cha robh mòran Beurla aige nas motha, dìreach gu leòr airson rudeigin a thuigsinn mu nighean air chall. Tèile a dh’fhalbhadh còmhla ri fear sam bith. Bha i sean gu leòr aig seachd-deug. Seadh, seadh bheireadh e sùil ach cha b’ urrainn dha dad a dhèanamh gus am biodh i air falbh airson latha slàn.

“Cuidich mi! Feumaidh mi faighinn air falbh bhon chladach seo. Sin na dh’fheumas mi.” Chuala an tè bhàn na faclan sin, gu math fann, gu dearbh, agus blas neònach air a’ Bheurla aice, ach cha do chuir i cus diù annta. Bha a ceann gus sgàineadh agus cha do thuig i dè a’ gheodail a bh’ oirre.

“An do ghabh thusa tè a bharrachd a-raoir cuideachd? Chan eil cuimhne agamsa eadhon càite an robh mi. Deagh oidhche ge-tà!” ‘s i a’ feuchainn air dòigh fhaighinn air teicheadh bhuaipe cho luath ‘s a b’ urrainn.

“Tha mi air tighinn à Afraga agus ma gheibh na poilis mi, cuiridh iad air ais mi.” Carson a tha i a’ sìor bhruidhinn riumsa? Nach eil duilgheadasan againn uile agus chan eil mise ga sàrachadh-se ag innse dhì mun h-uile rud a tha air tachairt dhòmhsa nam bheatha, smaoinich i. ‘S i bha toilichte a bhith a’ faicinn cuideigin eile air a’ chladach. Nach iarradh i cuideachadh bhuaithesan!

‘S e an Guardia a bha air a dhòigh gun do ghabh e cuairt chun a’ chladaich gus coimhead airson na tè Shasannaich. Bha e math gun d’fhuair e an tè sin ach ‘s e an tè dhubh a b’ fheàrr buileach. Nach e gheibheadh a’ chliù agus an t-urram airson an tè seo fhaighinn; gheibheadh e àrdachadh air a shon, tha fhios. Bha iad daonna anns na naidheachdan na daoine ud – a’ feuchainn air faighinn dhan Spàinn gu mì-laghail. Bha e math gun robh e fhèin ann no bhiodh tèile air fhaighinn a-steach. Bha feum air.

Bha i anns a' phort-adhair 's i a' tilleadh dhachaigh. Bha i air a bhith gòrach gu dearbh ach bha a màthair cho toilichte a faicinn 's gun deach i dha na bùithean còmhla rithe a cheannach na bha i ag iarraidh. Dh'fheumadh i teicheadh na bu trice! Shìos an taobh thall dhiubh, air cùl balla glainne bha na ceudan de dhaoine dubha a' seasamh agus na ficheadan de phoileas mun cuairt orra. Saoil càite an robh iad a' dol? Chuir e iongnadh oirre gu robh i a' dèanamh seòrsa de dh'aithneachadh air tè dhiubh, ach cha b' urrainn dhi tuigsinn càite am faca i i.

Anailis

Dh'èirich a' ghrian dìreach mar a rinn i a h-uile madainn samhraidh eile air Playa de la Suerte. Cha robh ann ach baile beag àbhaisteach an cois na traghaid – na ceudan dhe leithid anns an Spàinn – iomadach cafaidh, bàraichean gu leòr – Tha an sgrìobhadair a' stèidheachadh **suidheachadh** na sgeulachd gu math an seo, le bhith a' sealltainn dhuinn gur e latha gu math àbhaisteach a bha seo dhan àite. Tha na goireasan a' fosgladh mar as àbhaist, is tha sinn a' faicinn dealbh air àite gu math bòidheach is ciùin.

shaoileadh duine gu robh a h-uile rud anns an àbhaist – Tha an **taghadh-facail** 'shaoileadh' ge-tà ag innse beagan dhuinn nach eil a h-uile rud a' dol a bhith anns an àbhaist, ged a tha e a' coimhead mar sin dhan leughadair an-dràsta.

bha fear na cafaidh a' cur a-mach nan sèithrichean gus am b' urrainn dha na Sasannaich iad fhèin a bhrùich anns a' ghrèin fhad 's a ghabhadh iad balgam cofaidh – Tha an **taghadh-facail** 'bhrùich' inntinneach an seo agus a' toirt ìomhaigh èibhinn dhan leughadair. Tha e nas trice air a chleachdadh nuair a tha sinn a' bruidhinn mu dheidhinn còcaireachd, chan ann a bhith nad laighe fo solas na grèine. Tha am facal caran a' magadh air na Sasannaich airson na dòigh a bhios iad a' laighe a-muigh sa ghrian fad an latha air saor-làithean, is iad airson a bhith air an donnadh mar phìos feòla a' brùich ann an àmhainn.

Bha riaslach no dhà a' coiseachd dhachaigh 's iad air a bhith a' gabhail dhà anns na bàraichean fad na h-oidhche gu madainn – A-rithist, tha an sgrìobhadair a' toirt deagh **iomradh** air an t-suidheachadh ann am Playa de la Suerte. Tha daoine ri faicinn a' coiseachd dhachaigh sa mhadainn às dèidh oidhche ag òl, ag innse dhuinne gur e àite làn phàrtaidhean a tha seo. Bidh daoine a' tighinn an seo, ag òl fada cus is a' fuireach a-muigh fad na h-oidhche.

Ach, ged a shaoileadh duine air a' chiad shealladh gun robh a h-uile rud mar bu chòir bha aon rud nach fhaiceadh duine gach madainn. Gun ghluasad, shìos gu fada aig oir na mara bha dithis chaileagan òga – aon tè gheal le gruag fhada bhàn, agus na laighe ri taobh, tè àrd dhubh – Chaidh innse dhuinn an seo mun dithis nigheanan a tha na phàirt dhen sgeulachd seo. Mar-thà, tha e soilleir gu bheil coltas nan nigheanan gu math diofraichte, ach tha an dithis aca anns an aon shuidheachadh air an tràigh an-dràsta, 's e sin a tha sinn a' smaointinn co-dhiù.

Tha fhios gun cuala tu mu dheidhinn Burkina Faso – an dùthaich as brèagha air an t-saoghal. Ach nach can sinn uile sin mun dùthaich againn fhin? – Tha guth-aithris ag atharrachadh dhan t-sealladh air a' chiad neach agus tha an tè à Burkina Faso a' bruidhinn mun dachaigh aice ann an dòigh gu math deimhinneach. Tha e soilleir ged nach robh mòran aice a' fàs suas an seo, gu bheil fhathast tòrr gaoil aice dhan dùthaich far an do rugadh i. Tha an tè seo den bheachd gu bheil a h-uile duine a' bruidhinn ann an dòigh mhath mun dùthaich aca, agus ged nach eil a h-uile rud a tha iad ag iarraidh aca an sin, tha fhathast deagh fhaireachdainn aca mun àite air sgàth 's na deagh chuimhneachain a th' aca an sin. Nì seo **coimeas** leis an tè à Sasainn ann an ùine ghoirid.

Cò chanadh le bhith a' coimhead orm an seo an-diugh, ach chanainn-sa gun robh m' òige ann am Burkina gu math toilichte. Sin mo chuimhne air co-dhiù. Bha bochdainn ann gun teagamh – cha robh sìon againn, ach bha an teaghlach làidir agus bha a h-uile duine math dha chèile.

Eadar tuiltean aon bhliadhna is tart bliadhna eile bha gnothaichean doirbh ach bha sinn a' gabhail ris na bh' againn –

A-rithist, tha an sgrìobhadair glè chomasach a thaobh a bhith a' toirt dhuinn fiosrachadh, an trup seo mu phearsa a' charactair: bhon **taghadh-facail** an seo gun robh cùisean glè dhoirbh dhaibh ann am Burkina Faso nuair a bha i a' fàs suas. Tha faclan mar 'bochdainn', 'tuiltean' is 'tart' a' sealltainn dhan leughadair gun robh trioblaidean aca an seo nach eil againn gu tric idir ann am Breatainn. 'S e beatha gu math eadar-dhealaichte a tha seo ris an fhear air a bheil sinne eòlach, agus tha e soilleir dhuinn an seo nach bi deagh thuigse againn air na tachartasan a tha an tè seo air fhaicinn is air fhulang na beatha.

Tha an abairt, 'ach bha sinn a' gabhail ris na bh' againn,' cudromach an seo. Tha e soilleir ged a tha sinne mar leughadair a' faicinn dhuilgheadasan is strì ann an òige na nighinn seo, gu bheil fhathast deagh chuimhneachain aicese, is tha e a' sealltainn dhuinn dè an seòrsa nighinn a th' innte. Tha i a' bruidhinn air an teaghlach làidir aice is cho faisg 's a tha iad uile. A' coimhead às dèidh a chèile agus a' cumail a' dol tro dhuilgheadasan mar ionad, còmhla. 'S e cuideigin gu math taingeil is buidheach a th' innte, agus ged a bha mòran ann a bhiodh air droch bhuaidh a thoirt oirre na h-òige, tha ise a' coimhead air ais air agus a' cuimhneachadh air na rudan math is na cuimhneachain thoilichte, an àite nan droch rudan. Tha sinn a' tuigsinn gur e caractar glè urramach is uasal a th' innte.

'S e an fhìrinn nach eil fhios a'm ach 's cinnteach gun robh dùil agam gum bithinn-sa na bu shoirbheachaille na h-uile duine a chaidh romham agus gun cuirinn airgead air ais chun an teaghlach –

Tha caractar an tè seo soilleir a-rithist nuair a chaidh innse dhuinn carson a theich i à Burkina Faso sa chiad àite. Tha an nighean seo airson beatha nas fheàrr a thoirt dhan teaghlach aice, agus airson barrachd fhaighinn dhaibh gus cur às do chuid de na duilgheadasan aca. Bha fhios aice gun robh i airson barrachd a dhèanamh na beatha na rinn daoine a thàinig roimhe, agus bha e soilleir dhi nam b' urrainn dhi fhaighinn air falbh gu àite eile, dùthaich eile, far an robh barrachd ghoireasan is barrachd chothroman ann, gum biodh cothrom aice atharrachadh a dhèanamh air beatha an teaghlach air fad. Tha i a' smaointinn fad na h-ùine mu dhaoine eile is ciamar as urrainn dhi taic a thoirt dhaibhsan, an àite nam feumalachdan aice fhèin. 'S e cuideigin gu math neo-fhèineil a th' innte. Tha an sgrìobhadair a' dèanamh gu math soilleir dè tha an caractar seo ag iarraidh.

ach bha fhios againn ann am Burkina Faso cò ris a bha rudan coltach ann an Ameireaga agus san Roinn Eòrpa. Tha coltas cho beartach air a h-uile duine ann an Ameireaga agus anns an Roinn Eòrpa – sin a chunnaic mise air na filmichean co-dhiù –

Tha an t-eòlas aice air Ameireaga agus an Roinn Eòrpa uile air tighinn bho fhilmichean agus T.Bh. Tha na rudan seo air dealbh a thoirt dhi de àiteachan làn beairteis is ghoireasan. Thug na filmichean seo oirre smaointinn gun robh beatha fada nas fheàrr aca anns na h-àiteachan sin, is nach robh duilgheadasan aca le airgead no biadh no goireasan idir. Tha e soilleir dhuinne gu bheil na rudan a tha sinn a' faicinn ann am filmichean gu math diofraichte bhon t-seòrsa beatha làitheil a th' aig daoine, is nach ann mar sin a tha beatha sna h-àiteachan seo gu fìor.

Seall fhèin air na rathaidean, am biadh a' taomadh dhe na truinnsaran agus ùine gu leòr aig daoine airson chur-seachadan –

Tha sinn a' faicinn an seo eisimpleirean den t-seòrsa rudan a tha i air fhaicinn air an T.Bh, a tha i den bheachd a th' aca ann an Ameireaga agus an Roinn Eòrpa. Tha an **taghadh-facail** 'taomadh' a' sealltainn gu bheil i air fhaicinn sna filmichean gu bheil iomall de bhiadh aca sna h-àiteachan seo. Gu bheil an uiread de bhiadh aca is e a'

tuiteam far nan truinnean tha iad cho làn. Seo rudeigin a sheas a-mach dhi oir tha gainnead de bhiadh air droch bhuidh a thoirt air an dùthaich aicese.

Cuideachd chaidh innse dhuinn gu bheil ‘ùine gu leòr aig daoine airson chur-seachadan.’ Tha e soilleir bho na tha i air faicinn air an T.Bh gu bheil i den bheachd nach fheum daoine an aon uiread de dh’obair a dhèanamh ann an Ameireaga agus an Roinn Eòrpa. Tha tòrr a bharrachd tìde shaor aca airson na rudan a tha iadsan ag iarraidh a dhèanamh, agus chan eil na làithean aca cho slàn no cho trang ’s a tha iad ann am Burkina Faso. Tha e soilleir dhuinn gun robh cùisean trang sa bheatha aicese a’ fàs suas, agus leis an seòrsa draghan a bha aca latha gu latha, cha robh mòran ùine no mòran àite nan cinn airson a bhith smaointinn mu chur-seachadan.

Nach eil fhios gun tug sin buaidh orm agus, nuair a bha mi ochd bliadhna’ deug, thog mi orm gu bothan beag ann am meadhan a’ bhaile. A dh’innse na firinn, cha robh mòran boireannaich ann ach mi fhìn – fir gu leòr ge-tà.

Daoine a’ toirt seachad na choisinn iad fad bliadhna ’s an uair sin muinntir a’ bhothain a’ toirt dhaibh àite air cùl no mullach làraidh a bheireadh gu Màili iad agus às a sin a bheireadh iad suas gu Algeria

Thug na filmichean seo buaidh oirre, is i a’ faicinn dòigh-beatha air leth diofraichte bhon fhear aicese. A’ lorg dòigh-beatha ùr dhi fhèin is dhan teaghlach aice, dh’fhàg i Burkina Faso is shiubhail i dhan Roinn Eòrpa. Tha dòigh-siubhail na tè seo gu math diofaraichte bho bhith a’ dol air saor-làithean ge-tà, is i a’ fàgail a dùthcha air cùl làraidh gus fuireach ann an tèile gu mì-laghail.

Feumar cead gus fuireach ann an dùthaich eile, ach gu tric, mar a chì sinn san sgeulachd seo, bidh daoine a’ siubhal gus fuireach is obair ann an dùthchannan eile gu mì-laghail às aonais a’ chead seo. Gu tric bidh daoine a’ teicheadh à dùthchannan cunnartach no far nach eil gu leòr biadh no uisge aca. Tha an tè seo a’ teicheadh airson barrachd airgid fhaighinn gus an teaghlach aice air ais ann am Burkina Faso a chuideachadh. Feumar smaointinn mu dè cho doirbh ’s a tha beatha cuideigin mu tha iad deònach a’ bheatha aca a chur ann an cunnart, a’ siubhal air cùl làraidh a’ feuchainn gus beatha nas fheàrr a lorg dhaibh fhèin. Cuideachd, ’s e boireannach a th’ innte, a’ siubhal leatha fhèin, gu mì-fhortanach tha seo cunnartach uaireannan.

Cha b’ fhiach dhomh innse dhuibh dè an t-ainm a th’ air. Chan eil dad a dhùil agam tilleadh ann!

– Tha an sgeulachd a-nis ag atharrachadh sealladh, fhathast bho shealladh a’ chiad neach ach an tè à Lunnainn a-nis ag innse mu beatha. Tha an dòigh-bruidhne aice air leth diofaraichte bhon tè à Burkina Faso, is i a’ gearain mun àite far an do rugadh i. ’S ann à àite gu math nas sàbhailte na Burkina Faso a tha i, agus fhathast tha i a’ coimhead sìos air an àite far an do thogadh i. Tha seo a’ dèanamh coimeas oir ann am faclan an tè à Burkina Faso,

Ach nach can sinn uile sin mun dùthaich againn fhìn? Tha e a’ cur iongnadh ort mar leughadair gu bheil cuideigin à suidheachadh cho doirbh is cho truagh a’ bruidhinn mun dùthaich ann an dòigh cho làn phròis, ach tha an tè seo à Lunnainn a’ bruidhinn ann an dòigh cho mì-thoilichte is cho làn nàire. Chan eil i airson ainmeachadh gu sònraichte cò às a tha i. Chan eil pròis sam bith aice mu dùthaich, a’ chiad diofar mhòr a chì sinn eadar an dà nighean.

Chaidh mi dhan sgoil an sin ach cha robh mi fhìn 's na tidsearan buileach air an aon ràmh – bha mise ag iarraidh saorsa ach cha robh iadsan ach ag iarraidh smachd a chumail orm. Dèan siud, dèan seo – uill rinn mi sin agus dh'fhàg mi an sgoil cho luath 's a b' urrainn dhomh – A-rithist, gu luath tha an sgrìobhadair a' toirt dhuinn dealbh soilleir air a' character. Cha d' fhuair i air adhart ro mhath san sgoil, agus i airson teicheadh cho luath 's a b' urrainn dhi.

'S e diofar eile eadar na nigheanan a th' anns an dòigh a tha iad air na cothroman aca a chleachdadh gus deagh bheatha a dhèanamh dhaibh fhèin. Cha robh ùidh sam bith aig an tè à Lunnainn ann a bhith a' dol dhan sgoil is a' cleachdadh an fhoghlaim shaoir an-asgaidh a bha ri fhaighinn far an do thogadh i. Cha robh ùidh sam bith aice ann a bhith a' soirbheachadh san sgoil agus a' feuchainn, air sgàth 's gun robh cothroman gu leòr a' dol a bhith aice taobh a-muigh na sgoile, an coimeas ris an tè à Burkina Faso a tha air a h-uile cothrom a ghabhail gus beatha nas fheàrr a dhèanamh dhi fhèin 's dha teaghlach.

Cha deach sin rium – tha mi fada ro òg gus smaoinachadh air coimhead às dèidh clann duin eile. Feumaidh daoine beagan fois fhaighinn an dèidh na sgoile – tha an saoghal an-diugh trom air mo lethid. Bha mi gu math feumach air fois a ghabhail agus cha do rinn mi dad airson bliadhna gu leth –

Tha an sgrìobhadair glè èifeachdach ann a bhith a' togail **iomhaigh** de chuideigin a tha fèineil agus faoin. Tha e soilleir nach eil mòran ùidh aig an tè seo ann a bhith ag obair no a' tòiseachadh a beatha mar inbheach. Tha i den bheachd nach bu chòir dhi a bhith ag obair ged a tha i air an sgoil fhàgail, oir tha i ro òg airson an seòrsa uallaich a tha sin a' toirt leis. 'S e coimeas mòr a tha seo ri beachdan na tè à Burkina Faso, is ise den bheachd gum bu chòir dhi falbh gus beatha nas fheàrr a lorg cho luath 's as urrainn dhi. Tha i airson a h-uile cothrom a tha aice a ghabhail, ach chan eil an tè à Lunnainn den bheachd gum bu chòir dhi cus a dhèanamh idir, air eagal 's nach fhaigh i fois gu leòr. Tha an diofar eadar na nigheanan a' fàs nas soilleire an seo, agus an diofar eadar a' bhuaidh a tha dùthaich is dòigh-beatha air a thoirt orra.

Tha an tè à Lunnainn air a h-uile càil fhaighinn, ach tha an tè à Burkina Faso air strì fad a beatha agus air strì a teaghlach fhaicinn cuideachd. Tha ise a' faireachdainn uallach airson beatha is slàinte a teaghlach, agus a' mothachadh gu bheil iad air a h-uile càil a thoirt dhi a bha aca, is gum bu chòir dhi an taic a tha sin a thoirt air ais dhaibh cho luath 's as urrainn dhi. Tha an **taghadh-facail** 'trom' inntinneach an seo. Tha e soilleir ged a tha beatha fhurasta air a bhith aice, gu bheil an tè à Lunnainn den bheachd gu bheil beatha dhoirbh aice, is tha seo a' soilleireachadh dè cho dall 's a tha i ri trioblaidean an t-saoghail. Chan eil i a' smaointinn ach oirre fhèin is an toileachas is cofhurtachd aicese.

Bha e math gun robh mo phàrantan a' cumail airgead rium gus am faodainn a dhol a-mach còmhla ri mo charaidean – Tha an tè seo gu mòr a' crochadh air a pàrantan airson a h-uile càil. Às aonais obair agus airgead dhi fhèin, chan urrainn dhi dad sam bith a dhèanamh às aonais taic bhuapa. Tha an coimeas an seo eadar an tè seo is an tè eile à Burkina Faso, far am faic sinn an diofar eadar an oidhirp a tha iad a' toirt seachad gu obair. Tha an tè airson a dhol a-mach a dh'obair, airson airgead a dhèanamh gus sin a thoirt air ais gu na pàrantan aice, ach tha an tè seo fad na h-ùine a' toirt rudan air falbh bho a pàrantan. Chì sinn diofar mòr ann an inbhe nan nigheanan.

Chan eil e ceart gum feum duine a bhith ag obair airson ceithir not san uair. Tha fhios gu bheil sinn airidh air barrachd air sin – Tha e soilleir gu bheil i den bheachd nach bu chòir dhi a bhith ag obair airson an airgid a bhiodh i a’ dèanamh aig an aois aice. Tha i cleachdte ri bhith a’ cosg airgead a pàrantan, agus chan eil casg air a bhith air an uiread airgid a bha ri fhaighinn bhuapa. Tha i airson rudan fhaighinn gun a bhith ag obair air an son, agus tha i den bheachd gu bheil i airidh air barrachd air ceithir not san uair ged nach eil obair a-riamh air a bhith aice agus chan eil eòlas-obrach sam bith aice gus a thoirt dhaibh. Ann an dòigh tha **ioranas** mòr an seo; tha i ceart ann an iomadh dòigh – Tha fhios gu bheil duine sam bith airidh air barrachd air ceithir not san uair – ach chan eil i ach a’ smaointinn air an t-suidheachadh aice fhèin, chan ann air adhbharan ceartas sòisealta.

Bha mo mhàthair cho toilichte gu robh mi a’ dol air ceann mo chosnaidh ’s gun tug i mi fhìn ’s i fhèin còmhla ri caraidean an seo dhan Spàinn – Tha an tè seo air a h-inntinn a dhèanamh suas gu bheil i airson obair fhaighinn a-nis, agus tha a màthair cho toilichte mun seo, gun d’ fhuair i turas an-asgaidh dhan Spàinn mar dhuais. ’S e an trioblaid leis a seo ge-tà gu bheil seo a’ tachairt tric dhan tè seo. Bidh i a’ faighinn phrèasantan is duaisean dìreach airson rudan àbhaisteach a dhèanamh, a dh’fheumas a h-uile duine eile a dhèanamh gun aithne sam bith air a shon. Feumaidh a’ mhòr-chuid de dhaoine an sgoil fhàgail is am beatha fhèin a thòiseachadh. Feumaidh iad obair fhaighinn is airgead a dhèanamh is beagan uallaich fhaighinn dhaibh fhèin, ach ann am beatha na tè seo chaidh innse dhi gu bheil i dìreach sgoinneil airson a bhith a’ dèanamh nan rudan àbhaisteach seo. Tha a pàrantan air innse dhi sa bhrosnachadh aca, gu bheil i air barrachd a dhèanamh na tha i, is gu bheil i nas fheàrr na tha i. Tha an sgrìobhadair a-rithist soirbheachail ann a bhith a’ togail **iomhaigh** air cuideigin nach bi an leughadair ro mheasail air.

Cho bochd ’s a bha mi air an ràth a bha siud. Am fuachd air an oidhche agus an teas air an latha – cha do dh’fhairich mi a leithid a-riamh. Bha còir is leth-cheud air an ràth. Neo-ar-thaing nach robh sinn toilichte an toiseach ’s sinn a’ dol a dhèanamh beatha ùr dhuinn fhìn anns an Roinn Eòrpa – Tha an sgeulachd a’ tilleadh gu sealladh na tè à Burkina Faso, fhathast anns a’ chiad shealladh. Tha a slighe ’s an dòigh-siubhail aice air an soillearachadh an seo. Shiubhail i fhèin is na daoine eile air bàta glè bheag is glè thana thairis air a’ Mhuir Mheadhan-thìreach gus fhaighinn dhan Roinn Eòrpa far am biodh iad an dùil ri beatha na b’ fheàrr a bhith aca. Tha mòran dhaoine a’ siubhal ann an soitheach gu math beag gun rùm gu leòr dhan a h-uile duine.

Chan ann dìreach gum biodh seo mì-chofhurtail, ach cunnartach cuideachd. Tha cunnart ann gun tuit daoine far a’ bhàta is dhan mhuir no gun goirtich daoine iad fhèin a’ seasamh air muin a chèile. Ged a tha iad a’ cur am beatha ann an cunnart, chan eil iad draghail no a’ gearain. Tha iad uile cho toilichte gun d’ fhuair iad dhan ìre seo, gu bheil iad coma mun bhàta fhèin. Tha iad deònach gu leòr a bhith mì-chofhurtail air sgàth ’s gu bheil iad uile a’ faicinn luach anns an duais air an taobh thall.

Cha robh aon bhalach ach ceithir bliadhna’ deug agus dh’aithnicheadh tu anns a’ mhionaid gun robh e gu math lag. Cha do mhair e ach aon latha, an teas agus am fuachd, cion uisge agus cion bidhe. Bha còir againn a bhith air a chaitheamh a-mach dhan uisge. Nach biodh sin fhèin air a bhith a cheart cho uasal dha seach a bhith a’ laighe fo ar casan fad an dà latha? – Chaidh innse dhuinn gun robh an dòigh-siubhail aca ro chunnartach airson feadhainn, agus air sgàth na droch thìde agus gainnead de bhiadh is uisge, bhàsaich balach òg fada mus d’ fhuair iad dhan

Spàinn. Tha e nas shoilleire às dèidh seo a leughadh, gu bheil beatha nan daoine a tha a' feuchainn gus teicheadh gu dùthaich eile, gu mòr ann an cunnart. Tha sinn a' faighinn beagan ro-sheallaidh air na bhios an dàn don tè à Burkina Faso cuideachd.

Tha iad uile a' siubhal gun fhios am faigh iad gu tìr beò, agus tha seo a' cur cuideam air dè cho èiginneach 's a tha an suidheachadh aca. Tha iad ag iarraidh beatha nas fheàrr, ach tha iad cuideachd a' tuigsinn gu bheil cunnart bàis ann 's iad deònach sin fhulang. Tha an **coimeas** eadar dìcheall na tè à Burkina Faso, agus leis na tè à Lunnainn gu math làidir an seo. Tha an dithis aca air tighinn à diofar shuidheachaidhean, ach tha an ùidh aca ann a bhith a' dèanamh deagh bheatha dhaibh fhèin air leth diofraichte.

Gun bhiadh, gun uisge agus an dèidh a bhith san teas fad an latha chan eil e na iongnadh dhomh nach d' fhuair mi seach an cladach seo – Tha an turas air a bhith cho doirbh 's nach eil lùths sam bith aice air fhàgail. Tha i cho sgìth agus cho lag le cion bìdh is pathadh, nach eil neart sam bith aice air fhàgail gus faighinn far na tràghad. Tha i air tìr mu dheireadh thall, ach chan urrainn dhi gluasad aon cheum a bharrachd. Tha buaidh an turais air a bhith uabhasach air a corp.

Bha sinn coltach ri beathaichean air ar cur dhan itealan; cha robh ann ach a h-uile duine a' putadh gus faighinn air bòrd an toiseach. Agus cha robh eadhon suidheachan air a chomharrachadh dhuinn – cha robh againn ach suidhe an àite sam bith. Coltach ris na mucan fhèin! – Tha an sgeulachd a' tilleadh uair eile don tè à Lunnainn agus tha am pìos seo cho èifeachdach airson sealltainn mar a tha i a' faicinn an t-saoghail, agus an **coimeas** ris na tha an tè à Burkina Faso air fulang.

Tha an **taghadh-facail** aig an tè seo a' toirt air an leughadair faireachdainn feargach is troimh-a-chèile, às dèidh dhuinn leughadh mu thuras na tè à Burkina Faso. Tha faclan mar 'beathaichean,' agus 'mucan,' mar gun robh iad air an cumail còmhla ann an sabhal no buaile, a' sealltainn dhan leughadair cho mì-chofhurtail is mì-thoilichte 's a bha i air an turas aice. Chan eil tuigse sam bith aice nach eil i mì-fhortanach idir, is gu bheil fiù 's an cothrom a bhith a' siubhal air itealan na dhuais do chuid de dhaoine. Chan eil for sam bith aice mu na daoine a bhios a' siubhal mar an tè à Burkina Faso, no ma tha, tha i coma mu dheidhinn. Fiù 's an dòigh a tha i a' bruidhinn mun turas seo, cho mì-thaingeil is feargach, an coimeas ris an tèile a tha fhathast ag ràdh, **'nach robh sinn toilichte an toiseach 's sinn a' dol a dhèanamh beatha ur dhuinn fhìn anns an Roinn Eòrpa,'** dìreach cho toilichte gun d' fhuair i fiù 's cothrom seo a dhèanamh. Làn thaing is toileachas airson turas cho uabhasach is cho cruaidh.

Agus na prìsean! Botal beag fion còig notaichean, panini agus cofaidh sia notaichean. Phàigh mo mhàthair co-dhiù ach cha mhòr nach tuirt mi rihte gun slon a cheannach! – Tha an sgrìobhadair a' leantainn air a' **daingneachadh** cho fèineil 's a tha i. Fhathast a' gearain, le biadh is uisge gu leòr gus a corp a shàsachadh. Tha an t-uabhas de thaghadhean aice, ach 's e am prìomh ghearain a th' aice na tha e a' cosg, ged nach eil ise a' pàigheadh air a shon! An coimeas ri turas nan daoine à Burkina Faso, chan eil cunnart sam bith ann gum bàsaich cuideigin air an itealan aice air sgàth gainnead de bhiadh no uisge. Chan eil beatha nan daoine air an itealan ann an cunnart mar bheatha dhaoine air an ràth. Chan eil strì airson neart is airson cumail beò acasan idir. Tha iad fortanach, ach chan eil ise ga fhaicinn idir.

Fhuair sinn tagsaidh – bha e cho math leis gun robh ceathrar againn ann agus cha robh mise a' dol a dhol faisg air bus leis na bh' agam de bhagaichean – **Eisimpleir** eile air cho furasta 's a tha a beatha dhi. Tha an tè à Lunnainn a-rithist a' gearain nach eil i airson suidhe air bus còmhla ri dhaoine eile is tòrr bhagaichean. Tha an ìre de chofhurtachd aice agus na cothroman a th' aice cho air leth diofaraichte bho chothroman na tè à Burkina Faso, ach tha an tè seo den bheachd gu bheil i airidh air fad na h-ùine, is nach fheum i dad sam bith nach eil cofhurtail dhi a dhèanamh.

Agus an sgìths! Chaidh mi a laighe airson siesta beag an dèidh dhuinn biadh agus botail fion a ghabhail – Anns an sgeulachd nuair a ruigeas iad an Spàinn, tha gach nighean ag innse dhuinn cho sgìth 's a tha iad, ach airson dà adhbhar gu math diofaraichte. Thàinig aon tè far itealan, cho “sgìth” air sgàth 's cho làn 's a bha i. Thàinig tèile far ràth, cho sgìth air sgàth 's cho falamh 's a bha i. Tha an **coimeas** seo a' cur aon tè fa chomhair na tè eile.

Cha do chuir an Guardia Civil diù an toiseach anns an tè a thàinig na ruith thuige. Tèile air cus òl – coltach ris a h-uile duine eile a bha a' tighinn air saor-làithean an seo – Tha sinn a' gluasad gu sealladh eile, a tha bho shealladh an treas neach, ach le smuaintean an neach-poilis gan cur an cèill. Tha màthair na tè à Lunnainn troimh-a-chèile air sgàth 's gun do dh'fhàg i an taigh-òsta a-raoir ach chan eil i air tilleadh. Tha i air neach-poilis a lorg, is i a' lorg taic gus a nighean a lorg. Tha an dòigh shuarach a bhios an neach-poilis a' bruidhinn mun tè seo, ag innse tòrr dhan leughadair mu cho tric 's a bhios daoine a' dol air chall san àite seo. 'S dòcha gun do dh'fhalbh i le fear. Tha sinn a' faighinn a-mach nach eil i ach seachd bliadhna deug a dh'aois cuideachd.

Cha robh dragh sam bith aige mu bhith ga lorg, is e den bheachd gu bheil i air cus òl an oidhche roimhe is gum bi i air ais ann am beagan uairean mar a h-uile duine eile a bhios a' dol air chall air an oidhche an seo. Cha robh e airson a dhol a-mach às an rathad aige gus an tè seo a lorg idir, oir cha robh e a' dol a dh'fhaighinn cliù sam bith airson tè à Lunnainn a 'lorg' nach robh idir air chall, ach dìreach leis an deoch.

“Cuidich mi! Feumaidh mi faighinn air falbh bhon chladach seo. Sin na dh'fheumas mi.” ... Nach eil duilgheadasan againn uile agus chan eil mise ga sàrachadh-se ag innse dhi mun h-uile rud a tha air tachairt dhòmhsa nam bheatha, smaoinich i. 'S i bha toilichte a bhith a' faicinn cuideigin eile air a' chladach. Nach iarradh i cuideachadh bhuaithesan! – Tha an earrann seo a' toirt ar dà phrìomh character còmhla mu dheireadh thall. Tha e air innse o shealladh na tè à Lunnainn. Tha an tè à Burkina Faso ann an èiginn. Tha i air a cridhe fhosgladh dhan nighean seo air an tràigh, is i a' tagradh airson taic is truas bhuaipe. Chan eil e soilleir dhan tè à Lunnainn an toiseach dè tha ceàrr oirre, is i den bheachd gu bheil i air cus òl an oidhche roimhe mar a bha ise, is tha i airson faighinn dhachaigh dhan taigh-òsta aice. Tha e soilleir an seo fiù 's le cuideigin air an leòn air a beulaibh gu bheil inntinn na tè seo cho beag 's gu bheil i a-rithist a' smaointinn gu bheil suidheachadh a h-uile duine eile coltach ris an fhear aicese, is gu bheil a h-uile duine fortanach is gun dragh sam bith mar a tha ise.

Nuair a tha an tè à Burkina Faso a' feuchainn gus an suidheachadh aice a shoilleireachadh dhi, chan eil i a' faighinn ach droch smuaintean is droch mhodh air ais. Tha an tè à Lunnainn cho dùinte san t-saoghal bheag aice fhèin, far a bheil na trioblaidean is na draghan aicese nas cudromaiche na dad sam bith no duine sam bith eile, nach urrainn dhi a bhith neo-fhèineil gus taic a thoirt dhi. Mar as àbhaist, chan eil i a' dol a dhèanamh dad sam bith nach eil taiceil dhìse,

is leis na faclan, ‘**S i bha toilichte a bhith a’ faicinn cuideigin eile air a’ chladach. Nach iarradh cuideachadh bhuaithesan!**’ tha e soilleir gu bheil i airson ’s gun dèilig cuideigin eile ris an ‘trioblaid’ a tha seo, nach eil ise airson an tìde phròiseil aice a chosg air an tè seo. Tha fios againne mar leughadair gur e neach-poilis a tha seo.

Bha e math gun d’ fhuair e an tè sin ach ’s e an tè dhubh a b’ fheàrr buileach. Nach e gheibheadh a’ chliù agus an t-urram airson an tè seo fhaighinn; gheibheadh e àrdachadh air a shon, tha fhios... Bha e math gun robh e fhèin ann no bhiodh tèile air fhaighinn a-steach – Tha an **coimeas** eadar cho toilichte ’s a tha e an ‘tè dhubh’ a lorg an àite na tè a bha air chall, gairiseachail.

Tha e soilleir an seòrsa beachd a th’ aige mu dhaoine a bhios a’ siubhal gu mì-laghail gu dùthaich eile, is e toilichte gu bheil e air stad a chur oirre. Tha e coma dè thachras dhi, no carson a thàinig i sa chiad àite, is e dìreach toilichte gun d’ fhuair e i a-mach às an dùthaich a-rithist. Fiù ’s an dòigh a tha e ga h-ainmeachadh mar ‘an tè dhubh,’ nach eil i ach na coigreach, an àite duine le beatha is faireachdainnean. Bha an tè à Lunnainn a’ ruith mun cuairt Playa de la Suerte gun fhios dè bha i a’ dèanamh no le cò, ach tha e fada nas toilichte an tè à Burkina Faso fhaighinn far nan sràidean.

Tha sinn an seo a’ faicinn gu soilleir mar a tha gràin-chinnidh is claon-bhreith beò fhathast an-diugh an aghaidh dhaoine a tha a’ feuchainn gus bochdainn a theicheadh gus beatha nas fheàrr a lorg. ’S e crannchur a th’ ann, càit’ am bi thu air do bhreith is dè an suidheachadh anns a bheil do phàrantan, ach tha an neach-poilis seo gun truas sam bith air a son. Tha e toilichte gu leòr beatha cuideigin eile a mhilleadh, gus a chliù fhèin àrdachadh.

bha a màthair cho toilichte a faicinn ’s gun deach i dha na bùilhtean còmhla rithe a cheannach na bha i ag iarraidh – Tha an sgeulachd a’ gluasad air ais gu aithris bho **shealladh an treas neach** san earrann mu dheireadh. A-rithist tha sinn a’ faicinn droch mhodh na tè seo air a dhìol. Tha i air ruith air falbh bho a màthair às dèidh dhi sabaid leatha, fuireach a-mach fad na h-oidhche gun fhios càit’ an robh i, air neach bochd a thoirt suas dhan phoileas agus an àite a màthar dèiligeadh rithe gu dòigheil is a’ trod mun mhodh seo, tha i a’ faighinn barrachd stuthan is barrachd dhuiscean. Tha an laigse an seo aig a pàrantan, le seòrsa de dh’eagal ann nach eil còir aca innse dhi nach eil i sgoinneil, no modhail, no a’ dèanamh nan taghaidhean ceart fad na h-ùine air a milleadh. Tha e soilleir dhuinn an seo gu bheil taghaidhean a pàrantan air droch bhuaidh a thoirt air an tè seo, agus gu bheil i air fàs suas a bhith na nighean nach eil mothachail air na h-easbaidhean aice fhèin.

cùl balla glainne bha na ceudan de dhaoine dubha a’ seasamh agus na ficheadan de phoileas mun cuairt orra. Saoil càite an robh iad a’ dol? – ’S e **ìomhaigh** chumhachdach a tha seo le coimeas mòr ri ana-thruas na tè à Lunnainn. Tha a’ cheist aice cho doirbh a chreidsinn. Ged a choinnich i ri cuideigin air an tràigh a dh’innis dhi dè an suidheachadh anns an robh i, fhathast chan eil e soilleir dhan tè seo dè tha a’ tachairt ris na daoine seo agus tha fios againn gu bheil an tè à Burkina Faso nam measg.

Chan eil tuigse sam bith aice air na duilgheadasan a th’ aig na daoine ann an dùthchannan eile, is ciamar a bhiodh iad a-riamh ann an trioblaid airson a bhith a’ siubhal gu àite eile. Sa cheann aicese, tha a h-uile duine san aon suidheachadh rithese, agus tha iad uile dìreach a’ leum air

bòrd itealain is a' dol a dh'àite sam bith a tha iad ag iarraidh, aig àm sam bith a tha iad ag iarraidh. Tha beatha fada ro fhurasta agus ro chomhfhurtail air a bhith aice, agus tha i air beatha a leantainn far nach robh feum dragh sam bith a bhith aice mu na rudan seo. Tha seo a' fàgail an leughadair car feargach leis an tè seo.

Chuir e iongnadh oirre gu robh i a' dèanamh seòrsa de dh'aithneachadh air tè dhiubh, ach cha b' urrainn dhi tuigsinn càite am faca i. – Fiù 's às dèidh bruidhinn rithe is cluinntinn sgeulachd na nighinn, chan eil cuimhne aice air aodann na nighinn is i coma mun droch shuidheachadh aice. Tha caractar na tè à Lunnainn soilleir mu dheireadh an seo, far am faic sinn cho gun mhothachadh 's a tha i mu thrioblaidean is duilgheadasan dhaoine eile. Tha i fèineil, tha i coma agus tha i a-rithist air a dhol tron bheatha aice gun tuigse no truas sam bith airson cuideigin a bha feumach air taic bhuaipe.

Cumaidh a beatha a' dol, chan atharraich dad sam bith dhi, ach airson na tè à Burkina Faso nach do dh'aithnich i, fiù 's, nuair a chunnaic i i a-rithist, tha an saoghal aicese air tuiteam às a chèile. Chosg iad fortan agus chaidh i tro chruaidh-chàs airson faighinn ann. Chan eil tuigse sam bith aig an nighean à Lunnainn mun cron a rinn i agus cha bhi aithreachas oirre gu bràth is mar sin chan atharraich an dòigh smaoineachaidh aice. 'S e **crioch èifeachdach** a tha seo a tha a' fàgail an leughadair an dà chuid feargach agus brònach.

Eisimpleirean de ghnìomhan airson luchd-ionnsachaidh

Ceistean tuigse agus luachaidh

1. Innis mun t-seòrsa neach a th' anns an tè à Lunnainn? Cleachd fianais nad fhreagairt.
2. Innis mun t-seòrsa neach a th' anns an tè à Burkina Faso? Cleachd fianais nad fhreagairt.
3. Tagh 3 faclan a tha ag innse dhuinn gur e turas uabhasach a bh' aig an tè à Burkina Faso.
4. Tagh 3 faclan a tha ag innse dhuinn gur e turas cofhurtail a bh' aig an tè à Lunnainn.
5. Carson, nad bheachd fhèin, nach robh mòran dragh aig an neach-poileis mun tè à Lunnainn; *'Cha do chuir an Guardia Civil diù an toiseach anns an tè a thàinig na ruith thuige?'*
6. Carson a tha an neach-poileis cho toilichte gun d' fhuair e lorg air an tè à Burkina Faso an latha ud; *'Bha e math gun d' fhuair e an tè sin ach 's e an tè dhubh a b' fheàrr buileach. Nach e gheibheadh a' chliù agus an t-urram airson an tè seo fhaighinn; gheibheadh e àrdachadh air a shon, tha fhios.'*?
7. Ciamar a tha an às-earrann; *'Carson a tha i a' sìor bhruidhinn riumsa? Nach eil duilgheadasan againn uile agus chan eil mise ga sàrachadh-se ag innse dhi mun h-uile rud a tha air tachairt dhòmhsa nam bheatha, smaoinich i, 'a' soilleireachadh an t-seòrsa tuigse a bh' aig an tè à Lunnainn air trioblaidean an t-saoghail?'*
8. *'cùl balla glainne bha na ceudan de dhaoine dubha a' seasamh agus na ficheadan de phoileas mun cuairt orra. Saoil càite an robh iad a' dol?'* Dè tha a' tachairt ris na daoine anns an às-earrann seo? Cò iad?
9. *'bha a màthair cho toilichte a faicinn 's gun deach i dha na bùithtean còmhla rithe a cheannach na bha i ag iarraidh,'* A bheil màthair na tè à Lunnainn cruaidh gu leòr oirre? Carson? Cleachd fianais bhon sgeulachd air fad.
10. Nad bheachd fhèin, dè na prìomh thèaman a th' aig an sgeulachd seo?

Gnìomhan leudachaidh

Rannsachadh:

Tha agaibh ri rannsachadh a dhèanamh air an eadar-lìon gus ionnsachadh mu sgeulachdan dhaoine eile a tha air teicheadh bhon dùthaich far an do rugadh iad.

Faigh a-mach:

- Càit an do rugadh iad?
- Carson a bha aca ri teicheadh?
- Ciamar a shiubhal iad?
- Càit an deach iad? Carson?
- An robh turas cunnartach aca?
- An do dh'fhuiling iad gràin-chinnidh sam bith?

Deasbad:

Ann an dà bhuidheann, beachdaich air na leanas:

'Tha sinne air gu leòr a dhèanamh san dùthaich seo airson fògarraich.'

Bu chòir dhan a' chiad bhuidheann aontachadh ris a' mholadh, agus a' bhuidheann eile a dhol an aghaidh a' mholaidh.

Ceanglaichean air loidhne

<https://www.bbc.co.uk/bitesize/guides/z8x6wxs/revision/4>

<https://www.bbc.co.uk/bitesize/guides/zcx6wxs/revision/5>

<https://www.redcross.org.uk/get-involved/teaching-resources/refugees-and-migration>

<https://www.unicef.org.uk/rights-respecting-schools/resources/teaching-resources/guidance-assemblies-lessons/refugee-crisis-europe/>

<https://www.bbc.co.uk/naidheachdan/51476531>

<https://www.tes.com/magazine/news/general/meet-refugee-pupil-excelling-gaelic-school>

Virtual – Meg Bateman

Bho ‘Soirbheas’ (2007), Bateman. M, Polygon, Dùn Èideann

Cùl-fhiosrachadh

- Rugadh Meg Bateman ann an 1959 ann an Dùn Èideann. Cheumnaich i à Oilthigh Obar Dheathain le MA agus à Oilthigh Dhùn Èideann le PhD ann am bàrdachd Ghàidhlig mheadhan-aoiseil. Às dèidh dhi ceumnachadh, dh’obraich i aig Oilthigh Obar Dheathain ann an Roinn na Gàidhlig is Ceiltis, agus an uair sin na h-òraidiche aig Sabhal Mòr Ostaig UHI anns an Eilean Sgitheanach.
- ‘S ann mu dheidhinn a bhith a’ cleachdadh teicneolas agus a’ suidhe air beulaibh sgrìn ro thrìc a tha am pìos bàrdachd seo. Tha sinn a’ faicinn chuspairean mar ghaol cailte, slàinte agus beò-ghlacadh air teicneolas.
- Tha sinn a’ faicinn beatha duine, a tha slàn is toilichte is fallain, ag atharrachadh gu beatha fhalamh agus mhì-thoilichte, tro bhith a’ cleachdadh teicneolas ro thrìc agus a’ cosg a bheatha a’ coimhead air sgrìn an àite a bhith a’ dol a-mach gus beatha cheart a bhith aige.
- Ged a chaidh am pìos seo a sgrìobhadh ann an 2007, tha am feum a nì sinn air teicneolas dìreach air fàs nas motha is nas miosa, agus tha an cuspair a cheart cho cudromach is buntainneach an-diugh. Ann an saoghal làn gheamaichean is coimpiutairean, tha mòran dhaoine mar a tha an duine seo, nan suidhe a’ coimhead dhaoine eile a’ dèanamh rudan nach bi iadsan idir a’ dèanamh iad fhèin.

Virtual – Meg Bateman

A Sheòrais bhoichd,
bha uair, nad òige 's nad bhòidhcheid,
a shamhlaichinn ri treobhaiche thu,
na h-eich romhad air madainn earraich
's tu feadalaich le bile feòir nad bheul.

Nis tha thu a' cosg do bheatha
ann am flat gruamach grod
is roll-up eadar do bhilean,
's tu coimhead nan rudan air an teilidh
a shaoil sinn a dhèanamaid còmhla,
do spionnadh 's do dhòchas
air an caitheamh bho chionn fhada.

Tha sinn glacte leis an linn seo
ann an neo-ghnìomh,
an corp air a dhealachadh ris an inntinn,
agus tusa, a ghràidh,
's na mìltean coltach riut,
nur prìosanaich ann an saoghal fhaileasan.

Virtual le nòtachadh

A Sheòrais bho chd,
bha uair, nad òige 's nad bhòidhcheid,
a shamhlaichinn ri treobhaiche thu,
na h-eich romhad air madainn earraich
s tu feadalaich le bile feòir nad bheul.

Nis tha thu a' cosg do bheatha
ann am flat gruamach grod
is roll-up eadar do bhilean,
's tu coimhead nan rudan air an teilidh
a shaoil sinn a dhèanamaid còmhla,
do spionnadh 's do dhòchas
air an caitheamh bho chionn fhada.

Tha sinn glacte leis an linn seo
ann an neo-ghnìomh,
an corp air a dhealachadh ris an inntinn,
agus tusa, a ghràidh,
s na mìltean coltach rut,
nur prìosanaich ann an saoghal fhaileasan.

Anailis

Structar – Tha structar a’ phios seo inntinneach. Tha a’ chiad rann gu sònraichte mu àm, bliadhnaichean air ais, far an robh beatha an duine seo toilichte is slàn. Bha e òg, làidir, a’ coimhead math agus bha a bheatha uile gu lèir deimhinneach. Tha an dàrna rann a’ sealltainn an atharrachaidh ge-tà. Tha e a-nis salach is mì-thoilichte. Tha an t-slàinte aige air a dhol bhuaithe, agus tha e air chall am measg saoghal teicneolais. Tha coimeas làidir eadar an duine sa chiad is an dàrna rann, is iad mar dà dhiofar dhuine. Tha an rann mu dheireadh mun t-saoghal air fad, ga phutadh oirne is a’ togail sgàthan dhan bheatha againn fhìn. Chan e dìreach an duine sa bhàrdachd a tha a’ fulang san dòigh seo, ach na mìltean de dhaoine eile a tha glacte le sgrineachan.

A Sheòrais bho chd – Tha an **taghadh-facail** ‘bochd,’ ag innse dhan leughadair gu bheil an sgrìobhadair a’ faireachdainn duilich airson an duine seo. Tha e soilleir gu bheil i den bheachd gu bheil beatha thruagh aige, agus gur dòcha gu bheil e air a bhith mì-fhortanach ann an dòigh air choireigin.

bha uair, nad òige ’s nad bhòidheid, a shamhlachadh ri treobhaiche thu – Tha an sgrìobhadair a’ cleachdadh na h-abairt ‘bha uair,’ gus innse dhuinn gu bheil i a’ smaointinn air ais gu àm eile, bliadhnaichean air ais, agus gu bheil cuimhne aice air duine diofraichte aig an àm ud. Tha ‘nad òige ’s nad bhòidheid,’ ag innse dhuinn gun robh i den bheachd aig aon àm, nuair a bha e òg, gun robh e gu math brèagha agus a’ coimhead uabhasach math. Bha ’s dòcha nòisean aice dha aig aon àm nan òige. Tha i **ga shamhlachadh** ri ‘treobhaiche,’ cuideigin a bhios ag obair a-muigh fad an latha, a’ giùlain stuthan trom is ag obair gu mòr leis na làmhnan is na fèithean aca. Leis gu bheil ‘treobhaiche’ a-muigh mar seo, bidh iad a’ toirt a-steach tòrr èadhair ghlain nan sgamhanan. Tha an samhla seo a’ toirt air an leughadair a bhith a’ smaointinn mu chuideigin gu math fallain agus slàn, cuideigin lem beatha ann an òrdugh.

na h-eich romhad air madainn earraich – Tha na h-eich mar phàirt den t-**samhlachas** mun ‘treobhaiche,’ is iad a’ ceangal dhan obair seo is a bhith ag obair a-muigh air an talamh fad an latha. Tha ‘madainn earraich’ cudromach, air sgàth ’s gu bheil iad soilleir agus breagha, far am bi rudan a’ tighinn beò agus a’ soirbheachadh. ’S e **samhlachas** a tha seo, den bheatha aig an duine aig an àm ud. Bha a h-uile rud na bheatha soilleir agus toilichte. Bha e a’ coimhead is a’ faireachdainn gu math, agus cha robh ach beatha shìmplidh aige.

s tu feadalaich – Bidh daoine gu tric a’ feadalaich nuair a tha iad toilichte is ann an deagh thrum. Tha **an taghadh-facail** seo ag innse dhan leughadair gun robh an duine seo gu math toilichte is tapaidh aig an àm seo dhe bheatha.

le bile feòir nad bheul – Tha seo **a’ ceangal** ri loidhne eile nas fhaide air adhart sa bhàrdachd, ‘is roll-up eadar do bhilean,’ agus a’ sealltainn aig an àm sin gur b’ e an rud a bu mhiosa a bhiodh na bheul, bile feòir nach dèanadh cron sam bith air. Tha bile feòir cuideachd a’ **samhlachadh** seann tuathanach, a-muigh ag obair is a’ cagnadh air pìos feòir bhon fhearann aige fhèin.

a’ cosg do bheatha – Tha an **taghadh-facail** ‘cosg,’ a’ toirt air an leughadair a bhith faireachdainn gu bheil an duine seo a’ cleachdadh na tìde aige na bheatha ann an droch

dhòigh. Tha e ga 'chosg,' mar a bhios daoine a' cosg agus an uair sin a' call airgead. Nuair a tha e air a chosg chan eil e a' tilleadh, agus tha an sgrìobhadair den bheachd gu bheil esan a' cosg nam mionaidean prìseil aige ann an dòigh ghòrach.

ann am flat gruamach grod – Tha an **uaim** an seo 'gruamach grod,' a' toirt air na faclan seo a bhith seasamh a-mach gu sònraichte. Tha am fuaim 'g' gu math cruaidh agus làidir, a' cur cuideam air cho uabhasach is cho mì-chàilear sa bha an t-àite seo, a' toirt air an leughadair a bhith a' dealbhachadh àite nan intinn a tha gu math salach, dorcha is mì-chofhurtail.

Tha an **coimeas** eadar an t-àite seo, agus an dealbh de threobhaiche ag obair a-muigh san èadhar glhan air madainn earraich air leth diofaraichte bho chèile. Tha sinn a' faicinn atharrachadh gu math mòr an seo eadar an duine seo bliadhnaichean air ais, agus an duine seo an-diugh. Tha an dòigh-beatha aige gu tur eadar-dhealaichte, agus chan eil an aon ghaol aige dha fhèin no dha bheatha ma tha e toilichte sin a chosg ann an àite cho sgrathail.

is roll-up eadar do bhilean – An **coimeas** ris an fheur na bheul, tha a-nis toit na bheul. Chan eil e tuilleadh a' toirt a-steach èadhar glhan a-muigh, ach a' toirt a-steach smoc salach am broinn an taighe, am puinnsean a' lionadh a chuirp agus a' marbhadh gach cealla aon an dèidh a chèile. Tha dòigh-beatha an duine seo a' toirt droch bhuaidh air a shlàinte, agus e a' leigeil le a bheatha tuiteam air falbh leis na taghaidhean aige.

's tu coimhead nan rudan air an teilidh a shaoil sinn a dhèanamaid còmhla – Aig aon àm na beatha, bha an sgrìobhadair den bheachd gum biodh iad a' dèanamh rudan sònraichte còmhla. Tha seo ag innse dhuinn gun robh iad, no gun robh ise an dùil gum biodh iad còmhla gu romansach, ann an càirdeas gaoil. A-nis chan eil an duine fiù 's a' dèanamh nan rudan sin leis fhèin. Bidh e na shuidhe fad an latha, a' coimhead dhaoine eile gan dèanamh air a' bhogsa. Chan eil beatha aige fhathast, ach dìreach sealladh air beathannan dhaoine eile, far am bi iadsan beò is esan gan coimhead. Tha beatha air fad an duine seo, a' suidhe is a' coimhead air sgrìn, glaiste ann an saoghal teicneolais.

do spionnadh 's do dhòchas air an cailtheamh bho chionn fhada – Chan eil ùidh sam bith aige dad sam bith a dhèanamh le a bheatha. Tha e na shuidhe an sin fad an latha, a' coimhead dhaoine eile a' dèanamh rudan intinneach is spòrsail, ach chan eil e a' beachdachadh air dad sam bith mar sin a dhèanamh e fhèin. Aig aon àm, bha planaichean is dòchasan aige. Bha e a' dol a thogail beatha leis an sgrìobhadair, is iad am beachd mòran tursan a ghabhail is mòran rudan intinneach a dhèanamh còmhla, ach nuair a fhuair an T.Bh grèim air, cha do leig i às. Tha e fo ghrèim teicneolais, is chan fhaigh e air falbh.

Tha cuideachd **comhardadh** an seo eadar am facal 'còmhla,' agus am facal 'dòchas,' is iad a' dèanamh an aon fhuaim nuair a leughas tu na loidhnichean seo a-mach. Tha an sgrìobhadair a' sealltainn dhuinn nach eil an 'dòchas' aig an duine às aonais an 'còmhla,' is gu bheil e air an spionnadh seo a chall air sgàth 's gu bheil e air ise a chall ri linn nan droch thaghaidhean aige.

Tha sinn glacte leis an linn seo ann an neo-ghnìomh – Tha an sgrìobhadair den bheachd gu bheil an saoghal a-nis air tighinn gu seòrsa de stad. Tha na daoine beò san linn seo air tighinn gu stad a thaobh a bhith a' dol a-mach, ag obair a-muigh, a' bruidhinn ri daoine aghaidh ri aghaidh agus a' dèanamh rudan gu fiosaigeach nam beathannan.

an corp air a dhealachadh ris an inntinn – Tha ceann an duine ann an àite eile. Ged a tha e na shuidhe san rùm-suidhe, a’ coimhead sgrìn, tha inntinn an duine ann an saoghal air leth diofraichte. ’S e trioblaid a tha seo do mhòran san latha an-diugh, far a bheil daoine a’ coiseachd mun cuairt le fònaichean-làimhe am measg cheudan de dhaoine eile, ach chan eil an n-inntinnean is an cuirp ag obair còmhla. Tha an cuirp air a’ bhus, no anns a’ phàirc, no ann an rùm-suidhe ann am flat gruamach grad, ach tha an n-inntinnean uile air chall ann an saoghal teicneolais a tha mìltean air falbh bhom beathannan fhèin.

a ghràidh – Tha an **taghadh-facail** ‘gràidh,’ ag innse dhuinn gu bheil gaol fhathast aig an sgrìobhadair dhan duine seo. Tha i fhathast a’ bruidhinn mu dheidhinn le bhith a’ cleachdadh fhaclan a tha làn gaoil is faireachdainn. Ged a tha i fhathast a’ bruidhinn mar seo ge-tà, chan eil e buileach soilleir dhan leughadair a bheil gaol fhathast aice dhan duine a tha ann an-diugh, no a bheil gaol aice dhan duine a bh’ ann, an duine a dh’atharraich o chionn bhliadhnaichean.

is na mìltean collach rui – Tha an sgrìobhadair a’ dèanamh soilleir nach eil an duine seo na aonar. Chan e gur e esan an aon neach a tha air tuiteam fo gheasaibh teicneolais, ach gur e aon fhear am measg mhiltean a tha air leigeil leis a’ bhogsa grèim fhaighinn orra. Tha an sgrìobhadair a’ **togail sgàthan** dhan chomann-shòisealta, a’ sealltainn dhuinn uile gu bheil sinn fo smachd teicneolais, agus gu bheil fada cus dhaoine a-nis air am beathannan a chall, tro bhith a’ coimhead fada cus air sgrìn, an àite a bhith a’ dol a-mach is a’ dèanamh rudan sinn fhìn. Tha linn teicneolais, ged a rinn e an saoghal fada nas fhasa is nas adhartaiche ann an iomadh dòigh, air droch bhuaidh a thoirt oirnn cuideachd. Tha sinn air ar spionnadh a chall, is urrachd cho làidir a-nis againn air stuthan teicnigeach.

nur prìosanaich ann an saoghal fhaileasan – ’S e **meatafor** glè làidir a tha seo. Tha an **taghadh-facail** ‘prìosanaich,’ ag innse dhuinn gu bheil na daoine seo glaiste ann an saoghal teicneolais, gun dòigh a-mach às. Tha iad mar ‘prìosanaich,’ sa phrìosan, is iad gun shaorsa sam bith bhom beathannan falamh. Mar ‘prìosanaich,’ tha an duine seo na shuidhe, a’ coimhead air a h-uile duine eile a’ leantainn beatha shlàn is toilichte, ach chan eil cothrom aigesan an aon rud a dhèanamh. Chan urrainn dha na daoine seo ach amharc air daoine beò bhon phrìosan aca, chan ann air cùl iarainn ach sgrìn.

Tha am bàrd a’ tarraing on **iomhaigh** den uamh aig Plato an-seo. Tha ‘saoghal fhaileasan,’ a’ toirt air an leughadair a bhith a’ smaointinn mu na daoine seo mar fhaileasan de dhaoine. Chan eil iad a-nis slàn mar a bha iad, ach nam faileasan de na daoine a bh’ annta mus d’ fhuair teicneolas grèim orra. Mar fhaileas, tha iad falaichte bho sholas na grèine, nan suidhe ann an dorchadas a’ coimhead a-mach air an t-saoghal. Tha iad air a dhol air chall, is iad a’ coiseachd mun cuairt gun choimhead air a chèile no bruidhinn ri duine. Tha iad a’ siubhal mun cuairt mar fhaileasan sàmhach, nach mothaich do dhuine sam bith.

Eisimpleirean de ghnìomhan airson luchd-ionnsachaidh

Ceistean tuigse agus luachaidh

1. A bheil an duine seo a' cleachdadh teicneolas ann an dòigh fhallain? Carson?
2. A bheil thu den bheachd gu bheil thusa a' cleachdadh teicneolas ann an dòigh fallain? Carson?
3. Ainmich trì dòighean a bhios tu a' cleachdadh teicneolas gach latha.
4. Ciamar a tha a' bhana-bhàrd agus an duine sa bhàrdachd eòlach air a chèile? Ciamar a tha fios agad?
5. Tha a' bhana-bhàrd a' samhachadh an duine ri *treobhaiche*. Dè tha sin ag innse dhuinn mu na feartan aige san àm a dh'fhalbh?
6. Carson a tha an sgrìobhadair ag innse dhuinn gu bheil e a' feadalaich anns a' chiad rann?
7. Tha bile feòir ann am beul an duine sa chiad rann, ach anns an dàrna rann tha *roll up* na bheul. Carson a tha an t-atharrachadh seo cudromach? Dè tha e ag innse dhuinn?
8. Dè tha an loidhne; '*an corp air a dhealachadh ris an inntinn,*' ag innse dhuinn mun duine seo?
9. Dè tha sibh a' mothachadh mun chiad, an dàrna agus an treasamh rann? Dè am prìomh amas a th' aig gach fear? Ciamar a tha fios agad?
10. Dè, nad beachd, a tha am meatafor; '*nur prìosanaich ann an saoghal fhaileasan,*' a ciallachadh?

Gnìomhan leudachaidh

Rannsachadh – Tha agaibh ri rannsachadh a dhèanamh air an eadar-lìon gus a' cheist a leanas a fhreagairt;

'Ciamar a tha teicneolas an dà chuid math agus dona nar beatha?'

Ceanglaichean feumail

<https://www.youtube.com/watch?v=6Ggz9h7S4b4> – Why it's dangerous to overuse technology HuffPost

<https://www.youtube.com/watch?v=mNKN4dHGQKg> - Is technology really ruining your life? | David Ellis | TEDxLancasterU

A' dol dhachaigh – Iain C. Mac a' Ghobhainn

An t-Adhar Ameireaganach, is sgeulachdan eile. (1973), Club Leabhar, Inbhir Nis

Cùl-fhiosrachadh

- Rugadh Iain Crichton Mac a' Ghobhainn ann an 1928 ann an Glaschu. Ghluais e còmhla ris an teaghlach aige gu Eilean Leòdhais nuair a bha e dà bhliadhna a dh'aois, agus chaidh a thogail ann am Pabail san Rubha. Chaidh e gu Oilthigh Obar Dheathain far an d' fhuair e ceum ann am Beurla. Bhon sin chaidh e dhan arm, agus an uair sin fhuair e obair mar thidsear. Tha Mac a' Ghobhainn ainmeil airson a bhith a' sgrìobhadh ann an Gàidhlig agus Beurla, ged as e Gàidhlig a' chiad chànan aige. Gu mì-fhortanach, bhàsaich Mac a' Ghobhainn ann an 1998 aig aois 70.
- Prìomh thèaman – buaidh chogaidh, call beatha gun fheum, buaidh propaganda is beachdan dhaoine air balaich aig àm a' chiad chogaidh, eachdraidh Eilean Leòdhais.
- Tha an sgeulachd ga h-innse o **shealladh a' chiad neach**. Tha sinn a' leughadh smuaintean a' phrìomh characatair. 'S ann mu dheidhinn saighdear a' tilleadh dhachaigh bhon Chiad Chogadh air Oidhche na Bliadhn' Ùir a tha e.
- Tha an sgeulachd ag innse mu dhòchas agus mu eagal an t-saighdeir seo mu dheidhinn a bhith a' tilleadh dhachaigh mu dheireadh thall. Tha sinn ag ionnsachadh mu na trioblaidean a bh' aig na saighdearan, 's an dragh a bha orra mu thilleadh gu àite agus beatha air nach robh iad eòlach tuilleadh.
- Gu mì-fhortanach tha an saighdear air bòrd 'An lolaire', a chaidh fodha dìreach meatairean bho chladach Eilean Leòdhais nuair a bhuail i creagan leis an ainm 'Biastan Thuilm' (The Beasts of Holm). Bhàsaich mu 205 a-mach às na 285 daoine air bòrd mus d' fhuair iad dhachaigh. Chan eil fios againn mu dheidhinn seo gus an loidhne mu dheireadh. Tha a' chrìoch seo gu math cumhachdach oir tha sinn a' smaointinn mun sgeulachd ann an dòigh eadar-dhealaichte às dèidh sin.
- Tha e cudromach nach tug an sgrìobhadair ainm dhan t-saighdear, oir mar sin tha e a' riochdachadh a h-uile balach a bhàsaich an oidhche ud, an àite aon neach sònraichte.
- Bha iad air fada cus muirt is marbhaidh fhaicinn, agus bha iad fhèin a' sabaid an aghaidh fhaireachdainnean de chiont is feirg mu na thachair sa chogadh, agus a-nis bha aca ri tilleadh dhachaigh gus beatha 'àbhaisteach' a bhith aca gun taic sam bith a' feitheamh orra. Tha **saorsa a' bhàird** làidir an-seo cuideachd oir 's e seòladairean a bh' anns a' mhòr-chuid a bhàsaich san tubaist ach tha na h-ìomhaighean ceangailte ri cogadh agus saighdearan nas èifeachdaiche ri linn sin.

A' dol dhachaigh – Iain C. Mac a' Ghobhainn

A' dol dhachaigh! Chan eil càil coltach ris. 'S iomadh là is oidhche bha mi deimhinn nach fhaicinn mo dhachaigh a chaoidh. 'S an-dràsta fhèin tha e duilich a chreidsinn. Bha an cogadh cho fada 's an t-slighe cho dòrainneach. An-dràsta fhèin tha a' chlogaid stàilinn nam bhaga. Tha mi smaoinichadh gun cuir mi dìtheannan innte, mar phoit, airson toirt gu buileach air falbh bhuam am murt 's am marbhadh a thachair, ged a tha mise sàbhailte.

Tha e fuar a-nochd ach chan eil sin a' cur dragh orm. Bidh na taighean blàth nuair a ruigeas sinn iad aig a' cheann thall. Bidh gach nì mar a bha e roimhe. Faodaidh sinn èirigh anns an t-sàmhachd, faodaidh sinn ar n-aodach cogaidh a chur dhinn. Faodaidh sinn èisteachd ris a' chòmhradh làitheil.

Nach geal na rionnagan anns an adhar. Nach geal a' ghealach. Truinnsear mòr geal. Fàgar na commandairean nan rìoghachd fhèin. Leanadh iad orra a sgrìobhadh òrdughan air an cuid phàipearan mas toil leotha e. Tha na saighdearan a' dol dhachaigh. 'S tha an t-soitheach a' fàgail. Fairichidh mu a buille fo mo chasan a tha nas cleachdte ris an talamh. Chì mi troimh na h-uinneagan na speuran geal le reothadh.

Tha mi nise dà bhliadhna air fhichead. Càit an deach m' òige? Shil i air falbh anns na batail, 's tha mi nas aosta na m' athair. Chan eil fhios aig duine air an talamh uaine ud na nithean a thachair dhomhsa 's do mo sheòrsa. Feumaidh mi bhith faiceallach, chan eil math dhomh innse dhaibh, oir cha tuigeadh iad mo smuaintean. Thig mi dhachaigh nam measg mar choigreach.

Tha mi air call cuimhne air na seann òrain. Cha mhòr nach eil mi air call cuimhne aig amannan air mo chànan. Chunna mi mo chompanaich a' bàsachadh ann an stoirm fala. Tha mo shùilean, saoilidh mi, air dath na fala, dearg, mar shùilean ainmhidh. Feumaidh mi bhith faiceallach.

Chan aithnich mo chlann mi, tha mi cinnteach. Aig dà bhliadhna air fhichead! Smaoinichibh! Bidh mi nam choigreach dhaibh. Ach thèid na làithean seachad 's fàsaidh sinn nas dlùithe air a-chèile. Ged a tha ceithir bliadhna fada chan eil annta ach ceithir bliadhna, a dh'aindeoin cùis.

An-dràsta fhèin, chì mi nam inntinn mo chàirdean a' deasachadh a' bhùird. Chì mi na solais a' deàlradh air na ballachan, air na copanan. Chì mi na nàbaidhean a' dèanamh gàirdeachas. Oir bidh an saoghal mar a bha e roimhe. No nas fheàrr na bha e roimhe. Saoghal ùr gun mheang. Oir tha sinn uile air mòran ionnsachadh. Thug sinn a-mach ar sgoilearachd anns an dorchadas.

Ceithir uairean a thìde 's chì mi iad a-rithist. Tha buille na soithich a' fàs nas làidire. Tha an cuan na bhreislich fodhainn, 's an caiptean air an drochaid, aodann geal anns an dorchadas. Tha fhios aigesan dè tha e a' dèanamh, 's faodaidh sinne, ma thogras sinn, an leabaidh a thoirt oirnn. Tha sinn uile toilichte ar n-uallach a leigeil sìos. Chì mi sròn na soithich 's i a' gearradh troimh' n chuan, a sròn bhiorach shearbh. 'S math an t-ainm a thug iad oirre:

AN IOLAIRE

A' dol dhachaigh – le nòtachadh

A' dol dhachaigh! Chan eil càil coltach ris. 'S iomadh là is oidhche bha mi deimhinn nach fhaicinn mo dhachaigh a chaoidh. 'S an-dràsta fhèin tha e duilich a chreidsinn. Bha an cogadh cho fada 's an t-slighe cho dòrainneach. An-dràsta fhèin tha a' chlogaid stàilinn nam bhaga. Tha mi smaoinichadh gun cuir mi dìtheannan innte, mar phoit, airson toirt gu buileach air falbh bhuan am mur' s am marbhadh a thachair, ged a tha mise sàbhailte.

Tha e fuar a-nochd ach chan eil sin a' cur dragh orm. Bidh na taighean blàth nuair a ruigeas sinn iad aig a' cheann thall. Bidh gach nì mar a bha e roimhe. Faodaidh sinn èirigh anns an t-sàmhachd, faodaidh sinn ar n-aodach cogaidh a chur dhinn. Faodaidh sinn èisteachd ris a' chòmhradh làitheil.

Nach geal na rionnagan anns an adhar. Nach geal a' ghealach. Truinnsear mòr geal. Fàgar na commandairean nan riochachd fhèin. Leanadh iad orra a sgrìobhadh òrdughan air an cuid phàipearan mas toil leotha e. Tha na saighdearan a' dol dhachaigh. 'S tha an t-soitheach a' fàgail. Fairichidh mu a buille fo mo chasan a tha nas cleachdte ris an talamh. Chì mi troimh na h-uinneagan na speuran geal le reothadh.

Tha mi nise dà bhliadhna air fhichead. Càit an deach m' òige? Shil i air falbh anns na batail, 's tha mi nas aosta na m' athair. Chan eil fhios aig duine air an talamh uaine ud na nithean a thachair dhomhsa 's do mo sheòrsa. Feumaidh mi bhith faiceallach, chan eil math dhomh innse dhaibh, oir cha tuigeadh iad mo smuaintean. Thig mi dhachaigh nam measg mar choigreach.

Tha mi air call cuimhne air na seann òrain. Cha mhòr nach eil mi air call cuimhne aig amannan air mo chànan. Chunna mi mo chompanaich a' bàsachadh ann an stoirm fala. Tha mo shùilean, saoilidh mi, air dath na fala, dearg, mar shùilean ainmhidh. Feumaidh mi bhith faiceallach.

Chan aithnich mo chlann mi, tha mi cinnteach. Aig dà bhliadhna air fhichead! Smaoinichibh! Bidh mi nam choigreach dhaibh. Ach thèid na làithean seachad 's fàsaidh sinn nas dlùithe air a-chèile. Ged a tha ceithir bliadhna fada chan eil annta ach ceithir bliadhna, a dh'aindeoin cùis.

An-dràsta fhèin, chì mi nam inntinn mo chàirdean a' deasachadh a' bhùird. Chì mi na solais a' deàlradh air na ballachan, air na copanan. Chì mi na nàbaidhean a' déanamh gairdeachas. Oir bidh an saoghal mar a bha e roimhe. No nas fheàrr na bha e roimhe. Saoghal ùr gun mheang. Oir tha sinn uile air mòran ionnsachadh. Thug sinn a-mach ar sgoilearachd anns an dorchadas.

Ceithir uairean a thìde 's chì mi iad a-rithist. Tha buille na soithich a' fàs nas làidire. Tha an cuan na bhreislich fodhainn, 's an caiptean air an drochaid, aodann geal anns an dorchadas. Tha fhios aige-san dé tha e a' déanamh, 's faodaidh sinne, ma thogras sinn, an leabaidh a thoirt oirnn. Tha sinn uile toilichte ar n-uallach a leigeil sìos. Chì mi sròn na soithich 's i a' gearradh troimh' n chuan, a sròn bhiorach shearbh. 'S math an t-ainm a thug iad oirre:

AN IOLAIRE

Anailis

'S iomadh là is oidhche bha mi deimhinn nach fhaicinn mo dhachaigh a chaoidh. – On a' chiad sheantans, tha fios againn gu bheil seo bho **shealladh a' chiad neach**. Tha na saighdearan 's seòladairean uile air a bhith ann an suidheachadh glè chunnartach, agus bha mòran dhiubh den bheachd gum biodh iad marbh mus biodh cothrom aca tilleadh dhachaigh. Tha an saighdear seo cho toilichte gun d' fhuair e a-mach às a' chogadh beò agus gu bheil beatha a-nis a' dol a bhith aige taobh a-muigh a' chogaidh.

An-dràsta fhèin tha a' chlogaid stàilinn nam bhaga. Tha mi smaoinichadh gun cuir mi dìtheannan innte, mar phoit, airson toirt gu buileach air falbh bhuam am murt 's am marbhadh a thachair, ged a tha mise sàbhailte. – Tha a' chlogaid a-nis a' **samhlachadh** murt, marbhadh is bàs tro shùilean an t-saighdeir. Tha an rud a tha seo air a bhith air mullach ceann an t-saighdeir fad ceithir bliadhnaichean fada agus air na h-aon sheallaidhean uamhasach fhaicinn còmhla ris. 'S e pàirt chudromach den aodach chogaidh a th' anns a' chlogaid. Bha e ga dhion bho chron is bàs fhad 's a bha esan a' toirt taic ri bàs nan nàimhdean.

An-dràsta fhèin, às dèidh dha a' phàirt sin de bheatha a chur dhan dara taobh, tha an rud seo a' samhlachadh a h-uile rud dona a thachair dha is a chunnaic e tron chogadh air fad. Cha ghluais an saighdear air adhart le seo na bheatha, leis na cuimhneachain a tha e a' toirt air ais thuige, mar sin tha e airson atharrachadh a dhèanamh air na tha a' chlogaid a' ciallachadh. Tha e airson **samhlachas** na clogaid a ghluasad bho rud làn phian is droch chuimhneachan, gu rudeigin cho àbhaisteach ri poit. Soitheach beag gun cheangal no ciall sam bith ri cogadh a bhios fhathast na bheatha làitheil mar a bha e.

Bidh na taighean blàth nuair a ruigeas sinn iad aig a' cheann thall. Bidh gach nì mar a bha e roimhe – Tha beachd an t-saighdeir air mar a bhios beatha nuair a ruigeas e a dhachaigh inntinneach. Tha e a' bruidhinn mu dhachaigh ann an dòigh cho dòchasach, is e den bheachd gu bheil a h-uile càil a' dol a bhith sgoinneil air sgàth 's gu bheil a' Chiad Chogadh seachad. Le **abairtean** mar 'Bidh gach nì mar a bha e roimhe,' tha e soilleir nach eil deagh thuigse aig an t-saighdear mu dè tha air a bhith a' tachairt air ais ann am Breatainn.

Tha an saighdear a' bruidhinn mar chuideigin a tha den bheachd gu bheil a h-uile duine eile air a bhith cumail a' dol le beatha àbhaisteach, is 's e dìreach na saighdearan a bha ann an suidheachadh diofraichte. 'S e seo cuideachd a' chiad turas a tha sinn a' faicinn gun tug propaganda buaidh air smuaintean an t-saighdeir. Tha e a' bruidhinn mu dheidhinn dachaigh gun atharrachadh an seo, ged a tha e air a bhith air falbh fad ceithir bliadhna. A bheil breugan a' phropaganda air eòlas an t-saighdeir seo mu bhuidh a' chogaidh a dhèanamh sgleòthail?

Faodaidh sinn èirigh anns an t-sàmhachd, faodaidh sinn ar n-aodach cogaidh a chur dhinn. Faodaidh sinn èisteachd ris a' chomhradh làitheil. – Tha **ath-aithris** an seo den abairt 'Faodaidh sinn.' Tha an sgrìobhadair air seòrsa de **liosta** a dhèanamh de na rudan as urrainn dhan t-saighdear a dhèanamh a-nis air sgàth 's gu bheil an cogadh seachad. Tha cleachdadh an fhacail 'faodaidh' ag innse dhuinn ann an **dòigh neo-dhìreach** gun robh mòran ann nach b' urrainn dhaibh a dhèanamh fhad 's a bha iad air falbh leis an arm.

Nach geal na rionnagan anns an adhar. Nach geal a' ghealach. Truinnsear mòr geal. – Tha an sgrìobhadair ag **ath-aithris** an fhacail 'geal' tron sgeulachd air fad, is e a' **samhlachadh** dòchas, sìth agus glaineach. Tha an saighdear seo air a bhith ann an àrainneachd a bha cho

salach is fuaimheil is gun sìth airson ùine cho fada, gu bheil e a-nis a' mothachadh don dath gheal air feadh an àite air sgàth 's gu bheil e mu dheireadh a' faighinn dhachaigh is air falbh bhon dòigh-bheatha sin. Tha e mu dheireadh a' faicinn solas an dèidh bhliadhnaichean san dorchadas.

Mar leughadair ge-tà, tha fios againne nuair a ruigeas sinn fhèin deireadh na sgeulachd gu bheil am bàta a' dol a dhol fodha mus faigh e sìth, mus faigh e cothrom beatha ùr a thòiseachadh. Tha sinne ga fhaicinn an uair sin mar shamhla bàis. Tha sinne ga fhaicinn air feadh an àite mar rabhadh gu bheil bàs a' tighinn faisg, oir 's e geal dath nan ainglean agus nèamh cuideachd. Ged tha an saighdear den bheachd gum faigh e dhachaigh dhan nèamh aige fhèin air an t-saoghal seo, còmhla ris an teaghlach aige is air falbh bhon sgrios, tha rud eile, am bàs, a' feitheamh air agus càch.

Fàgar na commandairean nan rìoghachd fhèin. Leanadh iad orra a sgrìobhadh òrdughan air an cuid phàipearan mas toil leotha e. Tha na saighdearan a' dol dhachaigh – 'S e **meatafor**

cudromach a tha seo airson innse dhuinn beachd nan saighdearan air a' chogadh agus ga fhàgail an dèidh ùine cho fada. Bha na commandairean os cionn nan saighdearan, agus aig àm a' chogaidh bha sgaradh ann eadar an dà bhuidheann seo gu math tric. Bha na commandairean os cionn òrdughan agus bha beachd ann gun robh iad ann an suidheachadh fada na bu shàbhailte na bha na saighdearan fhèin. Dhèanadh iadsan na taghaidhean gus beatha nan saighdearan a chur ann an cunnart gach latha, ach gu tric cha robh iadsan anns an aon seòrsa cunnairt.

Tha am facal 'rìoghachd' ag innse dhuinn tòrr mu beachd nan saighdearan, oir bha iad den bheachd gun robh na commandairean toilichte is cofhurtail ann an dòigh fhad 's a bha iad sa chogadh. Bha e a' còrdadh riutha a bhith a' sabaid gun a bhith iad fhèin nan seasamh leis a' ghunna. Bha iad a' cluich le beatha nan saighdearan aig amannan, agus cha robh tuigse aca dè an cron a bha iad a' dèanamh orra. Tha an saighdear airson dèanamh soilleir gu bheil iadsan uile deiseil leis a-nis agus gu bheil iad a' dol dhachaigh dham beatha àbhaisteach, dh'fhaodadh na commandairean cumail a' dol a' sabaid nan togradh iad, ach bha iad a' dol ga dhèanamh leotha fhèin.

Tha seo a' samhlachadh cuideachd mar a fhuair iad saorsa mu dheireadh thall. Tha am facal 'rìoghachd' a' ciallachadh 'dùthaich' cuideachd agus tha na fir a' tilleadh dhan dùthaich aca fhèin.

Fairichidh mu a buille fo mo chasan a tha nas cleachdte ris an talamh – 'S e seo a' chiad turas a tha an saighdear a' faireachdainn gluasad a' bhàta fo chasan. Tha e air a bhith air tìr cho fada nach eil e cleachdte ris, ach cuideachd tha e soilleir dhan leughadair gu bheil an saighdear mothachail air neart nan tonn fodha. Tha seo a' toirt **ro-aithris** air mar a bhios na tuinn sin a' toirt bàs dha agus a' bhuille a bhios aig seo air a theaghlach agus iomadh teaghlach eile.

..uinneagan na speuran geal le reothadh – A-rithist tha am facal 'geal' air tilleadh is e ga fhaicinn sna speuran taobh a-muigh na h-uinneige. Tha e a' sealltainn dhuinn gu bheil e a' coimhead suas is a' faicinn dòchas a-rithist gu bheil a h-uile rud a-nis ceart gu leòr agus gu bheil e sàbhailte, ach mar leughadair a tha eòlach air sgeulachd na h-lolaire, tha sinne ga fhaicinn mar rabhadh gu bheil e faisg air a' bhàs.

Càit an deach m' òige? Shil i air falbh anns na batail, 's tha mi nas aosta na m' athair – Tha an saighdear air innse dhuinn nach eil e ach dà bhliadhna air fhichead. Ma dh'fhaoidte gu bheil e air a bhith air falbh bhon a bha e ochd bliadhna' deug. Tha e air na bliadhnaichean cudromach aige a chall. Far an robh còir aige a bhith pòsadh is ag obair is a' togail beatha dha fhèin, far an robh còir aige a bhith ag ionnsachadh cò e is dè bha e airson a dhèanamh na bheatha. Tha e a-nis a' ceasnachadh an adhbhair air a shon.

Tha e den bheachd gu bheil e air an uiread de rudan fhaicinn is a dhèanamh gu bheil e a-nis nas aosta na athair. Tha e air fada a bharrachd a dhèanamh anns na beagan bhliadhnaichean aigesan na tha athair air a dhèanamh ann an dà uiread sin de thìde. Na chorp tha e òg ach na inntinn tha e aosta is sgìth. Tha seo a' sealltainn droch bhuaidh a' chogaidh ann an seantans goirid. Tha am facal 'shil' cuideachd a' toirt oirnn smaoineachadh air fuil agus mar a bhios sin a' sileadh ann am blàr agus sabaid.

Chan eil fhios aig duine air an talamh uaine ud na nithean a thachair dhomhsa 's do mo sheòrsa – Tha an saighdear ag innse dhuinn nach tuig duine sam bith air an talamh uaine (an dachaigh aige) na tha air tachairt dhaibh sa chogadh. Tha seo a' dèanamh **coimeas** leis an talamh dhonn, dhorch far an robh e a' sabaid. Tha an saighdear air mòran sheallaidhean sgriosail fhaicinn, làn mhuirt is bàs is fulang, agus tha e a-nis a' smaointinn mu ciamar a tha e a' dol a dhol air ais gu beatha làn dhaoine nach tuig na tha e air a dhèanamh.

Sa chogadh bha na saighdearan uile còmhla, agus ged a bha beatha uabhasach aca, bha iad còmhla, agus thuigeadh a h-uile duine smuaintean càich. Bha iad am measg nan ceudan de dhaoine nach robh a' faighneachd cheistean no a' coimhead sìos orra airson a bhith a' faireachdainn troimh-a-chèile mu na rudan a rinn iad, oir bha an suidheachadh aig a h-uile duine coltach ri chèile. Cha robh aca ri bruidhinn mu dheidhinn, (agus cha bhruidhneadh mòran mu dheidhinn) bha iad uile ann agus bha iad uile briste. A-nis tha aig an t-saighdear ri smaointinn mu shaoghal far nach bi an tuigse sin ann. Tha aige ri beachdachadh air beatha far am bi aige ri rudan a chumail bho dhaoine, agus far nach bidh daoine a' tuigsinn dè tha a' dol na cheann gun fhaighneachd. 'S e saoghal eagalach a bha seo dha na saighdearan, nach robh airson a bhith bruidhinn mun uabhas a bha iad air tighinn às beò.

Feumaidh mi bhith faiceallach, chan eil math dhomh innse dhaibh, oir cha tuigeadh iad mo smuaintean – 'S e seo a' chiad phàirt den **ath-aithris** air an abairt 'feumaidh mi bhith faiceallach.' Air sgàth 's gu bheil an saighdear den bheachd nach tuig daoine na droch smuaintean aige, tha e a' beachdachadh gum feum e na smuaintean aige fhalach bho dhaoine. Tha e den bheachd nach b' e rud math a bhiodh ann na rudan sin innse do dhaoine, air eagal 's gum biodh iadsan den bheachd nach robh e ceart no slàn na inntinn. Aig an àm seo cha robh deagh thuigse ann mun bhuaidh a bh' aig cogadh air daoine, is mar sin cha robh mòran truais aig daoine airson saighdearan a thàinig air ais beò is slàn nan cuirp, ach nach robh slàn nan inntinn.

Cuideachd 's ann à eileanan beaga a bha na saighdearan seo, is bha mòran bhalach ann nach tàinig dhachaigh idir. Caraidean, bràithrean, athraichean... uile air an call ann an dorchadas cogaidh. Air sgàth seo, bha e doirbh do shaighdearan bruidhinn mu na trioblaidean aca, oir bha daoine den bheachd gum bu chòir dhaibh a bhith toilichte gun robh iad air tighinn dhachaigh is beò, nuair nach robh teaghlaichean eile air a bhith cho fortanach.

'S e adhbhar a bharrachd nach biodh an saighdear airson gum biodh fios aig dhaoine na bha air tachairt dha, 's e nach robh iad airson na seallaidhean sin leigeil a-mach às an cinn fhèin. Bha acasan ri fulang le droch chuimhneachain, ach cho fad 's a b' urrainn dhaibh, chumadh iad na smuaintean agus na cuimhneachain sin air falbh bhon teaghlaidhean airson an dìon. Gu mì-fhortanach, bhiodh na droch fhaireachdainnean seo a' tighinn am bàrr ann an dòighean eile, tro fhòirneart agus droch chleachdadh de dheoch-làidir gu math tric.

Thig mi dhachaigh nam measg mar choigreach – Tha an saighdear air a bhith air falbh cho fada gu bheil e a-nis den bheachd nach aithnich duine e. Ged a tha e air a bhith air falbh fad ceithir bliadhna, agus cha bhiodh e doirbh aithneachadh cuideigin air a bheil thu eòlach an dèidh beagan bhliadhnaichean, tha sinn a' faicinn an seo dè cho diofraichte 's a tha an saighdear mar dhuine. Tha esan den bheachd gu bheil e air atharrachadh cho mòr air sgàth 's na tha e air faicinn, agus nach eil e a' tilleadh mar an aon bhalach a dh'fhàg o chionn ceithir bliadhna. Tha seo **a' togail truas** anns an leughadair.

Tha mi air call cuimhne air na seann òrain. Cha mhòr nach eil mi air call cuimhne aig amannan air mo chànan – Fhad 's a bha iad air falbh a' sabaid, bha mòran de na saighdearan bhon Ghàidhealtachd còmhla ri saighdearan eile bho air feadh Bhreatainn, mar sin cha robh cothrom aca Gàidhlig a chleachdadh is thar nam bliadhnaichean cha robh Gàidhlig a' tighinn cho furasta sa bha e aig aon àm. Chaidh innse dhuinn gun robh tòrr seinn air an lolaire, a' sealltainn toileachas nan daoine mu bhith a' dol dhachaigh mu dheireadh thall. 'S e seo a' chiad turas ann an ùine fhada far an robh cothrom aig mòran aca Gàidhlig a bhruidhinn còmhla, a' tighinn faisg air an t-seann bheatha aca a-rithist.

Chunna mi mo chompanaich a' bàsachadh ann an stoirm fala – 'S e **meatafor** glè làidir a tha seo. Tha fios againn uile gum biodh saighdearan a' tilleadh air ais bhon chogadh is iad diofraichte air sgàth 's na rudan a chunnaic iad, ach 's e dealbh gu math neo-fhoisneachail a tha seo de shealladh nach eil còir aig duine sam bith fhaicinn. Tha am facal 'stoirm' a' toirt air leughadair a bhith smaointinn air fuaimean àrd is uisge is gaoth air feadh an àite. Chan fhaigh thu a-mach às gun a bhith a' fàs fliuch. Tha an sgrìobhadair a' sealltainn dhuinn gun robh an saighdear san t-suidheachadh seo ach le fuil a charaidean. An àite uisge is gaoth a' lìonadh an èadhair, tha fuil is cuirp. An àite fuaim tàirneanaich, tha fuaim bhomaichean. Tha e cuideachd a' toirt **ro-shealladh is ro-aithris** air mar a bhios an saighdear a' faicinn a chompanaich a' bàsachadh ann an stoirm eile ann an ùine nach bi fada. Stoirm le uisge is gaoth.

Tha mo shùilean, saoilidh mi, air dath na fala, dearg, mar shùilean ainmhidh – Tha dà phrìomh rud a' tighinn a-mach às an t-**samhla** seo. Tha an saighdear den bheachd gu bheil sùilean dearga a-nis aige. Tha e air an uiread sin de dh'fhuil fhaicinn, gu bheil e fhathast ri fhaicinn na shùilean, is iad air atharrachadh gu bràth tuilleadh. Chì e dearg air feadh an àite ged nach eil e fhathast a' sabaid is chan eil cuirp mun cuairt air tuilleadh. Tha sealladh na fala air an dòigh a tha e a' faicinn an t-saoghail atharrachadh. A bharrachd air seo, tha comas ann eadar sùilean an t-saighdeir agus sùilean ainmhidh. Chan eil e a' faireachdainn mar dhuine tuilleadh ach mar bheathach fiadhaich.

Feumaidh mi bhith faiceallach – Seo far an do rinn an sgrìobhadair **ath-aithris** air a' phuuing gum feum an saighdear a bhith faiceallach gus na smuaintean aige a chumail dìomhair.

Chan aithnich mo chlann mi, tha mi cinnteach. Aig dà bhliadhna air fhichead! Smaoinichibh! Bidh mi nam choigreach dhaibh. Ach thèid na làithean seachad 's fàsaidh sinn nas dlùithe air a-

chèile. Ged a tha ceithir bliadhna fada chan eil annta ach ceithir bliadhna, a dh'aindeoin cùis. – Tha sinn an seo ag ionnsachadh gu bheil clann aig an duine seo, agus gu bheil e beagan iomagaineach mu bhith gam faicinn a-rithist. Tha an saighdear a' feuchainn ri innse dha fhèin gu bheil a h-uile càil a dol a bhith ceart gu leòr agus nach eil ceithir bliadhna cho fada sin idir.

Bidh an leughadair den bheachd gu bheil e làn eagail mu dheidhinn agus gu bheil e a' feuchainn gus e fhèin a shocrachadh. Bha clann ann aig an àm seo nach robh ach nan leanabhan nuair a dh'fhàg an athraichean, agus dh'fhàs iad suas le màthair a-mhàin. An uair sin thàinig na fir dhachaigh agus bha na daoine seo air nach robh iad eòlach a-nis a' fuireach còmhla riutha. 'S e atharrachadh mòr a bhiodh ann dhan chloinn agus dha na fireannaich. Cha robh iadsan cleachdte ri bhith nan athraichean agus cha robh a' chlann cleachdte ri athair. Am biodh e math gu leòr? Am biodh cuimhne aca air? An robh dàimh a' dol a bhith eatorra?

Oir bidh an saoghal mar a bha e roimhe. No nas fheàrr na bha e roimhe. Saoghal ùr gun mheang. Oir tha sinn uile air mòran ionnsachadh. Thug sinn a-mach ar sgoilearachd anns an dorchadas – Tha an saighdear a-rithist a' faicinn na inntinn saoghal gu math toilichte is gun mhilleadh. Chan eil e den bheachd gum bi trioblaidean sam bith aige nuair a ruigas e a dhachaigh, is gum bi beatha ùr, gun mhilleadh aige gu bràth tuilleadh. Tha e soilleir an seo dè an seòrsa buaidh a tha propaganda air a thoirt air an t-saighdear seo agus na beachdan aige. Tha an dòigh-bruidhne aige gu math snog agus gun droch bheachdan, beagan mar faclan cuideigin eile.

Chaidh innse dha na saighdearan seo gun robh iad a' sabaid anns a' chogadh mu dheireadh a bha a-riamh a' dol a bhith againn, is gun robh iad a' sàbhaladh an t-saoghail. Bha iadsan a' toirt seachad am beatha gus saoghal gun trioblaidean no cron sam bith a thoirt dhan teaghlaichean. Tha e soilleir gun robh an saighdear a' creidsinn nam breugan a chaidh innse dhaibh agus nach eil deagh thuigse aige air na bha a' tachairt aig an taigh nuair a bha e air falbh. Tha e ag ràdh rudan mar 'Oir tha sinn uile air mòran ionnsachadh,' a' sealltainn gu bheil e a' creidsinn nach eil dad sam bith mar seo a' dol a thachairt a-rithist. Ged a tha e 22 bliadhna a dh'aois, tha e gu math neo-chiontach na smuaintean. Tha seo a' toirt air an leughadair a bhith den bheachd gur dòcha gur e rud math a bh' ann nach do dh'ionnsaich e an fhìrinn, gun do bhàsaich e toilichte leis a' bhreug.

Tha buille na soithich a' fàs nas làidire. Tha an cuan na bhreislich fodhainn – Tha sinn a-rithist a' faicinn gu bheil an saighdear a' mothachadh gluasad na mara fo chasan agus cho làidir 's a tha i. Tha an t-side a' fàs nas miosa is na tuinn nas làidire. Tha iomagain an leughadair ag àrdachadh gun fhios dè tha tighinn.

caiptean air an drochaid, aodann geal anns an dorchadas. Tha fhios aige-san dè tha e a dèanamh, 's faodaidh sinne ma thogras sinn, an leabaidh a thoirt oirn. Tha sinn uile toilichte ar n-uallach a leigeil sìos – Tha an saighdear a-rithist a' faicinn an dath geal, ach an turas seo ann an aodann a' chaithean. Tha esan ga faicinn mar **shamhla** dòchais is dearbhadh gu bheil iad uile sàbhailte a-nis, nach eil cunnart cogaidh gan leantainn. Tha a h-uile duine air a' bhàta mu dheireadh a' faireachdainn saor is gun eagal airson a' chiad turas ann an ceithir bliadhna. Mar leughadair ge-tà, tha aodann geal a' chaithean a' **samhlachadh** bàs an t-saighdeir, oir nuair a bhios rudan eagalach a' tachairt bidh coltas aodann neach a' fàs geal, agus 's dòcha gur ann mar sin a bha aodann a' chaithean nuair a thuig e gun robh An lolaire a' dol air na creagan.

Chì mi sròn na soithich 's i a' gearradh troimh' n chuan, a sròn bhiorach shearbh – Tha an saighdear a' dèanamh **coimeas** eadar cruth agus ainm a' bhàta (ged nach eil fios aig an leughadair air a' chiad leughadh). 'S e An Iolaire an t-ainm a th' oirre, agus tha sin a' ciallachadh 'The Eagle' ann am Beurla. Tha an saighdear air mothachadh gu bheil 'sròn' a' bhàta biorach mar gob iolaire, agus tha e a' gearradh tron uisge mar gob iolaire a' gearradh tron adhar. Tha esan den bheachd gur e deagh ainm a th' ann, ach mar leughadair tha beachd diofraichte againne.

AN IOLAIRE – Tha na faclan seo air loidhne diofaraichte (**structar seantans**) airson gum bi iad soilleir dhan leughadair. Tha sinn a' leughadh ainm a' bhàta seo agus tha co-fhaireachdainn againn dhan t-saighdear. Tha ainm a' bhàta seo sònraichte a thaobh eachdraidh, oir chaidh An Iolaire fodha le 285 fir air bòrd agus chaidh mu 205 dhiubh a bhàthadh.

Chan eil an sgrìobhadair gu cinnteach ag innse dhuinn gu bheil an saighdear a' bàsachadh air bòrd na h-Iolaire, ach leis an sgeulachd air fad tha an sgrìobhadair air dòchas a thoirt dhan leughadair gu bheil beatha a' dol a bhith aig a' bhalach seo, agus an uair sin ag innse dhuinn gu bheil e a' dol dhachaigh air bòrd bàta a chaidh fodha, a' toirt deagh bheachd dhuinn nach d' fhuair e dhachaigh slàn sàbhailte is nach d' fhuair e beatha còmhla ri a theaghlach. Tha an deireadh seo a' toirt cruth is sealladh eile air an sgeulachd air fad. 'S e **crìoch** gu math searbh is geur a th' ann airson sgeulachd làn dòchais.

Eisimpleirean de ghnìomhan airson luchd-ionnsachaidh

Ceistean tuigse agus luachaidh

1. Carson a tha an saighdear airson a' chlogaid a chleachdadh mar phoit? Dè tha e a' feuchainn ri dhèanamh?
2. Tron sgeulachd, tha an saighdear ag ràdh gum bi '*an saoghal mar a bha e roimhe.*' Dè tha seo ag innse dhuinn mu na bha na saighdearan air innse mun chogadh aig an àm seo?
3. Dè tha an dath geal a toirt ort a bhith a' smaointinn? Carson a tha an saighdear ga fhaicinn air feadh an àite?
4. Chan urrainn dhut a bhith nas aosta na do phàrantan, mar sin, dè tha an às-earrann; '*'s tha mi nas aosta na m' athair*' a ciallachadh?
5. Tha an saighdear ag ath-aithris gum feum e '*a bhith faiceallach.*' Carson? Dè tha aige ri bhith faiceallach mu dheidhinn?
6. Dè tha a' seasamh a-mach mun fhacal '*coigreach,*' nuair a tha e a' bruidhinn mu dheidhinn a bhith a' faicinn an teaghlaich aige a-rithist?
7. Innis gu mionaideach dè tha am meatafor '*...a' bàsachadh ann an stoirm fala,*' ag innse dhuinn mun dòigh a chunnaic an saighdear na caraidean aige a' bàsachadh?
8. Tha an saighdear a' coimhead air cruth a' bhàta agus a' beachdachadh gur e deagh ainm a th' anns an Iolaire dha. Carson a tha am beachd seo aige?
9. Carson a tha e cudromach gu bheil ainm a' bhàta, '*AN IOLAIRE,*' air loidhne leis fhèin ann an litrichean mòra aig an deireadh?
10. Beachdaich air an sgeulachd air fad. Dè na prìomh thèaman a th' aig an sgeulachd seo? Cleachd fianais gus do bheachdan a neartachadh.

Obair leasachaidh

Sgrìobhadh beachdail – 'S e tubaist uabhasach a bh' ann an Call na h-Iolaire. Às dèidh dhut an sgeulachd a leughadh, beachdaich air an aithris a leanas;

'Cha robh na daoine a bhàsaich air fhaicinn mar fulangaichean cogaidh aig an àm, mar sin cha d' fhuair na teaghlaichean aca peinnsean cogaidh gus taic a thoirt dhaibh leis a' chall.'

A bheil thu ag aontachadh le seo no nach eil? Innis carson.

Sgrìobhadh cruthachail – Sgrìobh sgeulachd mar gu bheil thu a' feitheamh airson an duine aig an taigh, ag ullachadh airson an tilleadh às dèidh ceithir bliadhna fada. Dè tha thu a' faireachdainn? Dè tha thu a' dèanamh gus deasachadh? Dè an dòchas a tha agad airson an àm ri teachd?

Ceanglaichean Feumail

Tha pailteas stuth ann an Gàidhlig agus ann am Beurla mu Chall na h-Iolaire

<https://digital.nls.uk/learning/iolaire/gd/learning-activities.html>

<https://www.bbc.co.uk/programmes/b0bx7dy1#:~:text=Documentary%20providing%20a%20moving%20account,to%20this%20day%2C%20largely%20unknown.>

<https://www.bbc.co.uk/teach/class-clips-video/history-ks3-ks4-i-was-there-the-great-war-interviews-shell-shock/zkypy9q>

[IOLAIRE 100 - HOME](#)

[The sinking of H M Yacht Iolaire, 1 January 1919 | National Records of Scotland \(nrscotland.gov.uk\)](#)

[The Darkest Dawn | Acair Books](#)

Màiri Iain Mhurch' Chaluim – Anna Frater

Fon t-Slige, (1992), Gairm, Glaschu

Cùl-fhiosrachadh

- Rugadh am bàrd Anna Frater ann an 1967 ann an Eilean Leòdhais. Thogadh i ann am Pabail, agus 's ann an sin a tha i a' fuireach an-diugh. Cheumnaich i à Oilthigh Ghlaschu le ceum ann am Fraingis is Gàidhlig, agus às dèidh sin rinn i PhD ann am 'Bàrdachd nam bana-Ghàidheal ann an Alba gu ruige 1750.' Tha i ag obair airson Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean, is i na h-òraidiche an sin.
- 'S e seo, na faclan fhèin, a' bhàrdachd as fheàrr a sgrìobh Anna Frater.
- 'S ann mu dheidhinn Call na h-Iolaire agus bàs a sinn-seanair a tha a' bhàrdachd, is e sgrìobhte an dèidh dhi sgeulachd na tubaiste a chluinntinn bho a seanmhair.
- Tha Frater airson sealltainn an seo am pian a chaidh fhàgail ann an Eilean Leòdhais às dèidh na tubaiste, agus a' bhuaidh a thug i air na teaghlaichean a chaill daoine.
- 'S e long-seòlaidh a bh' anns an HMY *Iolaire* agus i a' toirt, airson a' mhòr-chuid, sheòladairean a bha air tighinn beò tron Chogadh Mhòr dhachaigh a Leòdhas air Oidhche Challain, 31 Dùbhlachd 1918. Sheòl i à Caol Loch Aillse còmhla ri bàta eile, *Sheila*, far an robh a' mhòr-chuid air bòrd nan saighdearan.
- Gu mì-fhortanach, tràth sa mhadainn air Là na Bliadhna Ùire 1919, chaidh HMY *Iolaire* fodha dìreach glè bheag de mheatairean bho Eilean Leòdhais nuair a bhuail i creagan leis an ainm 'Biastan Thuilm.' Bhàsaich mu 205 a-mach às na 285 daoine air bòrd dìreach meatairean o dhachaigh. B' e athair seanmhair Frater fear de na daoine nach d' fhuair dhachaigh.
- Mhair pian na tubaiste fad bhliadhnaichean, is fiù 's an-diugh chan eil daoine air faighinn thairis air a' bhuaidh ged nach robh neach aca beò an uair sin. Bha daoine san eilean glaiste taobh a-staigh an uisge a mhairbh na fir aca, agus gus an t-eilean fhàgail, b' fheudar dhaibh siubhal air bàta seachad air an àite far an do bhàsaich iad, mar gun robh iad air muin cuirp nam fireannach nach tàinig dhachaigh an oidhch' ud.
- Tha mòran sgeulachdan duilich ceangailte ri Call na h-Iolaire ach 's e aon sgeulachd a tha air leth buadh-mhor tè a thàinig à boireannach às an Rubha ann an Leòdhas. Chaidh a mac a bhàthadh an oidhch' ud, agus far an robh i a' fuireach anns an Rubha, b' fheudar dhi siubhal seachad air far an do thachair an tubaist gus faighinn gu Steòrnabhagh. Bha an turas seo cho doirbh dhi gun do rinn i an co-dhùnadh nach robh i a' dol a dhol ann gu bràth tuilleadh. Cha deach i a Steòrnabhagh a-rithist bhon latha ud air adhart.
- Tha a' bhàrdachd seo a' soilleireachadh dè cho cruaidh 's a bha an tubaist seo air an eilean, agus ciamar a chùim am pian sin a' dol fad ghinealaichean.

Màiri Iain Mhurch' Chaluim – Anna Frater

Mo sheanmhair, a chaill a h-athair air an lolaire, oidhche na Bliadhn' Ùir, 1919

Tha mi nam shuidhe ag èisteachd ribh
agus tha mo chridh' a' tuigsinn
barrachd na mo chlaisneachd;
's mo shùilean a' toirt a-steach
barrachd na mo chluasan.

Ur guth sèimh, ur cainnt
ag èirigh 's a' tuiteam mar thonn
air aghaidh fhuar a' chuain
's an dràst' 's a-rithist a' briseadh
air creag bhiorach cuimhne;
's an sàl a' tighinn gu bàrr
ann an glas-chuan ur sùilean.

“Bha e air an ròp
an uair a bhris e...”

Agus bhris ur cridhe cuideachd
le call an ròpa chalma
air an robh grèim gràidheil agaibh
fhad 's a bha sibh a' sreap suas
nur leanabh.

Agus, aig aois deich bliadhna,
cha robh agaibh ach cuimhne air a' chreig
a bhiodh gur cumail còmhnard;
's gach dòchas a bha nur sùilean
air a bhàthadh tron oidhch' ud,
's tro gach bliadhn' ùr a lean.

Chàirich iad a' chreag
agus dh'fhàg sin toll.
Chruadhaich an sàl ur beatha
agus chùm e am pian ùr;
agus dh'fhuirich e nur sùilean
cho goirt 's a bha e riamh;
agus tha pian na caillich
cho geur ri pian na nighinn,
agus tha ur cridhe
a' briseadh às ùr
a' cuimhneachadh ur n-athar.

"... oir bha athair agam ..."

Màiri Iain Mhurch' Chaluim – le nòtachadh

Mo sheanmhair, a chaill a h-athair air an lolaire, oidhche na Bliadhn' Ùir, 1919

Tha mi nam shuidhe ag èisteachd ribh

agus tha mo chridh' a' tuigsinn
barrachd na mo chlaisneachd;
's mo shùilean a' toirt a-steach
barrachd na mo chluasan.

Ur guth sèimh, ur cainnì
ag èirigh 's a' tuiteam mar thonn
air aghaidh fhuar a' chuain
's an dràst' 's a-rithist a' briseadh
air creag bhiorach cuimhne;
's an sàl a' tighinn gu bàr
ann an glas-chuan ur sùilean.

"Bha e air an ròp
an uair a bhris e..."

Agus bhris ur cridhe cuideachd
le call an ròpa chalma
air an robh grèim gràidheil agaibh
fhad 's a bha sibh a' sreap suas
nur leanabh.

Agus, aig aois deich bliadhna,
cha robh agaibh ach cuimhne air a' chreig
a bhiodh gur cumail còmhnard;
's gach dòchas a bha nur sùilean
air a bhàthadh tron oidhch' ud,
's tro gach bliadhn' ùr a lean.

Chàirich iad a' chreag
agus dh'fhàg sin toll.
Chruadhaich an sàl ur beatha
agus chùm e am pian ùr;
agus dh'fhuirich e nur sùilean
cho goirt 's a bha e riamh;
agus tha pian na caillich
cho geur ri pian na nighinn,
agus tha ur cridhe
a' briseadh às ùr
a' cuimhneachadh ur h-athar.

"... oir bha athair agam ..."

Anailis

Mo sheanmhair, a chaill a h-athair air an lolaire, oidhche na Bliadhn' Ùir, 1919

Tha an loidhne seo a' **stèidheachadh** gur e bàrdachd a tha seo a sgrìobh Anna Frater mun teaghlach aice fhèin. Chaidh am bàta, an lolaire, fodha le mu 285 daoine air bòrd, is fear dhiubh athair seanmhair Frater. Tha Frater a' sgrìobhadh bhon t-sealladh aice fhèin agus tro shùilean a seanmhar.

Tha mi nam shuidhe ag èisteachd ribh

Tha Frater ag èisteachd ri a seanmhair, ag innse sgeulachd na h-lolaire. 'S e, airson mòran dhaoine, cothrom glè ainneamh a bha seo, oir cha robh mòran dhaoine às an eilean airson bruidhinn mun tubaist agus mun bhuidh a thug e air am beatha. Bha seòrsa de dh'aghaidh chruaidh air daoine, a chleachd iad gus na faireachdainnean aca a chumail dìomhair. Bha buaidh a' chaill cho làidir 's nach b' urrainn dhaibh fhaighinn seachad air cho fad 's gun robh iad beò.

agus tha mo chridh' a' tuigsinn
barrachd na mo chlaisneachd
's mo shùilean a' toirt a-steach
barrachd na mo chluasan

Tha Frater ag innse dhuinn an seo nach e faclan a seanmhar gu sònraichte a tha dèanamh soilleir dhi am pian anns a bheil i, ach a coltas fhad 's a tha i a' bruidhinn mu dheidhinn. Tha Frater a' tuigsinn na cridhe am pian anns a bheil a seanmhair tro bhith ga coimhead ag innse na sgeulachd, agus a' faicinn cho doirbh 's a tha e dhi. Tha dàimh làidir eadar an dithis aca, agus tha e soilleir dha Frater bho dòigh-labhairt a seanmhar gu bheil an cuspair doirbh dhi is gu bheil i a' strì leis. Tha cridhe Frater a' faireachdainn duilich air a son. Tha e a' togail **co-fhaireachdainn** agus **truas** san leughadair.

Ur guth sèimh, ur cainnt,
ag èirigh 's a' tuiteam mar thonn,
air aghaidh fhuar a' chuain,
's an dràst' 's a-rithist a' briseadh

Tha an **iomhaigheachd** seo a' sealltainn dòigh-labhairt a seanmhar dhan leughadair. Tha guth a seanmhar ag èirigh is a' tuiteam mar thuinn sa mhuir, fhad 's a tha i a' bruidhinn mu h-athair. 'S dòcha gu bheil a guth a' dèanamh seo air sgàth 's gur e cuspair doirbh a th' ann, agus tha i làn fhaireachdainn. 'S dòcha gu bheil a guth a' briseadh air sgàth 's gu bheil i a' cumail air ais deòir. Tha an **taghadh-facail** 'briseadh' inntinneach, air sgàth 's gum bi tuinn a' briseadh air na creagan ann an droch aimsir, mar a bha iad air Oidhch' na Bliadhn' Ùir. Tha ceangal an seo eadar guth a seanmhar a' briseadh a' bruidhinn mun tubaist, agus na tuinn a' briseadh air oidhche na tubaiste.

air creag bhiorach cuimhne

Tha dà sgil sgrìobhaidh ri fhaicinn an seo. 'S e **meatafor** a th' ann, ag innse dè cho doirbh 's a tha na cuimhneachan aice. Tha **taghadh-facail** 'biorach' cudromach ann an dà dhòigh an seo. Tha 'biorach' a' toirt ort smaointinn air rudeigin a bhios geur is goirt ma gheibh thu ro fhaisg air. Direach mar chuimhneachan na cailliche, tha a' chreag a-muigh sa mhuir a bhris bàta na h-lolaire biorach mar na cuimhneachain a tha aice bhon oidhche sin. Tha iad goirt ma gheibh i ro fhaisg orra. Tha a' chreag fhèin ge-tà, gu dearbh biorach. Cho biorach 's gun do rinn e milleadh air a' bhàta air an robh a h-athair, a' chreag a mharbh a h-athair leis na taobhan biorach, olc aice.

's an sàl a' tighinn gu bàrr

ann an glas-chuan ur sùilean

An seo tha a' bhana-bhàrd a' dèanamh **coimeas** eadar sàl (uisge na mara) is sàl nan deur ann an sùilean a seanmhar. Tha sàl air a bhith na phàirt dem beatha gach latha on a chaidh an lolaire fodha. Bhàsaich a h-athair ann an uisge saillte, is lean uisge saillte air a' tighinn latha an dèidh latha ann an sùilean nan teaghlachan mar dheòir, a bha a' caoidh is a' caoineadh bhon oidhch' ud. Mharbh an sàl a h-athair agus chum an sàl sin am pian nan cuirp le bhith a' tilleadh air ais dhan sùilean is dhan cridheachan gun sguir, a' toirt dhaibh cuimhneachain làn bròin. Tha an 'glas-chuan' cuideachd ag innse dhuinn gu bheil an cuimhne agus am pian a tha seo cho làidir dhi, cha mhòr gum faic sinn a' mhuir na sùilean.

"Bha e air an ròp an uair a bhris e..."

Anns na loidhnichean far a bheil na **comharran cainnte**, tha sinn a' faicinn faclan seanmhair Frater fhèin, ag innse na sgeulachd dha Frater. Tha seo cudromach agus inntinneach air sgàth 's gur iad seo na faclan aig cuideigin air an tug Call na h-lolaire buaidh. Cha robh mòran theaghlachan airson bruidhinn mun tubaist, bha e ro dhoirbh dhaibh. Tha e cudromach gu bheil faclan a' bhoireannaich fhèin air an sònrachadh an seo. Nuair a chaidh am bàta air na creagan, shnàmh aon fhear, Iain F MacLeòid (Iain Mhurdo) John F Macleod, dhan chladach le ròpa. Cheangail e an ròpa mun cuairt air a mheadhan is chùm e gu teann e gus am b' urrainn do dhaoine grèim fhaighinn air is iad fhèin a shlaodadh a-mach às a' mhuir, a bha air fàs glè gharbh. Shàbhail an ròpa sin mòran dhaoine an oidhche ud, ach gu mì-fhortanach cha robh athair seanmhair Frater cho fortanach. Bhris an ròpa nuair a bha grèim aige air is cha d' fhuair e air ais gu tìr. Chaidh e fodha leis a' bhàta is ceudan eile nach d' fhuair grèim air ann an àm. Bhiodh seanmhair Frater air an fhiosrachadh seo fhaighinn bho fhir a fhuair air ais dhachaigh beò, agus a chunnaic na caraidean aca a' bàthadh.

Agus bhris ur cridhe cuideachd le call an ròpa calma

Tha sinn a' faicinn eisimpleir de dh'**uaim** an seo. Tha a' bhana-bhàrd a' dèanamh coimeas eadar briseadh an ròpa is briseadh cridhe. Cho luath 's a bhris an ròpa an oidhch' ud, bhris cridhe nan teaghlachan leis. Tha 'call an ròpa calma,' cuideachd inntinneach, oir tha am facal 'calma' a' sealltainn neart an ròpa, ach cuideachd na seòladairean 's na saighdearan. Bha

na seòladairean 's na saighdearan calma air a bhith cho gaisgeil sa chogadh agus gaisgeil ann am bàs. A' sabaid an aghaidh nan tonn, a' strì gus grèim fhaighinn air sàbhailteachd is taic leis an ròpa chalma, ach mu dheireadh cha robh an ròpa no na fir làidir gu leòr.

air an robh grèim gràidheil agaibh

Tha sinn a' faicinn eisimpleir de dh'**uaim** an seo. Tha an loidhne a' dèanamh soilleir gun robh tòrr gaoil aig Màiri dha h-athair. Bha grèim gràidheil aige air an ròpa air sgàth 's gu bheil grèim gràidheil aig Màiri air cuimhne a h-athar. Tha tòrr gaoil an sin fhathast ged nach eil e ann tuilleadh, agus chan eil i airson leigeil às a' chuimhne a tha aice air a h-athair. Tha Màiri a' cumail grèim air a h-athair gus nach diochuimhnich duine sam bith gun robh e ann is gun robh e na phàirt mhòr de bheatha mòran dhaoine. Tha gaol Màiri air a shon ga chumail beò na cridhe, is a cridhe a' cumail grèim air ròpa meataforaigeach a tha ga cheangal ri a smuaintean.

fhad 's a bha sibh a' sreap suas nur leanabh

'S e seòrsa de **shamhlachas** a th' anns an fhacal 'sreap' an seo. Bha seòrsa de 'sreap' is strì aig athair a seanmhar fhad 's a bha e a' feuchainn ris an ròpa a chleachdadh gus e fhèin a shàbhaladh bhon uisge. Bha e a' sabaid an aghaidh thonn is gaoithe, a' strì gus sreap a-null air an ròpa. Coltach ris an t-sreap aigesan, bha sreap aig a seanmhair ri dhèanamh cuideachd, a' feuchainn gus sreap suas os cionn na caoidhe aice. Cha robh i ach òg nuair a chaill i a h-athair, cha mhòr na 'leanabh' mar a tha sgrìobhte. Fhathast bha aice ri 'sreap' gus faighinn thairis air a' bhròn agus a' phian. Gu dearbh tha i fhathast a' feuchainn an-dràsta fhèin fhad 's a tha i a' bruidhinn ri Frater.

Agus, aig aois deich bliadhna, cha robh agaibh ach cuimhne air a' chreig a bhiodh gur cumail còmhnard

Tha a' bhana-bhàrd a' cleachdadh **uaim** an seo le 'cumail còmhnard,' gus sealltainn dhuinn dè bhuidh a bh' aig call a h-athar air a seanmhair. Chaill an nighean bheag seo a h-athair agus bhon latha sin cha robh athair aice gus a cumail còmhnard. Cha robh athair ann a-nis gus dèanamh cinnteach gun robh i ceart gu leòr fad a beatha, gun robh i a' dèanamh nan rudan ceart, gun robh i sàbhailte is air deagh shlighe na beatha. Cha robh aice ach a' chreag seo sa mhuir, a thug a h-athair air falbh cho tràth. 'S e seo an aon dòigh a bh' aice gus a h-athair faicinn agus gus pàirt dheth a chumail dlùth rithe. 'S e an rud a mharbh e an aon cheangal a bha a-nis aice ris, agus chùim sin am pian a' dol fad a beatha.

's gach dòchas a bha nur sùilean air a bhàthadh tron oidhch' ud

Tha an **taghadh-facail** 'dòchas' agus 'bàthadh' glè chudromach an seo. Bha sùilean agus cridheachan a h-uile duine san Eilean làn dòchais an oidhche ud. Bha na fireannaich aca air a bhith air falbh fad ceithir bliadhnaichean, agus bha iad mu dheireadh a' tighinn dhachaigh. Aig an àm seo chaidh innse do dhaoine gur b' e a' chiad chogadh 'The war to end all wars,' agus

mar sin bha a h-uile duine cho toilichte gun robh na saighdearan 's na seòladairean a' tilleadh agus nach biodh feum aca falbh a-rithist. Bha na fir air a' bhàta an oidhch' ud air 4 bliadhnaichean fada fhulang sa chogadh. Chunnaic iad seallaidhean uabhasach, chunnaic iad bàs, 's dh'atharraich an cogadh iad. Bha iad mu dheireadh ge-tà, a' dol a thighinn dhachaigh dhan teaghlaichean gus beatha ùr a thòiseachadh. Bha iad beò agus bha iad a' dol a bhith ceart gu leòr. Cha d' fhuair iad dhachaigh ge-tà. Thug an tubaist am beatha air falbh agus thug e dòchas bhon teaghlaichean aig an aon àm. Bha an dòchas air a bhàthadh, còmhla ris na fir, agus cha d' fhuair iad a-riamh air ais e.

's tro gach bliadhn' ùr a lean

Bhiodh pian na h-oidhche ud a' tilleadh gach bliadhna air ceann-bliadhna na tubaiste. Cha deach am pian a-riamh air falbh dha na daoine seo. Chaidh sgeulachd innse de aon bhoireannach a stad a bhruidhinn air oidhche na h-lolaire, is cha tuirt i facal airson mìosan. A h-uile Oidhch' Challain às dèidh sin chun an latha a bhàsaich i, bhiodh i a' call a cainnt. Air oidhche cho sònraichte a bha aig aon àm làn gaoil is toileachais, cha robh ann a-nis ach pian is bròn.

Chàirich iad a' chreag agus dh'fhàg sin toll

'S e **meatafor** a tha sinn a' faicinn an seo. Chaidh athair Màiri a chàradh agus dh'fhàg sin toll mòr na beatha. Nuair a chàirich iad e san ùir aig an tiodhlacadh, bha e soilleir dha Màiri nach robh beatha shlàn a-nis a' dol a bhith aice, agus gun robh an rud mòr a bha seo a' dol a bhith air chall. Cha robh dad sam bith ann a b' urrainn an toll sin na beatha a lìonadh. Tha a' chreag a samhlachadh athair Màiri an seo. 'Chàirich iad a' chreag,' air sgàth 's gur e creag Màiri agus a teaghlaich a bha na h-athair, agus às aonais cha robh an aon taic aca san teaghlach. Chaidh creagan teaghlaich a chur dhan talmhainn, air a chàradh gu bràth san aon àite ri taobh teaghlach a bha fhathast gun chreidsinn nach robh e air tilleadh dhachaigh beò.

Chruaidhaich an sàl ur beatha

'S e **meatafor** a tha seo, ag innse dhuinn dè bhuidh a bh' aig an tubaist seo air beatha dhaoine a bha air fhàgail air an eilean. Tha sàl na mara air na fir a thoirt air falbh, is mar sin air beatha an teaghlaichean a dhèanamh cruaidh agus gun toileachas. Gu litearail, bha beatha nan teaghlaichean na bu chruaidhe air sgàth 's gun do chaill iad an t-uabhas de dhaoine òga, a bhiodh ag obair is a' fàs suas san eilean. Cuideachd chaill teaghlaichean na fireannaich a bhiodh a' dol a-mach is a' toirt a-steach airgead dhan teaghlach, mar sin bha beatha chruaidh aca a thaobh airgid. A bharrachd air sin ge-tà rinn e beatha dhaoine cruaidh air sgàth 's gun do chaill iad an toileachas agus an dòchas aca. Bha sgòth dhubh air am beatha gu bràth bho sin air adhart, is cha robh e cho làn faireachdainn is gaoil 's a bha e ron tubaist. Rinn tubaist na h-lolaire mòran dhaoine cruaidh.

agus chùm e am pian ùr;
agus dh'fhuirich e nur sùilean
cho goirt 's a bha e riamh

Tha an sàl anns an uisge a' cumail pian na tubaiste ùr air sgàth 's gu bheil e ann a h-uile latha air beulaibh sùilean nan teaghaichean. Tha a' mhuir sailhte agus fuaim nan tonn mun cuairt orra ann an Leòdhas, gun dòigh sam bith faighinn air falbh bhuaithe, no faighinn air falbh bhon chuimhne a bhios ga thoirt air ais fad na h-ùine.

'S e **meatafor** làidir a tha seo. Bidh sàl a' cumail rudan mar a tha iad. Bidh sinn a' cleachdadh sàl gus biadh a dhìon fad bhliadhnaichean. Cha bhi e a' milleadh ma chleachdas tu sàl gus feòil a chumail, mar sin tha e a' mairsinn fada nas fhaide. Tha a' bhana-bhàrd a' sealltainn an seo gu bheil an sàl air an aon rud a dhèanamh ri pian nan teaghaichean. Chùm an sàl pian a h-uile duine is glèidh e e mar feòil, mar sin cha d' fhuair an t-eilean saorsa bho na faireachdainnean seo, oir bha iad glèidhte ann an sàl na mara.

agus tha pian na caillich
cho geur ri pian na nighinn

Ged a tha bliadhnaichean mòra air a dhol seachad, chan eil am pian air lùghdachadh. Tha pian na nighinne bige ceart cho làidir ri pian na cailliche mòire, is chan eil dol seachad nam bliadhnaichean air gin dheth a thoirt air falbh bho cridhe. 'S e seo an aon sgeulachd aig mòran dhaoine a chaill daoine san tubaist uabhasach seo. Cha do bhruidhinn iad mu dheidhinn, cha do dhèilig iad ris a' phian, cha do chaoidh iad. Mhair am fulang fad ghinealaichean.

agus tha ur cridhe a' briseadh às ùr
a' cuimhneachadh ur h-athar

Ged a thachair seo nuair a bha a seanmhair glè òg is 's e cailleach a th' innte a-nis, le bhith ag innse na sgeulachd tha am pian uile a' tilleadh a-rithist. Gach turas a tha aice ris a' chuimhne seo a thogail a-rithist, tha aice ri a h-athair a chall a-rithist cuideachd. Ged a tha ùine fhada air a dhol seachad, chan do dh'fhalbh pian na tubaiste riamh, is mar sin gach turas a tha aice ri bruidhinn mu dheidhinn tha call a h-athar a cheart cho lèir-sgriosail 's a bha e a-riamh.

"... oir bha athair agam ..."

Tha **cùl-chiall** na bàrdachd cudromach an seo. Tha sinn a-rithist a' cluinntinn faclan a seanmhar fhèin, a' dèanamh soilleir dhuinn gu bheil e cudromach dhi gun cuimhnich daoine gun robh athair aice. 'S e 'Màiri Iain Mhurch' Chaluum' tiotal na bàrdachd seo, gus urram a shealltainn dha athair a seanmhar oir b' e sin a sloinneadh. Mus do thachair Call na h-lolaire, 's e sin an t-ainm a bh' air Màiri, ga h-aithneachadh air na daoine a thàinig roimhe. Iain air sgàth 's gur e nighean Iain a bh' innte. Mhurch' air sgàth 's gur e mac Mhurchaidh a bh' ann an Iain, is a-rithist 's e mac Chaluum a bh' ann am Murchadh. Bha ainm a seanmhar gu math ceangailte ri a h-athair mus do thachair call na h-lolaire. Bha e soilleir bho bhith ag innse dhan a h-uile duine

dè an t-ainm a bh' oirre, cò i, is cò às a thàinig i. Bha a h-athair ceangailte rithe ann an dòigh shoilleir aig an àm sin. Às dèidh na tubaist ge-tà, dh'atharraich ainm Màiri gu Màiri bheag Chatrìona. Cha robh a h-athair air ainmeachadh a-nis agus bha seòrsa de dh'fhaireachdainn aice gun deach a h-athair a sguabadh bho chuimhne a h-uile duine. Cha robh e soilleir cò às a thàinig i, no cò a h-athair. Chaidh eachdraidh a h-ainm a thoirt air falbh bhuaithe. Tha structar na loidhne seo cuideachd cudromach. Tha trì puingeann air gach taobh den loidhne gus sealltainn gun robh e doirbh dhi na faclan fhaighinn a-mach. Gun robh i 's dòcha a' caoineadh fhad 's a bha i a' bruidhinn mu dheidhinn.

Eisimpleirean de ghnìomhan airson luchd-ionnsachaidh

Ceistean tuigse agus luachaidh

1. Ciamar a tha a' bhana-bhàrd cho èifeachdach ann a bhith a' stèidheachadh suidheachadh an dàin don leughadair? Cleachd fianais on bhàrdachd.
2. Dè tha na loidhnichean '*...agus tha mo chridh' a' tuigsinn / barrachd na mo chlaisneachd / 's mo shùilean a' toirt a-steach / barrachd na mo chluasan,*' a ciallachadh?
3. Dè an ceangal eadar a' mhuir agus sùilean nan teaghlaichean anns an às-earrann a leanas; '*s an sàl a' tighinn gu bàrr / ann an glas-chuan ur sùilean.*'
4. Carson a bha ceann-bliadhna na tubaiste, Là na Bliadhna Ùire, sònraichte doirbh dha na teaghlaichean a bha air fhàgail às aonais nam fireannach aca?
5. Dè tha sònraichte doirbh mu bhith a' call cuideigin dhan mhuir nuair a tha thu a' fuireach air eilean, mar eilean Leòdhais?
6. Dè tha a' chreag agus an toll a' samhlachadh san às-earrann a leanas; '*Chàirich iad a' chreag / agus dh'fhàg sin toll?*'
7. Dè tha an às-earrann; '*agus tha pian na caillich / cho geur ri pian na nighinn,*' ag innse dhuinn mun bhuaidh a thug an tubaist air an eilean?
8. Carson a tha an loidhne mu dheireadh; '*... oir bha athair agam ...*' cudromach ann a bhith a' tuigsinn carson a bha seanmhair na bana-bhàrd airson bruidhinn mun tubaist às dèidh ùine cho fada?
9. Beachdaich air a' bhàrdachd air fad. Carson a tha e cho sònraichte gu bheil faclan seanmhair na bana-bhàrd air a chlàradh san dòigh seo?

Obair leasachaidh

Sgrìobhadh cruthachail – Sgrìobh tro shùilean cuideigin air an lolaire. Às dèidh dhut ionnsachadh mun oidhch' ud agus na thachair, innis an sgeulachd tro shùilean cuideigin a bha air bòrd. Dè bha iad a' faicinn? A' cluinntinn? A' blasadh? A' faireachdainn? Dè am prìomh rud a bhiodh air inntinn an duine seo?

Ceanglaichean Feumail

Tha am pailteas stuth ann an Gàidhlig agus ann am Beurla mu Chall na h-Iolaire

<https://digital.nls.uk/learning/iolaire/gd/learning-activities.html>

[BBC - Màiri Iain Mhurch' Chaluis](#)

<https://www.bbc.co.uk/programmes/b0bx7dy1#:~:text=Documentary%20providing%20a%20moving%20account,to%20this%20day%2C%20largely%20unknown.>

[BBC ALBA – Làrach nam Bàrd 20mh – Bàrdachd: Anna Frater](#)

[IOLAIRE 100 - HOME](#)

[The sinking of H M Yacht Iolaire, 1 January 1919 | National Records of Scotland \(nrscotland.gov.uk\)](#)

[The Darkest Dawn | Acair Books](#)

Briseadh na Cloiche – Iain Moireach

An Aghaidh Choimheach, (1973), Gairm, Glaschu

Cùl-fhiosrachadh

- Rugadh an sgrìobhadair Iain Moireach ann an 1938, ann am Barbhas ann an Eilean Leòdhais. Ged a tha e sònraichte ainmeil airson nan dealbhan-cluiche a sgrìobh e, tha e cuideachd na ainm mòr am measg sgrìobhadairean rosg. Chaidh Moireach gu oilthigh Dhùn Èideann agus an uair sin fhuair e obair a' teagasg ann an sgoiltean leithid Àrd-sgoil Bhaile nam Feusgan. Bha e cuideachd na dheasaiche aig Comunn nan Leabhraichean bho 1969. Fhuair e bàs ann an 2018.
- Tha sgeulachd 'Briseadh na Cloiche' mu dheidhinn duine a tha air a bhith ag obair air taigh ùr dha fhèin is a bhean. Tha e anns a' ghàrradh a' feuchainn gus clach a bhriseadh suas, airson gum faod e crìoch a chur air an taigh mu dheireadh thall, an dèidh dà bhliadhna dheug.
- Às dèidh ùine mhòr a' sabaid sa chogadh, tha e soilleir gun tug an t-àm seo dhe bheatha is na chunnaic e, fìor dhroch bhuaidh air. Tha an duine a' strì latha an dèidh latha a' feuchainn gus a bhean a dhèanamh toilichte, ach chan eil a shlàinte inntinn ga dhèanamh furasta dha.
- Tha a bhean Catrìona a cheart cho cronail ge-tà. Bidh i a' dèanamh coimeas eadar an duine fhèin is fireannaich eile, a' feuchainn gus toirt air a bhith a' faireachdainn dona is lag. Tha i airson a chur sìos air fad na h-ùine, is an gaol eatorra air bàsachadh leis na bliadhnaichean a chaidh seachad is na duilgheadasan a th' air a bhith aig an duine.
- Tha e soilleir bhon sgeulachd dè cho doirbh 's a bha e dha daoine den leithid seo, a' tilleadh air ais bho bhith a' sabaid airson bhliadhnaichean fada, gu saoghal air nach robh iad eòlach tuilleadh. Gu h-àraid aig an àm seo cha robh tuigse aig daoine mu na trioblaidean a bh' aig saighdearan nuair a thill iad dhachaigh bhon chogadh.
- Bha iad a' strì le tinneasan-inntinn agus cha robh fhios aig daoine ciamar a dh'fhaodadh iad taic a thoirt dhaibh. Às dèidh beagan bhliadhnaichean, dhìochuimhnich daoine mun chogadh. Bha na saighdearan air fhàgail leis na cuimhneachain aca ann an saoghal a bha air dìochuimhneachadh, a' feuchainn gus beatha àbhaisteach a bhith aca.
- 'S e tinneasan-inntinn is buaidh cogaidh na prìomh thèaman san sgeulachd seo. Tha gach fear a' dol còmhla ri chèile ge-tà, is iad a' sealltainn na droch bhuaidh a bh' aig sabaid air inntinn mìltean de bhalaich òga nach tàinig dhachaigh ach slàn nan cuirp.

Briseadh na Cloiche – Iain Moireach

Ghabh e dhan ulbhaig leis an òrd-mhòr, an t-òrd a' buiceil agus pian a' ruith na ghàirdeanan. Cha do shaoil an t-seana chlach dad dheth. Cha do dh'fhalbh ach crotal is pùdar mar cheò, rud beag leis gach buille. Cha do shaoil an t-seana chlach dad de nì sam bith. Dh'fhàs maoil an duine dearg, is fliuch, is bha cuislean ri bòcadh le cabhaig fala. Dh'fhosgladh a bheul is anns an tiotadh a bhuaileadh an t-iarann a' chlach, thuiteadh a ghèillean is thigeadh anail a-mach na h-aon chnap.

An ceann greis, dhrùidh am fallas air an duine. Bha eanchainn a' slacadaich na chlaigeann mar gum biodh làmhnan làidir caillich ga fuine. Leig e roimhe. Thuit an t-òrd, agus thàinig crith na ghàirdeanan sìos bho na h-uilnean gu bàrr nam meuran. Shuidh e air a' chloich, agus shuath e fras fallais o a mhaoil. Chumadh anail grìosach ceàrdaich a' dol; bha a chridhe a' turailich mu asnaichean. Bha corra ablach smuain mar riabagan de sheann bhrataich a' sèideadh tro inntinn; taigh...gàrradh... teine... bean... sgìth... taigh... clach – facail agus dealbhan am measg a chèile.

Clach air na chruinnich deigh o chionn linntean, mus deach bonn a chur ri làr an siud. Clach air na fhras uisge is clachan-meallain, agus ùird, agus mionnan. Clach air an deach iomadach teine a chur. Trì troighean pailt de dh'fhaid, is dhà de dh'àirde às an talamh. Clach dhòigheil, shèimh, nach do rinn cron a-riamh.

Taigh ùr, saimeant, le ceithir seòmraichean, cidsin le uinneig mhòir a' cumail sùil air a' Chuan Siar. Tapaichean faileasach, fàileadh fiodh geal, is fiach trì cheud na bhroinn.

Chuir e uilinn air gach glùin, is sheall e, 's e a' sgrùdadh an àite anns na dh'fhàg a chrògan làrach de fheur briste. Bha e a-nis a' tarraing anail an àite bhith ga sèideadh, is bha a chridhe a' plubadaich ri taobh a sgamhanan mar bhreac air bòrd locha.

Cha leigeadh e a leas sealltainn ris an taigh – bha dealbh an taighe sgrìobhte le sgeilb na chuimhne. Thòisich an taigh aon oidhche ann an cathair cruaidh an cois an teine ann am fàrdach Iain Fhionnlaigh. Ruith a chuimhne mar fhear air a bharran a-steach staran fliuch, shliog e tro thallan le peileachan uaine is geal, agus suas do sheòmar a bha mar an leth-cheud seòmar eile anns a' bhaile; le dreasair, being is bòrd nan seasamh gu cugallach air ùrlar a bha dìreach cho rèidh 's a dh'fhàg na casan e. Agus sheall e ri taobh an teine anns a' ghèibhil, agus bha ise an sin ga fheitheamh. Catriona.

E, 's i bha bòidheach na latha, le aodach glan soilleir (mus do bhàsaich a màthair). Dhèanadh i gàire cho socair, cho bàidheil, 's gun saoil e nach do rinn i gàire a-riamh mus fhaca esan i. Rinn e fhèin gàire, na shuidhe air a' chloich. Bha esan air ùr tharsainn às a' Chogadh, slàn sàbhailte, le sgeadachadh de fhasanan suirghe a dh'ionnsaich e anns a' Nèibhi, agus bu mhath gun robh sin aige. Cha robh Catriona air còmhradh gaoil de a shamhail a chluinntinn, agus gheall i a phòsadh. Thogadh iad taigh ùr, taigh le làr rèidh is ballachan còmhnard, is staidhre na mheadhan, dhaibh fèin, thuirte ise. Thogadh gu deimhinne, caisteal, nan dèanadh i gàire eile. Thogadh. Ach eadar a h-uile càil a bh' ann, cha robh e furasta dha tòiseachadh air, agus b' ann air an t-samhradh a chaidh a chuir e crìoch air. Dà bhliadhna dheug.

Dh'fhidir e daolag a' sreap bil feòir. Cha dèan thu càil dheth, a charaid. Chan fhuing sin do chudthrom, a sheòid. Sin thu... Ò.. theab thu... gabh grèim... daingead, cha mhòr nach – h-ì.... òirleach eile 's bidh – a, siud thu, dh'fhalbh thu. Thog e a chas os a cionn agus chuir e cnuidh a

bhròig air a muin. Ghluais e bho thaobh gu taobh i gus an robh am feur air a pronnadh, dorch. Amadan creutair, carson a bha i a' sreap an siud co-dhiù?

Sheall e ris an òrd-mhòr anns an fheur. Bha buaileag gheal air an aghaidh-bhualaidh, is an oir air a dhroch chaobadh. B' iomadach clab a thug e leis, òrd a bha ùr o chionn dà bhliadhna. Shlìob e a ghàirdean deas, na fèithean cruaidh, is thog e a shùil ris an taigh.

Dà bhliadhna dheug, cha robh guth aig duine air a' Chogadh an-diugh; cha robh beachd aca mar a shàraicheadh cogadh duine. Cha robh cuimhne aig Catrìona air suirghe fhasanta. Co-dhiù, cha robh na facail freagarrach tuilleadh. Thàinig feadhainn de na rudan a thuir e rithe gu a theanga. Chrath e a cheann agus dh'fhalbh iad. MÀNran... cùbhraidh... maoth... gaol... - thuit iad air an talamh cho marbh ris an daolaig.

Thàinig beul Catrìona na chuimhne a-rithist. Na fiacian geala, na bilean cruinn, bog, blàth, òg. Ach dh'fhalbh am blàths, dh'fhalbh na fiacian, theirig an òige, is sheac na bilean. Le dìth taighe. Agus dh'fhàs am beul cumhang, le preasan beaga a' ruith a-steach thuige, mar gum b' ann a-steach a-mhàin a bhiodh anail a' dol troimhe. Facail uile 's a thigeadh a-mach. "Gu sealladh ort, a dhuine, dè as coireach gun thog Teàrlach is Aonghas is Tormod taighean, ma tha e cho doirbh sin? H-uile tè de m' aois ann an taigh ceart, is mise fhathast gun bhùrn, gun sholas an seo?"

"Togaidh mise taigh dhut," arsa esan.

"Seadh, seadh. Cha togadh tu do thòin far a' bheing, nam faigheadh tu às leis. Teich, a dhuine, na strùc annams' tuilleadh.

Bheil thu a' dol a shuidhe an sin fad an latha?" Bha an guth aice cruaidh, cumhang mar na liopan, is chluinneadh e e na cheann cho math 's ged bhiodh i a' bruidhinn.

Bha i a' bruidhinn. Na seasamh anns an doras, ag èigheach... fad an latha.

"Chan eil, tha mi a' leigeil m' anail."

Chuala e i a' snotaraich mar each aig ceann sgrìob ghoirid. Bha i cho deamhnaidh ris a' chloich fhèin. A' chlach na croich, an teis-meadhan na lios, dìreach ann an rathad an starain. Staran còmhnard, leathainn a bha ise ag iarraidh. Nam biodh slabaid dynamite aige, chuireadh e a' chlach na mìle pìos. Sheall e ri bhoisean. Tà, cha robh dynamite ann. Bha e cho math oidhirp eile a dhèanamh. Ach! Thilg e smugaid na bhois, is dh'èirich e, gu rag.

Ghabh e grèim eòlach air an òrd. Thog e e gus an robh uile neart air a chùl, agus tharraing e air a' chloich buille cho cruaidh is gun leum an t-òrd troigh an àirde. Leig a' chlach às uspag liath. Chùm esan air, màlach bho mhàlach, gus an robh an fhuil a' bragail air cùl a shùilean, is a lèirsinn a' fàs sgleòthach. Chùm e air gus an do theirig fhoighidinn, gus an do fhras na buillean fada, fada ro luath.

Thionndaidh e cheann anns an togail airson smugaid theth a shadadh, agus mhothaich e do aodann Catrìona air an uinneig.

Bha an ath bhuille na bu treasa. Agus an ath thè. Thòisich fuaim a' diosgadh tro a sgòrnan... uu-ha! Uu-ha!... nas àirde 's nas àirde. Cha mhòr nach robh a chasan ag èirigh on talamh le sgeing an ùird air a' chloich. Bha faram an ùird na chluasan a' cumail caismeachd ri chridhe na

cheann. Shaoileadh tu ga choimhead gum b' ann a' danns 's a' mire a bha e. Bheireadh e gàire ort. Cha mhòr nach tug e gàire air Catriona, 's i air an uinneig ga choimhead. Ach cha bu lèir dhi a shùilean, a bha ag èirigh na aodann mar bhuilgeanan air uachdar loch dhearg, sùilean a bha a' faicinn fuil anns a' chloich.

Cuiridh an duine às dha fhèin.

Dh'èigh i ris bhon doras, ach 's ann a chaidh e fo chuthach gu buileach. A ghàirdeanan suas is sìos mar mhaide-bualaidh, a' bhonaid air tuiteam dheth, a lèine a' tighinn às a bhriogais. Cha mhòr gun aithneachadh i e. Thàinig i a-null is dh'èigh i. Dh'èigh i a-rithist na b' àirde. Dh'èigh i cho cruaidh 's a b' urrainn dhi. Ghabh i grèim air a ghàirdean leis an dà làimh. Dh'èirich na casan aice bhon talamh, is thàinig iad sìos. Bha i na h-èiginn.

Suas, sìos, 's an t-òrd a' deann-bhualadh, sgal air muin sgal. Ghlac uabhas i. Ach bha esan a' dèanamh sgàird de Ghearmailteach, de fhacail, de chloich, de liopan, de chloich, de chloich –

Gu h-obann, thug e seòrsa de bhreab às, an t-òrd os a chionn, mar gum biodh an fhorc air snaidhm a tharraing na dhruim. Thuir an t-òrd. Thuit Catriona, ach dh'èirich i gu sgiobalta. Sheas esan rag mar chraoibh greiseag, agus thug e ceum, coltach ris a' chiad cheum a rinn e na bheatha, agus thuit e air a bheul fodha air fad na cloiche. Gu slaodach, trom, shleamhnaich e air a cheann-direach, gus na bhuaile a shròn an talamh aig ceann eile na cloiche, far an robh am feur brùite, dorch.

Briseadh na Cloiche – le nòtachadh

Ghabh e dhan ulbhaig leis an òrd-mhòr, an t-òrd a' buiceil agus pian a' ruith na ghàirdeanan. Cha do shaoil an t-seana chlach dad dheth. Cha do dh'fhalbh ach crotal is pùdar mar cheò, rud beag leis gach buille. Cha do shaoil an t-seana chlach dad de nì sam bith. Dh'fhàs maoil an duine dearg, is fliuch, is bha cuislean ri bòcadh le cabhaig fala. Dh'fhosgladh a bheul is anns an tiotadh a bhuaileadh an t-iarann a' chlach, thuiteadh a ghèillean is thigeadh anail a-mach na h-aon chnap.

An ceann greis, dhrùidh am fallas air an duine. Bha eanchainn a' slacadaich na chlaigeann mar gum biodh làmhnan làidir caillich ga fuine. Leig e roimhe. Thuit an t-òrd, agus thàinig crith na ghàirdeanan sìos bho na h-uilnean gu bàrr nam meuran. Shuidh e air a' chloich, agus shuath e fras fallais o a mhaoil. Chumadh anail grìosach ceàrdaich a' dol; bha a chridhe a' turailich mu asnaichean. Bha corra ablach smuain mar riabagan de sheann bhrataich a' sèideadh tro inntinn; taigh, gàrradh... teine... bean... sgìth... taigh... clach – facail agus dealbhan am measg a chèile.

Clach air na chruinnich deigh o chionn linntean, mus deach bonn a chur ri làr an siud. Clach air na fhras uisge is clachan-meallain, agus ùird, agus mionnan. Clach air an deach iomadach teine a chur. Tri troighean pailt de dh'fhaid, is dhà de dh'àirde às an talamh. Clach dhòigheil, shèimh, nach do rinn cron a-riamh.

Taigh ùr, saimeant, le ceithir seòmraichean, cidsin le uinneig mhòir a' cumail sùil air a' Chuan Siar. Tapaichean faileasach, fàileadh fiodh geal, is fiach trì cheud na bhroinn.

Chuir e uilinn air gach glùin, is sheall e, 's e a' sgrùdadh an àite anns na dh'fhàg a chrògan làrach de fheur briste. Bha e a-nis a' tarraing anail an àite bhith ga sèideadh, is bha a chridhe a' glubadaich ri taobh a sgamhanan mar bhreac air bòrd locha.

Cha leigeadh e a leas sealltainn ris an taigh – bha dealbh an taighe sgrìobhte le sgeilb na chuimhne. Thòisich an taigh aon oidhche ann an cathair cruaidh an cois an teine ann am fàrdach lain Fhionnlaigh. Ruith a chuimhne mar fhear air a bharran a-steach staran fliuch, shìog e tro thallan le peileachan uaine is geal, agus suas do sheòmar a bha mar an leth-cheud seòmar eile anns a' bhaile; le dreasair, being is bòrd nan seasamh gu cugallach air ùrlar a bha dìreach cho rèidh 's a dh'fhàg na casan e. Agus sheall e ri taobh an teine anns a' ghèibhil, agus bha ise an sin ga fheitheamh. Catriona.

E, 's i bha bòidheach na latha, le aodach glan soilleir (mus do bhàsaich a màthair). Dhèanadh i gàire cho socair, cho bàidheil, 's gun saoil eadh e nach do rinn i gàire a-riamh mus fhaca esan i. Rinn e fhèin gàire, na shuidhe air a' chloich. Bha esan air ùr tharsainn às a' Chogadh, slàn sàbhailte, le sgeadachadh de fhasanan suirghe a dh'ionnsaich e anns a' Nèibhi, agus bu mhatth gun robh sin aige. Cha robh Catriona air còmhradh gaoil de a shamhail a chluinntinn, agus gheall i a phòsadh. Thogadh iad taigh ùr, taigh le làr rèidh is ballachan còmhnard, is staidhre na mheadhan, dhaibh fèin, thuirte ise. Thogadh gu deimhinne, caisteal, nan dèanadh i gàire eile. Thogadh. Ach eadar a h-uile càil a bh' ann, cha robh e furasta dha tòiseachadh air, agus b' ann air an t-samhradh a chaidh a chuir e crìoch air. Dà bhliadhna dheug.

Dh'fhidir e daolag a' sreap bil feòir. Cha dèan thu càil dheth, a charaid. Chan fhuiling sin do chudthrom, a sheòid. Sin thu... Ò... theab thu... gabh grèim... daingead, cha mhòr nach – h-l... oirleach eile 's bidh – a, siud thu, dh'fhalbh thu. Thog e a chas os a cionn agus chuir e cnuidh a bhròig air a muin. Ghluais e bho thaobh gu taobh i gus an robh am feur air a pronnadh, dorch. Amadan creutair, carson a bha i a' sreap an siud co-dhiù?

Sheall e ris an òrd-mhòr anns an fheur. Bha buaileag gheal air an aghaidh-bhualaidh, is an oir air a dhroch chaobadh. B' iomadach clab a thug e leis, òrd a bha ùr o chionn dà bhliadhna. Shlìob e a ghàirdean deas, na fèithean cruaidh, is thog e a shùil ris an taigh.

Dà bhliadhna dheug, cha robh guth aig duine air a' Chogadh an-diugh; cha robh beachd aca mar a shàraicheadh cogadh duine. Cha robh cuimhne aig Catrìona air suirghe fhasanta. Co-dhiù, cha robh na facail freagarrach tuilleadh. Thàinig feadhainn de na rudan a thuir e rithe gu a theanga. Chrath e a cheann agus dh'fhalbh iad. Manran... cùbhraidh... maoh... gaol... - thuil iad air an talamh cho marbh ris an daolaig.

Thàinig beul Catrìona na chuimhne a-rithist. Na fiacian geala, na bilean cruinn, bog, blàth, òg. Ach dh'fhalbh am blàths, dh'fhalbh na fiacian, theirig an òige, is sheac na bilean. Le dìth taighe. Agus dh'fhàs am beul cumhang, le preasan beaga a' ruith a-steach thuige, mar gum b' ann a-steach a-mhàin a bhiodh anail a' dol troimhe. Facail uile 's a thigeadh a-mach. "Gu sealladh ort, a dhuine, dè as coireach gun thog Teàrlach is Aonghas is Tormod taighean, ma tha e cho doirbh sin? H-uile tè de m' aois ann an taigh ceart, is mise fhathast gun bhùrn, gun sholas an seo?"

"Togaidh mise taigh dhut," arsa esan.

"Seadh, seadh. Cha togadh tu do thòin far a' bheing, nam faigheadh tu às leis. Teich, a dhuine, na strùc annams' tuilleadh.

Bheil thu a' dol a shuidhe an sin fad an latha?" Bha an guth aice cruaidh, cumhang mar na liopan, is chluinneadh e e na cheann cho math 's ged bhiodh i a' bruidhinn.

Bha i a' bruidhinn. Na seasamh anns an doras, ag èigheach... fad an latha.

"Chan eil, tha mi a' leigeil m' anail."

Chuala e i a' snotaraich mar each aig ceann sgrìob ghoirid. Bha i cho deamhnaidh ris a' chloich fhèin. A' chlach na croich, an teis-meadhan na lios, dìreach ann an rathad an starain. Staran còmhnard, leathainn a bha ise ag iarraidh. Nam biodh slabaid dynamite aige, chuireadh e a' chlach na mìle pìos. Sheall e ri bhoisean. Tà, cha robh dynamite ann. Bha e cho math oidhirp eile a dhèanamh. Ach! Thilg e smugaid na bhois, is dh'èirich e, gu rag.

Ghabh e grèim eòlach air an òrd. Thog e e gus an robh uile neart air a chùl, agus tharraing e air a' chloich buille cho cruaidh is gun leum an t-òrd troigh an àirde. Leig a' chlach às uspag liath. Chùm esan air, mälach bho mhälach, gus an robh an fhuil a' bragail air cùl a shùilean, is a èirsinn a' fàs sgleòthach. Chùm e air gus an do theirig fhoighidinn, gus an do fhras na buillean fada, fada ro luath.

Thionndaidh e cheann anns an togail airson smugaid theth a shadadh, agus mhothaich e do aodann Catrìona air an uinneig.

Bha an ath bhuille na bu treasa. Agus an ath thè. Thòisich fuaim a' diosgadh tro a sgòrnan... uu-ha! Uu-ha!... nas àirde 's nas àirde. Cha mhòr nach robh a chasan ag èirigh on talamh le sgeing an ùird air a' chloich. Bha faram an ùird na chluasan a' cumail caismeachd ri chridhe na cheann. Shaoileadh tu ga choimhead gum b' ann a' danns 's a' mire a bha e. Bheireadh e gàire ort. Cha mhòr nach tug e gàire air Catriona, 's i air an uinneig ga choimhead. Ach cha bu lèir dhi a shùilean, a bha ag èirigh na aodann mar bhuilgeanan air uachdar loch dhearg, sùilean a bha a' faicinn fuil anns a' chloich.

Cuiridh an duine às dha fhèin.

Dh'èigh i ris bhon doras, ach 's ann a chaidh e fo chuthach gu buileach. A ghàirdeanan suas is sìos mar mhaide-bualaidh, a' bhonaid air tuiteam dheth, a lèine a' tighinn às a bhriogais. Cha mhòr gun aithneachadh i e. Thàinig i a-null is dh'èigh i. Dh'èigh i a-rithist na b' àirde. Dh'èigh cho cruaidh 's a b' urrainn dhi. Ghabh i grèim air a ghàirdean leis an dà làimh. Dh'èirich na casan aice bhon talamh, is thàinig iad sìos. Bha i na h-èiginn.

Suas, sìos, 's an t-òrd a' deann-bhualadh, sgal air muin sgal. Ghlac uabhas i. Ach bha esan a' dèanamh sgàird de Ghearmailteach, de fhacail, de chloich, de liopan, de chloich, de chloich –

Gu h-obann, thug e seòrsa de bhreab às, an t-òrd os a chionn, mar gum biodh an fhorc air snaidhm a tharraing na dhruim. Thuir an t-òrd. Thuit Catriona, ach dh'èirich i gu sgiobalta. Sheas esan rag mar chraoibh greiseag, agus thug e ceum, coltach ris a' chiad cheum a rinn e na bheatha, agus thuit e air a bheul fodha air fad na cloiche. Gu slaodach, trom, shleamhnaich e air a cheann-dìreach, gus na bhuail a shròn an talamh aig ceann eile na cloiche, far an robh am feur brùite, dorch.

Anailis

an t-òrd a' buiceil agus pian a' ruith na ghàirdeanan – Bhon toiseach, tha sinn ag ionnsachadh gu bheil pian ann an corp an duine seo. Tha e ag obair cruaidh agus tha e a' toirt buaidh shoilleir air a chorp. Tha sinn gu math luath a' tuigsinn nach eil an duine seo ann an deagh staid a thaobh slàinte fhiosaigeach. Tha seo cudromach oir tron sgeulachd tha slàinte an duine seo air a thogail a-rithist agus a-rithist fhad 's a tha e a' fàs nas sgìthe agus nas laige. Tha e cudromach bhon toiseach gu bheil tuigse aig an leughadair gu bheil an obair fhiosaigeach seo a' toirt droch bhuaidh air an duine. 'S e comharra de ghrèim-cridhe a th' ann am pian nad ghàirdean.

Cha do shaoil an t-seana chlach dad dheth – Tha sinn an seo a' faicinn eisimpleir de **phearsanachadh**, far a bheil an sgrìobhadair a' cur feartan daonna air a' chlach. Tha an sgrìobhadair ag innse dhuinn gu bheil an duine seo a' cleachdadh tòrr neirt a' feuchainn gus a' chlach seo a bhriseadh, ach chan eil a' chlach airson falbh. Tha a' chlach mar caractar leis fhèin an seo, a tha a' taghadh fuireach far a bheil i, 's dòcha fiu 's a' magadh air an duine. Tha e soilleir gu bheil a' chlach a' dol a bhith na pàirt chudromach dhen sgeulachd seo agus na thrioblaid dhan phrìomh caractar.

Cha do dh'fhalbh ach crotal is pùdar mar cheò, - Ged a tha an duine a' bualadh glè chruaidh, chan eil ach piosan beaga den chloich a' tighinn air falbh. Tha neart an duine gun fheum. Tha na faclan 'pùdar mar cheò' coltach ris a' phùdar a bhiodh a' tighinn às a' ghunna aige sa chogadh – cha d' rinn sin cus diofar nas motha.

Cha do shaoil an t-seana chlach dad de nì sam bith – Tha sinn a' faicinn beagan **ath-aithris** an seo le bhith tilleadh dhan chloich agus mar nach eil i 'airson' gluasad. Tha a' chlach fhèin coma mun a h-uile càil, chan e dìreach an duine seo. 'S e seo far a bheil an leughadair ag ionnsachadh gu bheil a' chlach seo 's dòcha a' samhlachadh rudeigin eile ann am beatha an duine air nach eil sinn eòlach fhathast.

bha cuislean ri bòcadh le cabhaig fala – Tha sinn air tilleadh air ais gu slàinte fhiosaigeach an duine seo, is ag ionnsachadh gu bheil e follaiseach gu bheil a chorp fo chuideam mòr. Tha a cuislean a-nis a' seasamh a-mach às a' chorp aige, is iad làn fala a tha a' ruith le cridhe an duine a' bualadh ro luath. Bidh cridhe is slàinte an duine seo cudromach, agus bidh mothachadh slàinte a' caractair a' sìor-fhàs nas miosa tron sgeulachd.

Bha eanchainn a' slacadaich na chlaigeann mar gum biodh làmhan làidir caillich ga fuine – Seo eisimpleir de **shamhla** a tha a-rithist ag innse dhuinn mu shlàinte an duine seo. Gu fiosaigeach, tha ceann an duine seo a' leum suas is sìos leis na gàirdeanan aige fhad 's a tha e a' bualadh, mar sin tha ceann an duine a' fàs goirt. Tha seo cudromach cuideachd, ann a bhith ag innse dhuinn mu shlàinte-intinn an duine seo. Tha an samhla ag innse dhuinn gu bheil eanchainn an duine a' slacadaich mun cuairt, chan ann dìreach gu fiosaigeach ach fo chuideam nan tinneas-an-intinn aige. Tha am facal 'slacadaich' cuideachd a' cleachdadh fuaimnealas airson fuaim an ùird a thogail.

Tha eanchainn an duine fad na h-ùine a' gluasad mun cuairt gun stad, agus le sin na smuaintean aige cuideachd. Chan fhaigh e fois no àm sam bith far nach eil na smuaintean aige an-còmhnaidh a' slacadaich mun cuairt is measgaichte suas. Tha e cuideachd ag innse dhuinn gu bheil eanchainn mar gum biodh làmhan cuideigin eile na broinn, mar gu bheil iad a'

deasachadh taois airson cèic no aran fhuine. Tha e soilleir nach eil an duine seo a' faireachdainn os cionn nan smuaintean aige fhèin, agus gu bheil rudeigin no cuideigin eile air smachd fhaighinn orra. Mu dheireadh, tha am facal 'caillich' cudromach, oir tha seo ag innse dhuinn gur e boireannach a tha os cionn nan smuaintean measgaichte aig an duine seo, 's dòcha Catriona a bhean?

Bha corra ablach smuain mar riabagan de sheann bhrataich a' sèideadh tro inntinn – Seo eisimpleir eile de **shamhla** a tha ag innse dhuinn tòrr mu dheidhinn slàinte-inntinn an duine. Tha an sgrìobhadair a' dèanamh comas eadar seann bhratach sracte is briste, bratach a bha aig aon àm slàn is gun mhilleadh, a tha a-nis ann am pìosan beaga robach is salach. Leis gun robh e sa Nèibhi, bhiodh e a' toirt urram agus pròis do bhrataichean dathach breagha gach latha, mar a bha e le eanchainn fhèin a bha aig aon àm slàn is gun mhilleadh. A-nis ge-tà tha eanchainn an duine, mar a' bhratach, air fàs sracte, briste is salach. Tha smuaintean an duine a-nis mar na riabagan air iomall na brataich, uile steigte ri chèile is measgaichte suas às dèidh bhliadhnaichean gun a bhith coimhead às an dèidh. Tha na pìosan seo a' sèideadh sa ghaoith fhathast, mar a tha smuaintean an duine a' sèideadh tron inntinn aige. Gun stad, an-còmhnaidh a' gluasad, nach eil aig àm sam bith aig fois gun duine a' toirt urram dha.

taigh... gàrradh... teine... bean... sgìth... taigh... clach – facail agus dealbhan am measg a chèile –

An seo tha sinn a' faicinn **liosta** den t-seòrsa rudan a tha fad na h-ùine a' dol tro inntinn an duine seo. An taigh a tha aige ri thogail dha fhèin is a bhean, a bhean fhèin, a' chlach is an gàrradh anns a bheil e. Tha buaidh aig an liosta fhaclan seo air am briseadh le trì-phuingean oir tha gach facal mar bhuille on òrd. Tha gach buille a' samhlachadh mar a tha e a' feuchainn ri smachd fhaighinn orra le bhith gam bualadh le òrd ach mar a tha fios againn chan eil an t-òrd a' dèanamh càil air a' chloich.

Tha an loidhne 'facail is dealbhan am measg a chèile' a-rithist a toirt dealbh dhan leughadair mu staid taobh a-staigh ceann an duine seo is an dòigh anns a bheil na smuaintean aige uile measgaichte suas. Chan eil smachd sam bith aige orra no air an dòigh a bhios iad a' dol an luib a chèile. Tha prìomh thrioblaidean an duine seo na cheann gun sgur, a' toirt buaidh uabhasach air an t-slàinte-inntinn aige.

Clach air na chruinnich deigh o chionn linntean, mus deach bonn a chur ri làr an siud. Clach air na fhras uisge is clachan-meallain, agus ùird, agus mionnan. Clach air an deach iomadach teine a chur. Trì troighean pailt de dh'fhaid, is dhà de dh'àirde às an talamh. Clach dhòigheil, shèimh, nach do rinn cron a-riamh - Tha sinn an seo a' faicinn **liosta** a tha ag ainmeachadh an t-seòrsa rudan a tha a' chlach air faicinn agus air fhulang thar nan linntean. Tha a' chlach air bliadhnaichean de dhroch shìde fhaicinn. Uisge is deigh is teine ga bualadh is ga goirteachadh, ach fhathast tha i na seasamh. Tha an sgrìobhadair a' feuchainn gus sealltainn dhuinn gu bheil "beatha" dhoirbh air a bhith aig a' chloich seo, ach fhathast chum i a' dol is cha tug dad buaidh oirre. Dh'fhaodadh a' chlach seo a bhith a' samhlachadh an duine fhèin. Tha beatha dhoirbh air a bhith aige làn thrioblaidean is duilgheadasan ach fhathast tha e an seo, na sheasamh, gun ghluasad, a' leantainn air. Dh'fhaodadh a' chlach seo cuideachd a bhith a' samhlachadh trioblaidean is tinneasan-inntinn an duine seo. Ged a tha e air a h-uile càil fheuchainn gus na tinneasan seo a leigheas, tha iad air leantainn, tha iad fhathast nan seasamh ann am meadhan a' ghàrraidh. Ann am meadhan inntinn an duine.

is bha a chridhe a' plubadaich ri taobh a sgamhanan mar bhreac air bòrd locha –

Tha sinn air tilleadh gu slàinte an duine. Tha cridhe an duine fhathast a' bualadh fada ro luath is an obair seo a' toirt droch bhuaidh air a chorp. Tha e a' bualadh taobh a-staigh sgamhanan an duine mar iasg a tha bualadh mun cuairt an làr nuair a tha e air tighinn a-mach às an uisge. Mar iasg gun uisge tha e a' strì airson anail, a' strì airson beatha. Tha am facal 'plubadaich' a' cleachdadh fuaimnealas gu math èifeachdach airson sealltainn mar a tha a chridhe.

Cha leigeadh e a leas sealltainn ris an taigh – bha dealbh an taighe sgrìobhte le sgeilb na chuimhne –

'S e an taigh seo a-nis an rud as miosa ann am beatha an duine. Tha e air a bhith ga thogail airson fada ro fhada is a-nis 's e rudeigin a tha a' magadh air a th' ann. Tha dealbh an taighe loisgte na inntinn air sàilleibh na slighe fhada is dhoirbh gus an taigh fhaighinn deiseil, a tha fhathast gun chrìoch. Chan fhaigh e faochadh bhon fhaireachdainn nach eil e math gu leòr air sgàth 's nach do chrìochnaich e fhathast e.

shìog e tro thallan le peileachan uaine is geal, agus suas do sheòmar a bha mar an leth-cheud seòmar eile anns a' bhaile; le dreasair, being is bòrd nan seasamh gu cugallach air ùrlar a bha dìreach cho rèidh 's a dh'fhàg na casan e –

Tha an duine a' cuimhneachadh a' chiad turas a choinnich e ri Catriona, is far an tàinig a' chiad bheachd gun robh còir aig an duine an taigh seo a thogail sa chiad àite. Nuair a tha an duine ag innse dhuinn mu choltas an taighe, tha e soilleir dè cho àbhaisteach 's a tha e. Chan eil ach rudan sìmplidh aca, is e glè choltach ri taigh a h-uile duine eile san sgìre. Tha seo cuideachd a' sealltainn dhuinn amas an duine ann an dòigh. Tha e a' toirt dhuinn dealbh de dh'àite glè sìmplidh oir 's e sin an aon rud a tha esan ag iarraidh. Beatha mar a h-uile duine eile, àbhaisteach is sìmplidh. Tha seo ro dhoirbh dha ge-tà, is cuimhneachan a' chogaidh ga chumail air ais aig a h-uile ceum. Chan fhaigh e saorsa bho na rudan a chunnaic e, is mar sin chan urrainn dha gluasad air adhart dhan bheatha ùr seo a tha e ag iarraidh dha fhèin 's Catriona.

Catriona. E, 's i bha bòidheach na latha, le aodach glan soilleir (mus do bhàsaich a màthair). Dhèanadh i gàire cho socair, cho bàidheil, 's gun saoil eadh e nach do rinn i gàire a-riamh mus fhaca esan i. Rinn e fhèin gàire, na shuidhe air a' chloich –

Tha sinn a' faicinn an duine a' cuimhneachadh Catriona nuair a choinnich iad. Tha e soilleir bhon dòigh a tha e a' bruidhinn is a' dèanamh gàire gun robh gaol ann eatorra aig aon àm. Tha e a' cuimhneachadh nighean laghach is breagha agus an gaol a bha aige dhi bhon thoiseach. Tha seo èifeachdach airson sealltainn nach robh an càirdeas aca briste aig an àm seo agus gun robh àm ann nuair a bha iad mar a h-uile duine eile a tha òg is ann an gaol.

Thogadh gu deimhinne, caisteal nan dèanadh i gàire eile. Thogadh –

Tha e soilleir gun dèan an duine dad sam bith airson gum bi Catriona toilichte. Tha e fad na h-ùine a' feuchainn gus gàire a chur air a h-aodann, ach cha dèan dad sam bith a' chùis. Chan eil rud sam bith math gu leòr dhi agus tha gràin cho mòr eatarra a-nis nach eil fiù 's caisteal gu leòr gus an càirdeas seo a chàradh.

Eadar a h-uile càil a bh' ann, cha robh e furasta dha tòiseachadh air, agus b' ann air an t-samhradh a chaidh a chuir e crìoch air. Dà bhliadhna dheug, –

Tha an duine ag innse dhuinn gun tàinig na duilgheadasan aige fhèin na rathad is mar sin tha e air a bhith doirbh dha an taigh seo a thogail, fhad 's a tha e a' strì an aghaidh inntinn fhèin gach latha. 'S e seo a' chiad turas a

chaidh innse dhuinn dè cho fad 's a tha an duine air a bhith ag obair air an taigh agus dè cho fad 's a tha e fhèin is Catriona air a bhith fuireach as aonais uisge is solais cheart.

Tha an leughadair ann an suidheachadh doirbh aig an àm seo. Tha e soilleir dhan leughadair nach eil Catriona a' toirt taic dha idir, is i ga dhèanamh nas miosa le bhith a' bruidhinn sìos ris is a' magadh air fad na h-ùine. Mar sin, 's e seòrsa de nàmhaid a th' innte san sgeulachd. Ge-tà, tha sinn a' faicinn gu bheil Catriona air a bhith ann còmhla ris an duine fad bhliadhnaichean, agus chan eil beatha àbhaisteach no sìtheil air a bhith aice nas motha. Tha i a' faicinn beatha a h-uile duine eile air a bheil iad eòlach is chan eil i a' tuigsinn carson nach fhaod an duine aice dìreach a bhith coltach ri duine gach boireannaich eile. Tha ise air a bhith a' fulang bho bhuidh a' chogaidh cuideachd, ach ann an dòigh dhiofraichte bhon duine fhèin, is tha e air Catriona a dhèanamh gràineil. **Cha dèan thu càil dheth, a charaid. Chan fhuing sin do chudthrom, a sheid.** –

Nuair a tha an duine air an daolag a mhothachadh, an toiseach tha e cinnteach nach dèan i a' chùis air a' bhil fheòir. Tha e a' bruidhinn sìos rithe is ag innse dhi nach eil dòigh ann a gheibh i gu mullach na bil feòir gun tuiteam. Tha seo a' **samhlachadh** an duine fhèin, is e a' sreap beinn mheataforach na bheatha a h-uile latha. Tha e a' strì latha an dèidh latha dìreach a' feuchainn ri beatha àbhaisteach a leantainn, a' sabaid an aghaidh inntinn is nan smuaintean aige fhèin. Ged a tha e a' bruidhinn ris an daolaig is ag innse dhi nach dèan i a' chùis, tha an duine a' bruidhinn ris fhèin, is e cinnteach nach dèan e fhèin a' chùis air na h-amasan aige na bheatha.

Sin thu... Ò.. theab thu... gabh grèim... daingead, cha mhòr nach – h-ì...òirleach eile 's bidh – a, siud thu, dh'fhalbh thu – Tha an duine a-nis a' feuchainn gus an daolag a bhrosnachadh. Tha e air mothachadh gu bheil i a' dèanamh na cùis air a' bhil fheòir is gu bheil cothrom ann gun ruig i am mullach. Tha an duine a' bruidhinn rithe is a' feuchainn gus taic a thoirt dhi. Tha beagan soillearachaidh air tighinn air suidheachadh an duine, is tha e a' faicinn 's dòcha gum faigh e fhèin suas gu mullach na beinne dìreach mar a tha an daolag. Tha e air tòiseachadh a bhith a' bruidhinn ris fhèin ann an dòigh dheimhinneach mu dheireadh thall, a' toirt brosnachadh dha fhèin gus sabaid an aghaidh nan tinneas-an-intinn is nan droch smuaintean aige.

Thug e a chas os a cionn agus chuir e cnuidh a bhròig air a muin. Ghluais e bho thaobh gu taobh i gus an robh am feur air a pronnadh, dorch. – Nuair a thuit an daolag, thug e dòchas an duine air falbh. Cha d' fhuair an daolag na bha i ag iarraidh is cha do rinn i a' chùis air a' phrìomh amas aice. Ged nach e an duine fhèin a bh' ann, nuair a chunnaic e nach robh an daolag air a bhith soirbheachail, bha e soilleir dha nach robh e fhèin a' dol a bhith nas motha, is mar sin, thug e pian na daolaig air falbh is mharbh e i. Cha robh dragh eile aig an daolaig mu bhil feòir an dèidh sin, is i a-nis na laighe marbh sa phàirt dhorch den fheur. 'S e seo a' chiad turas a tha beachd aig an leughadair gur dòcha gum faigh an duine bàs. Dìreach mar an daolag, thèid esan a mharbhadh gun rabhadh, prònte anns an fheur dhorch.

Amadan creutair, carson a bha i a' sreap an siud co-dhiù? – Tha e a' magadh air an daolaig, is mar sin, air fhèin. Cho feargach gun do dh'fheuch i sa chiad àite. Tha am pìos seo a' toirt beagan de cho-fhaireachdainn an leughadair air falbh on duine oir tha e cho garbh ris an daolaig bho chd.

Dà bhliadhna dheug, cha robh guth aig duine air a' Chogadh an-diugh, cha robh beachd aca mar a shàraicheadh cogadh duine – Tha seo ag innse dhuinn gu bheil daoine air gluasad air

adhart bhon chogadh, agus feadhainn air dìochuimhneachadh mu na trioblaidean aig na an fheadhainn a fhuair dhachaigh. Feumaidh an leughadair cuimhneachadh gur e àm diofraichte a bha seo, nuair nach robh deagh thuigse aig daoine air tinneasan-inntinn no slàinte-inntinn, is mar a thug droch chuimhneachain mar cogadh is bàs buaidh air dhaoine.

Ged a bhiodh iad a' toirt ainmean mar 'shell shock' air trioblaidean dhaoine a thàinig air ais bho bhith a' sabaid, cha robh iad a' tuigsinn ciamar a bha còir aca taic a thoirt dhaibh. Gu mì-fhortanach, bha daoine ann a bha den bheachd gun robh còir aig daoine dìreach a bhith toilichte is taingeil gun robh iad dhachaigh beò le corp slàn fhathast, agus cha robh mòran tròcair aca dha trioblaidean sam bith eile. Bha aca ri faighinn seachad air is gluasad air adhart, mar sin bhiodh saighdearan mar an duine seo dìreach a' feuchainn gus cumail a' dol, gun a bhith ag innse do dhuine sam bith ciamar a bha iad a' fulang air eagal 's gum biodh daoine a' magadh orra no a' cur sìos orra.

Mànrán... cùbhraidh... maoth... gaol... - thuit iad air an talamh cho marbh ris an daolaig – Tha an **samhla** seo a' sealltainn dhuinn gu bheil an gaol a bh' eatorra air tuiteam air falbh a-nis, is nach eil an aon dàimh eatorra às dèidh bliadhnaichean a' sabaid is a' strì. Tha e cuideachd a' ceangal ris an daolaig agus mar sin mar a bhios e fhèin aig deireadh na sgeulachd.

Na faclan geala, na bilean cruinn, bog, blàth, òg. Ach dh'fhaibh am blàths, dh'fhaibh na faclan theig an òige, is sheac na bilean. Le dìth taighe. Agus dh'fhàs am beul cumhang, le preasan beaga a' ruith a-steach thuige ... "Gu sealladh ort, a dhuine, dè is coireach gun thog Teàrlach is Aonghas is Tormod taighean, ma tha e cho doirbh sin?" – Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh bilean Catriona mar **samhlachas** den ghaoil aca, is fhad 's a bha iad a' fàs nas sine bha an gaol a' seargadh còmhla riutha. 'S e rud cho math a bh' ann am beul Catriona beachd an duine aig aon àm. Bha e blàth agus bog agus cha robh ach rudan laghach is snog is breagha a' tighinn a-mach às.

A-nis ge-tà, tha beul Catriona fuar, mar a tha an gaol eatorra air a dhol fuar. Tha e seargte leis na faclan gràineil is grod a tha air a bhith a' tighinn a-mach às, agus tha e a' samhlachadh an atharrachaidh eadar Catriona òg, agus Catriona a tha air a bhith a' sabaid leis an duine aice fad dà bhliadhna dheug, a' feuchainn gus toirt air a bhith mar a h-uile duine eile.

Tha sinn a' faicinn an seo eisimpleir den t-seòrsa rudan a bhios i a' cantainn ris, a' dèanamh comas eadar an duine agus fireannaich eile, a' toirt air a bhith a' faireachdainn nach e fireannach ceart a th' ann agus nach eil e math gu leòr fad na h-ùine. Tha an duine seo a' strì mar-thà le slàinte-inntinn, agus gu mì-fhortanach chan eil faclan Catriona ach air cùisean a dhèanamh nas miosa dha. Chan eil an dithis aca a' tuigsinn a chèile, no ciamar as urrainn dhaibh am fear eile a dhèanamh nas fheàrr no nas toilichte.

"Seadh, seadh. Cha togadh tu do thòin far a' bheing, nam faigheadh tu às leis. Teich, a dhuine, na strùc annams' tuilleadh. Bheil thu a' dol a shuidhe an sin fad an latha?" – A-rithist, tha sinn a' faicinn gu bheil Catriona a' cur sìos air, is i a' dèanamh a-mach gu bheil an duine leisg is gun taic sam bith dhi. Tha sinn a' faicinn nam faclan a tha air an duine seo a bhriseadh sìos rè dà bhliadhna dheug. Chan eil tuigse no tròcair aice dha idir. Chan eil ach fearg is briseadh-dùil air fhàgail.

Chùm esan air, màlach bho mhàlach, gus an robh an fhuil a' bragail air cùl a shùilean, is a lèirsinn a' fàs sgleòthach – Tha sinn air ais ri bhith a' bruidhinn mu shlàinte an duine seo agus

an dòigh anns a bheil sinn ga fhaicinn a' fàs nas miosa is nas miosa tron sgeulachd. Chaidh innse dhuinn gu bheil an duine a' faireachdainn fuil air cùl nan sùilean aige na cheann, mar gu bheil e a' dol an laigse. Tha e fiù 's a' fàs doirbh dha faicinn na tha e a' dèanamh. Tha e soilleir tron sgeulachd gu ruige seo gu bheil slàinte chorporra an duine seo air tighinn gu ìre far nach bi mòran tìde aige air fhàgail mura gquìr e na tha e a' dèanamh ris fhèin.

Cha mhòr nach robh a chasan ag èirigh on talamh le sgeing an ùird air a' chloich – Tha an duine a' coimhead caran èibhinn leis an dòigh a tha e a' gluasad. Mar cartùn a' bualadh rudeigin le òrd mòr, tha casan an duine gus a bhith ag èirigh bhon thalamh le cumhachd gach buille. Dìreach mus mothaich Catriona dè gu fìor a tha a' tachairt, tha i gus a bhith a' fanaid air leis cho às a' chiall 's a tha e a' coimhead.

Bha faram an ùird na chluasan a' cumail caismeachd ri chridhe na cheann – Tha an duine a-nis a' bualadh na cloiche aig an aon astar ri a chridhe a' bualadh. Tha e a' dol fada ro luath agus a' bualadh fada ro chruaidh. Tha sinne mar leughadair a-nis làn eagail nach eil corp an duine a' dol a mhaireadh fada.

Cuiridh an duine às dha fhèin – Tha Catriona ga chantainn gun fhios gur e an fhìrinn a th' ann. Tha fhios aig an leughadair gur e an fhìrinn a th' ann às dèidh dha an daolag a mharbhadh.

Dh'èigh i ris bhon doras, ach 's ann a chaidh e fo chuthach gu buileach. A ghàirdeanan suas is sìos mar mhaide-bualaidh, a' bhonaid air tuiteam dheth, a lèine a' tighinn às a bhriogais. Cha mhòr gun aithneachadh i e. Thàinig i a-null is dh'èigh i. Dh'èigh i a-rithist na b' àirde. Dh'èigh cho cruaidh 's a b' urrainn dhì. Ghabh i grèim air a ghàirdean leis an dà làimh. Dh'èirich na casan aice bhon talamh, is thàinig iad sìos. Bha i na h-èiginn. – Tha Catriona air mothachadh gu bheil rudeigin fada ceàrr air ach tha i ro anmoch. Tha an duine a' bualadh agus a' bualadh gun stad, is e gun mothachadh mu dad sam bith a tha a' tachairt mun cuairt air. Tha e glaiste mu dheireadh thall na smuaintean fhèin agus a' bualadh na cloiche gun stad a' feuchainn gus na droch smuaintean aige a bhualadh air falbh. Tha fhios againne ge-tà gu bheil am bualadh a' dol ga mharbhadh oir chan urrainn dha chorp cumail suas. Tha e ann an seòrsa de thranns. Tha Catriona ag èigheach, a' gabhail grèim air, a' feuchainn a h-uile càil gus stad a chur air mus cur e às dha fhèin leis a' chuideam air a' chridhe aige. Tha e gun fheum ge-tà. Tha an duine a' dol a bhàsachadh, agus is e cuideam nan droch smuaintean aige is coireach. Tha an earrann seo cuideachd a' sealltainn mar a tha cùram agus gaol aig Catriona dha fhathast. Tha i a' gabhail uallach mu dheidhinn. A bheil na smuaintean a bha aig an duine fìor?

Bha esan a' dèanamh sgàird de Ghearmailteach, de fhacail, de chloich, de liopan, de chloich, de chloich – Tha an **liosta** seo a' samhlachadh a h-uile rud a tha an duine a' faicinn anns a' chloich seo. Chan e dìreach clach a tha an duine a' bualadh, ach a h-uile droch rud na inntinn a tha air a bhith ga chumail sìos fad dà bhliadhna dheug. Tha an duine a' bualadh gus faighinn air falbh bho smuaintean mu Ghearmailteach sa chogadh, liopan Catriona a' cantainn faclan gràineil, a' chlach fhèin nach eil a' leigeil leis cumail a' dol leis an taigh. Tha a' chlach a' samhlachadh tinneas-inntinn an duine nach gluais a-mach às an rathad aige gus am faod e cumail a' dol le a bheatha. A-rithist, tha an liosta ag obair mar bhuille an ùird, a' nochdadh mar a bhios e ga bualadh.

... thug e seòrsa de bhreab às, an t-òrd os a chionn, mar gum biodh an fhòrc air snaidhm a tharraing na dhruim. Thuit an t-òrd. Thuit Catriona, ach dh'èirich i gu sgiobalta. Sheas esan rag mar chraoibh greiseag, agus thug e ceum, collach ris a' chiad cheum a rinn e na bheatha, agus

thuit e air a bheil fodha air fad na cloiche – Mu dheireadh tha an duine air stad. 'S e seòrsa de **shamhlachas** a tha seo den t-sabaid aige a' tighinn gu crìoch. Tha e mu dheireadh air cus cuideim a chur air a chorp agus tha e air tighinn gu deireadh a bheatha. Tha e na sheasamh suas, dìreach is àrd, gun ghluasad. Às dèidh a bhith a' bualadh na cloiche gun stad 's e teachdaireachd shoilleir a tha seo dhan leughadair gu bheil rudeigin fada ceàrr air a-nis.

Cha b' urrainn dha Catriona stad a chur air le cuideam a cuirpe no le àirde a guth, ach mu dheireadh tha a chorp fhèin air crìoch a chur air an tranns anns an robh e na inntinn fhèin. Tha e a' gabhail ceum 'coltach ris a' chiad cheum a rinn e na bheatha,' mar leanabh a tha dìreach ag ionnsachadh coiseachd. Tha e mì-chinnteach air a chasan is chan eil smachd aige a-nis air a chorp. Tha e a' tuiteam air muin na cloiche, a' gabhail ris na tinneasan inntinn mu dheireadh agus a' leigeil leis fhèin a bhith saor bhuaipe mu dheireadh na bhàs.

far an robh am feur brùite, dorch. – Tha an duine air tuiteam marbh, air an fheur dhorch far an do mharbh e fhèin an daolag. Mar a bha e ga fhaicinn fhèin san daolaig, tha an dithis aca air tighinn chun aon chrìch san aon àite. Tha e cudromach gun do bhàsaich e air an fheur dhorch, oir tha na smuaintean dorcha aig an duine mu dheireadh air smachd fhaighinn air.

Eisimpleirean de ghnìomhan airson luchd-ionnsachaidh

Ceistean tuigse agus luachaidh

1. Dè tha an às-earrann; '*Bha eanchainn a' slacadaich na chlaigeann mar gum biodh làmhnan làidir caillich ga fuine,*' ag innse dhuinn mu inntinn an duine seo? Ciamar?
2. Dè an seòrsa dealbh a tha an às-earrann; '*Bha corra ablach smuain mar riabagan de sheann bhrataich a' sèideadh tro inntinn,*' a toirt dhuinn mu smuaintean an duine seo? Ciamar a tha iad coltach ri '*riabagan de sheann bhrataich*'?
3. Ma tha rudeigin '*sgrìobhte le sgeilb nad chuimhne,*' an e deagh rud a tha seo nad bheatha? Ciamar a tha fios agad?
4. Dè bhuidh a th' aig an seantans ghoirid; '*Dà bhliadhna dheug.*'?
5. Tha an duine a' brosnachadh na daolaig an toiseach fhad 's a tha i a' sreap bil feòir; '*Sin thu... Ò.. theab thu... gabh grèim...*' Carson a tha e a' dèanamh sin?
6. Nuair a thuiteas an daolag, tha e a' magadh oirre agus a' cuir sìos oirre. Carson a dh'atharraich an dòigh-bruidhne aige? Dè tha air atharrachadh?
7. Smaoinich air an loidhne a leanas; '*Ghluais e bho thaobh gu taobh i gus an robh am fear air a pronnadh, dorch.*' Carson a tha e cudromach gun do mharbh an duine an daolag?
8. Dè do bheachd air slàinte-inntinn an duine seo? Carson?
9. Carson a tha an às-earrann; '*Bha esan a' dèanamh sgàird de Ghearmailteach, de fhacail, de chloich, de liopan, de chloich, de chloich,*' cudromach ann a bhith a' tuigsinn carson a tha an duine seo a' bualadh na cloiche cho cruaidh?
10. Beachdaich air an sgeulachd air fad. Dè na prìomh thèaman a tha tighinn a-mach às an sgeulachd seo? Cleachd fianais nad fhreagairt.

Obair leasachaidh

Rannsachadh - Tha agaibh ri rannsachadh a dhèanamh air an eadar-lìon gus sgeulachdan dhaoine eile a lorg a tha coltach ri sgeulachd 'Briseadh na Cloiche'. Cò eile a bha a' strì às dèidh dhaibh tilleadh bhon chogadh? Co leis a bha iad a' strì? An robh e doirbh dhaibhsan tilleadh gu beatha àbhaisteach? Carson? Bheir seo tuigse a bharrachd dhut mu carson a bha e cho doirbh dhan duine seo an taigh aige a thogail agus beatha àbhaisteach a leantainn às dèidh dha a bhith a' sabaid.

Ceanglaichean Feumail

Fiosrachadh mu Iain Moireach, mun sgeulachd agus mu bhuidh cogaidh air slàinte-inntinn

[Iain Moireach, 1938 - 2018 - Naidheachdan a' BhBC \(bbc.co.uk\)](https://www.bbc.co.uk/news/health-2018-10-10)

https://www.bbc.co.uk/insideout/extra/series-1/shell_shocked.shtml

<https://www.bbc.co.uk/teach/class-clips-video/history-ks3-ks4-i-was-there-the-great-war-interviews-shell-shock/zkypy9q>

[Briseadh na Cloiche: The Breaking of the Stone - YouTube](https://www.youtube.com/watch?v=...)

[Briseadh na Cloiche le Iain Moireach - YouTube](https://www.youtube.com/watch?v=...)

[Briseadh na Cloiche le Iain Moireach - YouTube](https://www.youtube.com/watch?v=...)

[Seònaid NicDhòmhnaill: Briseadh na Cloiche le Iain Moireach - YouTube](https://www.youtube.com/watch?v=...)

A' Cheist Agam – Sa Chànan Eile – Sandaidh NicDhòmhnaill Jones

Mar Chuimhne Air Sarah Everard (2021) Air fhoillseachadh an toiseach air an duilleig Facebook aig a' bhàrd fhèin agus ann an Northwords Now Iris 41

Cùl-fhiosrachadh

- 'S e bàrd agus neach-ciùil a th' ann an Sandaidh NicDhòmhnaill Jones, agus tha i a-nis ag obair aig SMO (Sabhal mòr Ostaig UHI) na stiùiriche riaghlaidh. Tha i air 3 leabhraichean a sgrìobhadh de dh'òrain is pìosan bàrdachd, agus i air duaisean leithid 'Duais nan Sgrìobhadairean Ùra,' agus 'Bàrd a' Chomuinn,' a ghlèidheadh airson a cuid-obrach.
- Anns an dàn seo, tha a' bhana-bhàrd airson aire a thoirt gu trioblaidean mar chòraichean boireannaich, fòirneart an aghaidh boireannaich agus mì-ghnàthachadh cumhachd.
- 'S ann mu dheidhinn boireannach leis an ainm Sarah Everard a tha am pìos bàrdachd seo. Rugadh Sarah air 14/06/1987 ann an Sasainn, agus 's e neach-margaidheachd a bh' innte.
- Ann an 2020, thàinig bhìoras leis an ainm COVID-19 gu Breatainn, agus mar sin chaidh an dùthaich air fad a chur ann an glasadh-sluaigh gus am poball a chumail sàbhailte agus gus cuideam a chumail far na NHS le daoine a' fàs tinn leis a' bhìoras seo.
- Air 03/03/2021, stad neach-poileis Sarah air an t-sràid, fhad 's a bha i a' coiseachd dhachaigh bho taigh caraid, is e ann an aodach àbhaisteach aig an àm. Dh'innis e dhi gun robh i air riaghailtean a' ghlasadh-sluaigh a bhriseadh, agus gun robh i a-nis fo ghrèim air a shon. Chaidh Sarah còmhla ris oir bha earbsa aice ann, ach 's e breugan a bha e ag innse. Thug e Sarah am bruid an latha ud agus mhurt e i.
- Chaidh a sgrìobhadh agus fhoillseachadh air duilleag Facebook na bana-bhàird goirid às dèidh bàs Sarah a thug buaidh mhòr air daoine air feadh an t-saoghail. Chaidh am pìos seo a sgrìobhadh gus beatha Sarah a chomharrachadh, agus gus fearg nam Breatannach a shealltainn.
- Tha an sgrìobhadair cuideachd airson gun tèid Sarah a chuimhneachadh airson Sarah, mar sin cha deach murtair Sarah ainmeachadh sa bhàrdachd, air sgàth 's nach ann mu dheidhinn-san a tha e, ach mu dheidhinn Sarah fhèin. Tha i airson gun cuimhnich sinn Sarah airson na rinn i, an àite an dòigh a bhàsaich i, agus gus sealltainn gu bheil solas agus cuimhne Sarah beò gu bràth ann an cridhe na dùthcha.

Mar chuimhne air Sarah Everard

Fear = eagal, + man = fear.
An diugh san dè; 's nach firinn, agus nàire.

Fòir = help, + neart = strength
..... ach còmhla, fòirneart = violence.
Dè an donas, agus ciamar san t-saoghal?!

Sarah – bean uasal aoibhneach, agus sinne
a' caoineadh do bheatha òig ghealltanaich.
Everard – le tapachd fiadh-thuiric: dleastanas sabaid oirnn uile,
a mhnathan, airson do chuimhne is do chòirichean

Gheibh thu fòir bhuainne;
Gheibh sinne neart bhua, Sarah againn.

Gheibh gach fear nach seas còmhla ruinn
tàmait agus dìteadh,
oir seasaidh a thost airson fòirneirt
gus an tèid an cruinne-cè na smàl.

Ach deàrrsaidh an lòchran agamsa
air do shon-sa a-nochd,
air latha do Dheasghabhail anabaich:
Sarah, cha deach do smàladh.

A' Cheist Agam – Sa Chànan Eile – le nòtachadh

Mar chuimhne air Sarah Everard

Fear = eagal, + man = fear

An diugh san dè; 's nach firinn, agus nàire.

Fòir = help, + neart = strength

..... ach còmhla, fòirneart = violence.

Dè an donas, agus ciamar san t-saoghal?!

Sarah – bean uasal aoibhneach, agus sinne

a' caoineadh do bheatha òig ghealltanaich.

Everard – le tapachd fiadh-thuiric: dleastanas sabaid oirn uile

a mhnathan, airson do chuimhne is do chòirichean

Gheibh thu fòir bhuanne;

Gheibh sinne neart bhua,

Sarah againn.

Gheibh gach fear nach seas còmhla ruinn

tàmailt agus dìteadh,

oir seasaidh a thost airson fòirneirt

gus an tèid an cruinne-cè na smàl.

Ach dearsaidh an lòchran agamsa

air do shonsa a-nochd.

air latha do Dheasghabhail anabaich:

Sarah, cha deach do smàladh.

Anailis

Fear = eagal, + man = fear.

Tha an sgrìobhadair **a' cluich le ciall fhaclan** Gàidhlig agus Beurla airson an fhaireachdainn a bh' aig agus a th' aig boireannaich an-diugh mu fhìreannaich air nach eil iad eòlach a shealltainn. Ann an Gàidhlig tha eagal a' ciallachadh an aon rud ri '**fear**' sa Bheurla, ach ann an Gàidhlig tha am facal 'fear' a' ciallachadh an aon rud ris an fhacal 'man' sa Bheurla. An seo tha iad co-iomlaideach. Tha 'man' agus 'fear,' an dà chuid sa Bheurla, a' ciallachadh eagal ann an cridhe bhoireannaich an dèidh murt Sarah agus murt nam mìltean de bhoireannaich eile aig làmhnan fhìreannach.

Fòir = help, + neart = strength

.... ach còmhla, fòirneart = violence.

Tha an sgrìobhadair a-rithist a' cleachdadh measgachadh de Ghàidhlig agus Beurla airson suidheachadh murt Sarah a shoillearachadh dhuinn. Tha am facal fòir no 'help' mar a tha sgrìobhte, cudromach ann a bhith a' tuigsinn carson a bha seo cho olc.

'S e am fear a rinn seo, neach poileis a bu chòir a bhith a' toirt taic dha daoine a bha feumach air. Cuideigin a bh' ann an àrd-shuidheachadh sa choimhearsnachd a bu chòir a bhith sàbhailte agus earbsach. Tha an suidheachadh aige mar chuideigin a bu chòir 'fòir' a thoirt dhut, measgaichte leis an 'neart' aige mar dhuine, air 'fòirneart' a dhèanamh a thug beatha cuideigin neochiontach air falbh. Bha earbsa aice anns an dleastanas aige gus 'fòir' a thoirt dhi, is 's e an earbsa sin air an robh e a' cunntais.

Sarah – bean uasal aoibhneach, agus sinne a' caoineadh do bheatha òig ghealltanaich

Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh **cùl-chiall** na h-ainm 'Sarah Everard,' gus neart is bròn a' phobail a shealltainn. Tha ciall Sarah; 'bean uasal aoibhneach,' a' cur cuideam air a' chall a tha an saoghal air fulang. Tha a' bhean uasal aoibhneach a-nis air an saoghal againne fhàgail ro thràth, agus tha an sgrìobhadair a' caoidh, call nighinn cho làn solais is dòchas.

Everard – le tapachd fiadh-thuirc: dleastanas sabaid oirn uile, a mhnathan, airson do chuimhne is do chòrichean

A-rithist, tha **cùl-chiall** cudromach. Tha an sloinneadh 'Everard,' a' ciallachadh; 'le tapachd fiadh-thuirc,' a' sealltainn na faireachdainn a th' aig daoine gus sabaid an aghaidh an sgrìos a thachair dhi cho tràth na beatha. Mar am 'fiadh-thuirc,' tha aig boireannaich ri bhith làidir is fiadhaich nan sabaid gus stad a chur air ainneart an aghaidh boireannaich. Tha ainm slàn Sarah air a chleachdadh mar shamhlachas den t-sabaid is den strì a tha a' dol a bhith againn gus an seòrsa fòirneart a tha seo an aghaidh bhoireannaich a sguabadh air falbh gu bràth.

Chan urrainn dha Sarah a-nis sabaid airson nan còirichean aice fhèin, ach 's urrainn dhuinne mar shluagh sin a dhèanamh dhi. Le neart an fhiadh-thuiric, bidh sinn a' sabaid gus dèanamh cinnteach nach bàsaich aon boireannach eile san aon dòigh ri Sarah.

Gheibh thu fòir bhuanne;

Gheibh sinne neart bhuat,

Tha am fòir a' tighinn bhon t-sabaid an aghaidh na thachair dha Sarah, is bho bhith a' putadh an aghaidh thachartasan mar seo. Gheibh Sarah agus a cuimhne fòir bhon phobaill, leis an oidhirp aca gus fòirneart an aghaidh boireannaich a thoirt air falbh, agus sàbhailteachd is cofhurtachd a chur na àite.

Gheibh am poball an neart gus seo a dhèanamh dhi, bho chuimhne is beatha Sarah, agus an fhearg a tha aca mun dòigh a chaidh a beatha a thoirt air falbh. Tha gach taobh a' lorg neart anns an taobh eile, gus atharrachaidhean mòra a dhèanamh san t-saoghail.

Sarah againn

Tha Sarah a' **riochdachadh** màthair, piuthar, nighean, co-ogha... teaghlach is caraid a h-uile duine. Tha sgeulachd Sarah a' buntainn ris a h-uile boireannach a chuala mu dheidhinn. Ged nach robh sinn uile càirdeach ri Sarah na beatha, tha sinn uile air Sarah a thoirt a-steach dhan bheatha againn agus dhan chridhe againn, is 's ann leis a h-uile boireannach a tha an sgeulachd aice.

Gheibh gach fear nach seas còmhla ruinn,

tàmailt agus dìteadh,

oir seasaidh a thost airson fòirneirt

Tha an sgrìobhadair air tòrr bruidhinn mu boireannaich a dhèanamh, agus an dòigh a tha iad air dèiligeadh ris an tachartas uabhasach seo. 'S ann an seo a tha fireannaich air a thoirt a-staigh, a' sealltainn an dùileachaidh a th' aice mu na tha aig fireannaich ri dhèanamh gus seasamh an-àird airson còraichean boireannaich.

'S e an fhirinn gum bi boireannaich a' gabhail ris na tachartasan mar seo ann an dòighean fada nas làidire, is iad airson seasamh an-àird gus taic is cuideachadh a thoirt dha chèile le bhith a' toirt fòirneart an aghaidh boireannaich gu crìoch. Tha guthan fireann cho cudromach, gus sealltainn nach eil ach àireamh bheag de dhroch fhir a tha a' dèanamh rudan cho uabhasach, is nach ann gur e beachd a' mhòr chuid de dh'fhireannaich nach eil beatha boireannaich cudromach no cho airidh air urram.

Tha an **taghadh-facail** 'thost,' gu math làidir, air sgàth 's gu bheil an sgrìobhadair den bheachd gu bheil e cheart cho dona a bhith a' cumail do bheul dùinte ri bhith a' cur taic ri no fiù 's a' dèanamh fòirneart. Mura bruidhinn thu a-mach na aghaidh, chan eil thu ach a' toirt taic do

dhaoine a bhios a' murt agus a' goirteachadh. Mura seas thu na aghaidh le do ghuth, tha thu a' seasamh air a shon le do thost.

Ach deàrrsaidh an lòchran agamsa air do shon-sa a-nochd,

Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh solas mar seòrsa de **shamhlachas** air beatha agus anam dhaoine. Tha corp Sarah a-nis air an saoghal againn fhàgail, ach tha a h-anam agus a solas fhathast againn. Le bhith a' cantainn gu bheil 'lòchran agamsa air do shon-sa,' tha an sgrìobhadair ag innse dhuinn gu bheil an solas aicese mar chuimhne no samhachas de bheatha Sarah, agus gum bi solas Sarah fhathast a' deàrrsadh tro sholais bhoireannaich air feadh na dùthcha.

air latha do Dheasghabhail anabaich

Tha an **taghadh-facail** 'anabaich,' glè làidir an seo, a' cur cuideam air cho tràth na beatha 's a bha Sarah nuair a bhàsaich i. Tha an sgrìobhadair airson a dhèanamh soilleir dhuinn nach do bhàsaich i mar bu chòir, ach gun deach a beatha a ghoid ro thràth is gun chead. Tha am facal ag innse dhan leughadair nach robh còir aice ach a bhith a' tòiseachadh a beatha, ach 's ann air sgàth olc is taghaidhean cuideigin eile, nach fhaigh i cothrom a bhith na caillich.

Chaidh Sarah a mhurt air Diardaoin na Deasghabhalach 2021 agus tha an sgrìobhadair a' cleachdadh **iomhaigheachd** on Bhioball. Tha seo cumanta ann am bàrdachd Gàidhlig oir tha mòran luchd-leughaidh eòlach air na h-ìomhaighean is sgeulachdan seo agus tha buaidh aig sin air daoine. 'S e an Deasghabhail an latha a tha Ìosa Crìosd a' tilleadh gu nèamh ceathrad latha an dèidh na Càisge a-rèir a' Bhiobaill. 'S e latha cudromach a th' ann do Chrìosdailhean agus latha dòchasach cuideachd. Tha seo a' dèanamh coimeas le suidheachadh tàmailteach Sarah, ach le beagan dòchais cuideachd gu bheil Sarah air nèamh am beachd an sgrìobhadair.

Sarah, cha deach do smàladh.

Samhlachas làidir airson crìochnachadh. Chan eil spiorad Sarah air bàsachadh idir. Cha deach solas a beatha às, is i beò sna cuimhneachain againn gu bràth. Ged a chaidh Sarah a mhurt, cha tug a murtair air falbh an solas is a' bhuidh a bh' aice air an t-saoghal. Thèid a cuimhneachadh air sgàth cò i, is chan ann cò esan.

Eisimpleirean de ghnìomhan airson luchd-ionnsachaidh

Ceistean tuigse agus luachaidh

1. Carson, nad bheachd-sa, a chleachd a' bhana-bhàrd measgachadh de Ghàidhlig agus de Bheurla anns a' bhàrdachd seo?
2. Dè tha cudromach mu bhith a' cleachdadh ciall ainm Sarah Everard anns a' bhàrdachd? Dè tha sin a' toirt ort faireachdainn?
3. Chaidh ainm slàn Sarah a chur dhan bhàrdachd, ach cha deach murtais Sarah ainmeachadh. Carson nad bheachd-sa a tha seo?
4. Dè tha an loidhne '*Sarah againn,*' a ciallachadh? Carson a tha e cho cudromach?
5. Carson a tha fireannaich gu sònraichte air ainmeachadh anns na loidhnichean;

*'Gheibh gach fear nach seas còmhla ruinn
tàmait agus dìteadh,
oir seasaidh a thost airson fòirneirt'*

6. Dè tha a' seasamh a-mach dhut mun fhacal '*anabaich?*'
7. Dè do bheachd air an loidhne mu dheireadh; '*Sarah, cha deach do smàladh?*' Dè tha a' bhana-bhàrd a' ciallachadh leis an loidhne sin?
8. Ciamar a tha na faclan '*lòchran,*' agus '*smàladh,*' co-cheangailte ri chèile sa bhàrdachd seo?
9. Nad bheachd-sa, carson a chaidh an dàn seo a sgrìobhadh?
10. Beachdaich air a' bhàrdachd air fad. An robh a' bhana-bhàrd soirbheachail ann a bhith a' toirt aire dhaoine gu beatha is bàs Sarah, ann an dòigh urramach? Ciamar?

Obair leasachaidh

Sgrìobhadh cruthachail – Feuch gus pìos bàrdachd a sgrìobhadh co-cheangailte ri call no caoidh. Faodar sgrìobhadh mu dad sam bith a tha a-nis air do bheatha fhàgail, is nach fhaigh thu air ais. Dè an seòrsa faireachdainnean a tha tighinn còmhla ris a' chall sin? Ciamar a dh'fhaodas tu iad sin a chur air pàipear gus 's dòcha taic no cofhurtachd a thoirt do chuideigin eile a tha a' strì leis an aon faireachdainn?

Ceanglaichean Feumail

Seo cuid de cheanglaichean ri aithrisean sa Ghàidhlig mu mhurt Sarah Everard

[Naidheachdan 11:00m - Naidheachdan a' BhBC \(bbc.co.uk\)](https://www.bbc.co.uk/gaidhlig/2020/04/200416-sarah-everard-gaidhlig.shtml)

[Naidheachdan 11:00m - Naidheachdan a' BhBC \(bbc.co.uk\)](https://www.bbc.co.uk/gaidhlig/2020/04/200416-sarah-everard-gaidhlig.shtml)

[Naidheachdan 11:00m - Naidheachdan a' BhBC \(bbc.co.uk\)](https://www.bbc.co.uk/gaidhlig/2020/04/200416-sarah-everard-gaidhlig.shtml)

Clann a-Màireach – Anna Frater

Fon t-Slige, (1992), Gairm, Glaschu

Cùl-fhiosrachadh

- Rugadh a’ bhana-bhàrd Anna Frater ann an 1967 ann an Eilean Leòdhais. Thogadh i ann am Pabail, agus ’s ann an sin a tha i a’ fuireach an-diugh. Cheumnaich i à Oilthigh Ghlaschu le ceum ann am Fraingis is Gàidhlig, agus às dèidh sin rinn i PhD ann am ‘Bàrdachd nam bana-Ghàidheal ann an Alba gu ruige 1750.’ Tha i ag obair airson Oilthigh na Gàidhealtachd ‘s nan Eilean, is i na h-òraidiche an sin.
- Anns a’ bhàrdachd seo, tha Frater airson a beachdan a thoirt air na trioblaidean le bhith a’ taghadh feartan do phàistean mus tèid am breith iad. Tha i a’ toirt sùil air atharrachadh ginteil, is na cunnartan ann a bhith a’ cluich le bith-eòlas fada cus.
- Tha Frater ag innse mu phàistean a chaidh am breith tro mheadhanan mì-nàdarra. Chan ann a-mhàin gun deach am breith le taic shaidheansail, ach gun robh na feartan aca air an taghadh a-rèir gach rud bho fhalt gu òrdag, mus do tharraing iad fiù ’s a’ chiad anail aca - un mhearachdan, gun easbhaidhean, gun trioblaidean.
- Tha Frater a’ cur an cèill nan cunnartan le bhith a’ dèanamh seo, agus cho mì-chothromach ’s a tha e dhan a’ chloinn fhèin. Tha Frater an aghaidh a bhith a’ taghadh fheartan chloinne.
- Tha na cuspairean atharrachadh ginteil, foirfeachd agus deagh-bheusan a’ tighinn an-àirde sa bhàrdachd seo, agus iad uile air an soilleireachadh tro neo-chiont chloinne.
- Tha Frater a’ togail na ceist, a bheil e cothromach a bhith a’ taghadh feartan chloinne mus bi iad agad? Agus a bheil an taghadh sin a’ dol an aghaidh deagh-bheusan agus a’ leigeil le saidheans fada cus a dhèanamh nar beatha.

“a mhàthair, cò às a thàinig mi?”

Dè chanas tu ris?

An innis thu an fhirinn gun do thagh thu air pàipear

na buadhan a b' fheàrr leat

airson do phàisd'

's gun do lorg thu athair

ann an catalog

gun fiù 's làmh a chur ri aodann

no bruidhinn ris

no 'phògadh?

An innis thu mar a thug thu dhachaigh

am botal glainne

a dhèanadh trom thu,

's gun do chuir thu do leanabh

mar a chuireadh tu snèap,

a' leantainn comhairle

nan dotairean-tuathanach?

Dh'fhuirich thu le foighidinn

Gun tigeadh am foghar

's gum faiceadh tu an lus.

Bha thu ag iarraidh leanabh

mar a dh'iarras leanabh dola,

agus cheannaich thu e

mar phacaid sìol

gun guth air gaol no pòsadh.

Mo thruas air do mheas

mura h-eil e co-ionnan

ris an dealbh air a' phacaid.

Clann a-Màireach – le nòtachadh

a mhàthair, cò às a thàinig mi?”

Dè chanas tu ris?

An innis thu an fhirinn gun do thagh thu air pàipear

na buadhan a b' fheàrr leat

airson do phàisd'

's gun do lorg thu athair

ann an catalog

gun fìù 's làmh a chur ri aodann

no bruidhinn ris

no 'phògadh?

An innis thu mar a thug thu dhachaigh

am botal glainne

a dhèanadh trom thu,

's gun do chuir thu do leanabh

mar a chuireadh tu snèap

a' leantainn comhairle

nan dotairean-tuathanach?

Dh'fhuirich thu le foighidinn

Gun tigeadh am foghar

's gum faiceadh tu an lus.

Bha thu ag iarraidh leanabh

mar a dh'iarras leanabh dola,

agus cheannaich thu e

mar phacaid sìò

gun guth air gaol no pòsadh.

Mo thruas air do mheas

mura h-eil e co-ionnan

ris an dealbh air a' phacaid.

Anailis

a mhàthair, cò às a thàinig mi?

Tha an sgrìobhadair a' tòiseachadh le **ceist reatoraigeach**, ceist a bhios clann òga tric a' faighneachd dha na pàrantan aca. 'Cò às a thàinig mi?' 'Cò às a tha clann a' tighinn?' 'Ciamar a thàinig mi gu bith?' Tha sinn uile air ceist den leithid fhaighneachd, ach sa chumantas, bidh an aon sheòrsa freagairt ann, pàrantan a bha cho làn gaoil 's gun do chruthaich iad pàiste còmhla tro fheis. Sgeulachd chumanta mu ghaol is mu bhith-eòlas. Ach chan ann mar sin a tha an sgeulachd seo ge-tà. Tha Frater ag innse mu na màthraichean a bhios a' taghadh a h-uile pàirt den leanabh aca. Chan ann à gaol a tha iad a' tighinn idir, ach à faoineachd, na beachd-se.

Dè chanas tu ris?

An innis thu an fhirinn gun do thagh thu air pàipear,
na buadhan a b' fheàrr leat
airson do phàisd'

Ceist reatoraigeach eile, a' toirt air an leughadair an suidheachadh a cheasnachadh. Dè dh'innseas am pàrant dhaibh nuair a dh'fhaighnicheas am pàiste cò às a tha iad? A bheil e cothromach an fhirinn innse dhaibh? Gun robh iad cruthaichte le liosta de fheartan sònraichte ann an inntinn na màthar? Na b' fhaisge air pròiseact na pàiste? A bheil e cothromach innse do dhuine sam bith nach robh iad math gu leòr dìreach iad fhèin, às aonais taic is mion-atharrachadh na màthar.

's gun do lorg thu athair
ann an catalog
gun fiù 's làmh a chur ri aodann
no bruidhinn ris
no 'phògadh?

Tha Frater an seo a' cleachdadh **taghadh-facail**, faclan gu math fuar is gun fhaireachdainn an coimeas ri faclan làn fhaireachdainn is blàths.

Tha Frater a' cleachdadh an fhacail 'catalog,' gu math fuar is gu math dealaichte bho bhith a' breith pàiste gu nàdarra. Bidh sinn a' cleachdadh catalog gus aodach a cheannach, 's dòcha càr no saor-làithean. 'S e goireas a th' ann gus stuthan a shealltainn dhuinn gu furasta, gus taghadh nan rudan a tha a' còrdadh rinn as motha a-mach à sreath. Chan ann tric a bhios catalog air a chleachdadh gus taghaidhean a dhèanamh co-cheangailte ri rudan beò ge-tà, is Frater a' feuchainn ri **ceangal** a dhèanamh eadar an dòigh a tha clann aig daoine gu h-àbhaisteach, agus an dòigh fhuar is dhealaichte seo.

An coimeas ris an fhacal fuar, tha faclan mar 'làmh, aodann, pògadh, bruidhinn,' againn. Faclan gu math pearsanta agus faclan a tha a' toirt air an leughadair a bhith smaointinn air gaol eadar dhaoine agus ceanglaichean ri daoine. Tha Frater a' cleachdadh seo airson **riochdachadh air**

an dòigh chumanta a bhios clann aig daoine, is iad a' cleachdadh am bodhaigean an àite dhuilleagan ann an leabhar cruaidh, fuar.

An innis thu mar a thug thu dhachaigh am botail glainne a dhèanadh trom thu

A-rithist, tha **taghadh-facail** gu math fuar is clionaigeach againn an seo. Tha am botail glainne a' giùlan sìol fireann, a bhios a' leigeil leis a' bhoireannach i fhèin a dhèanamh trom.

Tha am botail glainne air àite an fhireannaich a ghabhail san t-suidheachadh seo, is e a-rithist fuar is cruaidh is gun fhaireachdainn sam bith. Eu-choltach ris an fhireannach fhèin, chan eil blàths no faireachdainn sam bith aig a' bhotail. Chan e ach soitheach a th' ann gus an sìol a ghiùlan. Tha a' ghlainne air àite an fhireannaich a ghabhail gu fiosaigeach, ach tha Frater den bheachd nach eil coimeas ann eatorra idir.

Tha i soilleir na beachd nach urrainn dhan bhotail tighinn faisg air gaol, obair is dreuchd athar, is nach e ach mì-fhortan eile air an t-slighe seo gus pàistean innealta a dhèanamh, cruthaichte leis a h-uile rud a tha is nach eil pàrant ag iarraidh.

Chan eil am botail glainne a' giùlan measgachadh nàdarra de DNA mar a bhios fireannach idir, ach measgachadh a chaidh a thaghadh gu sònraichte, gus toradh mionaideach fhaighinn a-mach às.

's gun do chuir thu do leanabh mar a chuireadh tu snèap

Tha Frater a' dèanamh **coimeas** a-nis eadar sìol fireannaich is sìol snèip, agus gan ceangal leis an dòigh a tha thu gan cur.

Bidh sinn a' cur sìol snèip dhan ùir le ar làmhan, is a' feitheamh gus am fàs iad. 'S e seo an aon suidheachadh, ach le sìol fireannaich air a chur le làmh a' bhoireannaich, agus a' feitheamh gus am fàs leanabh.

Tha an **coimeas** seo glè làidir air sgàth 's gu bheil an sgrìobhadair air an fhaireachdainn uile a thoirt a-mach às a' ghnìomh, le bhith ga cheangal ri cur lusan. Cuideachd, 's e glasraich caran mì-tharraingeach a th' ann an snèap. Tha i airson sealltainn gu bheil i ga fhaicinn mar dhòigh-obrach an àite gnìomh-gaoil, agus nach eil iad a' cruthachadh leanabh a-mach à gaol ach a-mach à miann airson foirfeachd nam beatha.

a' leantainn comhairle nan dotairean-tuathanach?

Tha sinn a-rithist a' leantainn **tèama** de dh'àiteachas, le bhith a' dèanamh **coimeas** eadar na dotairean agus na tuathanaich a bhios a' cur sìol. Cuiridh tuathanach glasraich no bàrr sam bith

a dh'iarraas e, agus faodar meud, dath is blas nan lusan sin atharrachadh às dèidh bhliadhnaichean a' pèirceanachd nan dòighean-fàis agus nan sìol aca. 'S e seo a-nis na tha na dotairean a' dèanamh am beachd Frater, ag atharrachadh sìol nam pàrantan gus feartan atharrachadh gu bhith nas fheàrr no nas tarraingiche nam beachd fhèin.

Dh'fhuirich thu le foighidinn
gun tigeadh am foghar
's gum faiceadh tu an lus

Tha sinn a-rithist a' leantainn **tèama** de dh'àiteachas. 'S e an t-àm a tha i a' feitheamh an t-àm a bha i trom an dùil leanabh. 'S e an 'lus,' an leanabh a tha na broinn, is i a' feitheamh gus am fàs an sìol gu bhith na lus deiseil gus a shlaodadh a-mach às an ùir, no leanabh a-mach às a màthair.

Bha thu ag iarraidh leanabh
mar a dh'iarraas leanabh dola

Tha e soilleir gu bheil Frater den bheachd nach eil am pàrant seo ag iarraidh ach seòrsa de dèideig bhrèagha a thaisbeanadh, airson gum faigh iad cliù. Dìreach mar a bhios nighean bheag a' taghadh dola sònraichte, le falt fada brèagha is sùilean mòra gleansach, 's e sin a tha am pàrant air a dhèanamh le bhith a' taghadh nam feartan as fheàrr leotha airson a' phàiste. Chan eil iad air leanabh a chruthachadh airson gaol a thoirt dhaibh idir, ach fear le feartan mì-nàdarra gus moladh fhaighinn bho dhaoine mun cuairt orra.

agus cheannaich thu e
mar phacaid sìol

– Tha Frater a-rithist a' daingneachadh gu bheil am pàrant seo a' ceannach leanabh an àite bhith ga chruthachadh. Tha ceannach pacaid sìol na **dhealbh** làidir an seo, air sgàth 's gu bheil e a' **ceangal** air ais ris an **ìomhaigh** de dh'àiteachas, agus an dòigh sam faod iad sìol sònraichte de lus (leanabh) sam bith a tha iad ag iarraidh a cheannach. Tha e mar gun deach i gu Ionad Gàirnealarachd airson pacaid sìol fhluaraichean no churraim.

Cuideachd, tha an loidhne 'agus cheannaich thu e' a' seasamh a-mach leis fhèin an seo, air sgàth 's gun do cheannaich a' màthair sìol fireann, an àite bhith ga fhaighinn tro ghaol. Tha e cuideachd ag innse dhuinn gu bheil an cothrom seo aig daoine a tha beartach seach daoine àbhaisteach.

Tha i air airgead a chleachdadh gus goireas fhaighinn nach eil aig a h-uile duine eile, agus gus na feartan sònraichte a tha ise ag iarraidh fhaighinn a-mach às an t-sìol. 'S e pribhleid a th' ann gu bheil an cothrom aice an taghadh sin a dhèanamh.

gun guth air gaol no pòsadh

Tha beachdan Frater gu math follaiseach an seo. Na beachd, leis gu bheil am pàrant seo a' cruthachadh phàistean tro mheadhanan saidheansail, chan eil feum sam bith ann airson pòsadh no gaol no fiù 's càirdeas eadar màthair is athair a' phàiste. Chan fheum rudan cho seann-fhasanta do chumail air ais a-nis, le sìol am broinn glainne is leabhar làn thaghaidhean.

Na beachd, tha na dòighean traidiseanta anns a bheil Frater a' cur luach a' bàsachadh, agus nach bi feum sam bith ann airson gaol no pòsadh ann am beagan bhliadhnaichean. Thèid na seann dhòighean a sheachnadh, falbhaidh gaol agus thig saidheans na àite.

Mo thruas air do mheas
mura h-eil e co-ionnan
ris an dealbh air a' phacaid

Tha **coimeas** eile an seo eadar pàiste agus meas, a tha air fàs is air tighinn am bàrr am broinn na màthar.

Tha co-fhaireachdainn de thruas aig Frater don phàiste seo, air sgàth 's gu bheil daoine an dùil gum bi iad sònraichte agus gasta mus bi iad fiù 's a' gabhail anail fhathast. Tha ìre a dh'fheumas na pàistean seo a ruighinn.

Mura bi iad airidh air an sgal trompaid a fhuair iad mus deach iad a bhreith, tha e a' togail cheistean: am bi gaol fhathast aig am pàrant dhaibh? Am bi iad math gu leòr mura h-eil iad dìreach mar a bha còir aca a bhith san dealbh? Mura bi iad 'co-ionnan ris an dealbh,' a thagh am pàrant seo, am bi iad airidh air gaol fhathast? 'S e sin a' cheist mu dheireadh a th' aig Frater.

Eisimpleirean de ghnìomhan airson luchd-ionnsachaidh

Ceistean tuigse agus luachaidh

1. Carson a tha a' chiad loidhne; '*a mhàthair, cò às a thàinig mi?*' cumhachdach ann a bhith a' toirt co-fhaireachdainn dhan leughadair airson a' phàiste?
2. Dè tha an taghadh facal '*catalog*' ag innse dhuinn mun dòigh anns an do thagh a' mhàthair seo, athair dhan phàiste aice? Dè na co-cheanglaichean a th' aig an fhacal seo?
3. Dè na co-cheanglaichean a th' aig an loidhne; '*am botal glainne,*' agus ciamar a tha e a' ceangal ris an fhacal '*catalog*'?
4. Tha a' bhana-bhàrd a' samhachadh dhotairean ri tuathanaich, agus sìol athar ri sìol lus. Carson a tha seo cudromach dha ciall na bàrdachd? Dè tha a' bhana-bhàrd a' feuchainn ri innse dhan leughadair leis an t-samhlachas seo?
5. Tha a' bhana-bhàrd a' dèanamh coimeas eadar màthair a' phàiste is '*leanabh a dh'iarraas dola.*' Carson a tha seo? Dè tha co-ionnan eadar na daoine sin san t-suidheachadh seo?
6. Carson a tha an loidhne; '*agus cheannaich thu e mar phacaid sìol,*' cudromach ann a bhith ag innse dhuinn dè an seòrsa daoine a dh'fhaodas an taghadh seo a dhèanamh?
7. Dè tha an loidhne; '*gun guth air gaol no pòsadh,*' ag innse dhuinn mu beachdan na bana-bhàird air taghadh na màthar, an t-slighe seo a ghabhail?
8. Dè tha deireadh an dàin a ciallachadh?
*'Mo thruas air do mheas
mur a h-eil e co-ionnan
ris an dealbh air a' phacaid.'*
Dè tha a' bhana-bhàrd ag ràdh an seo? Cò dha a tha i a' faireachdainn truas? Carson?
9. Beachdaich air an dàn air fad. Dè am prìomh amas a th' aig a' phìos seo?

Obair leasachaidh

Sgrìobhadh beachdail – Feumar beachdachadh air na prìomh bhuannachdan is na prìomh eas-bhuannachdan ann a bhith ag atharrachadh gineachan dhaoine nuair a tha iad fhathast gun bhreith. Am b' urrainn dhan eadraiginn seo deagh rudan a dhèanamh airson a' chinne-daonna? No a bheil luchd-saidheans a' cluich le bith-eòlas nuair nach eil còir aca? Seall gach taobh den argamaid, agus thoir seachad do bheachd fhèin mun ghnòthach. Feumar adhbharan a thoirt seachad airson do bheachd.

Ceanglaichean Feumail

https://www.youtube.com/watch?v=I5_2c52OPFw
<https://www.youtube.com/watch?v=nOHbn8Q1fBM>

Freagairtean

Chan e ach stiùir a th' anns na freagairtean seo airson a' mhòr-chuid. Ma bhios tidsear den bheachd gu bheil freagairt sam bith eile iomchaidh, 's e soilleir agus ceart le fianais no taic, bu choir gun tèid am freagairt sin a mheasadh ann an dòigh dheimhinneach.

A' Chraobh

1. Tha e a' ceangal nan rannan ri chèile, tha e a' sealltainn mar a bha a' bhàna-bhàrd ag obair air an dàn/òran gu faiceallach, tha e a' toirt buaidh nas motha air an leughadair – no freagairt sam bith a tha iomchaidh.
2. - **An t-earrach:** Tha craobh a' fàs, is beatha ùr a' tighinn dhan t-saoghal le flùraichean is duilleagan ag ùr-fhàs. Tha gaol na bana-bhàird an-dràsta mar na fàsan ùra seo, òg is gun mhilleadh.
 - **An samhradh:** Tha a' chraobh a-nis làn dhuilleagan is measan, gus spreadhadh le ùr-fhàs. Tha gaol na bana-bhàird an-dràsta mar a' chraobh seo, làn is ann an deagh shlàinte.
 - **Am foghar:** Tha na duilleagan a' tuiteam far na craoibhe, is iad a' call a' mhòr-chuid den bheatha aca. Tha gaol na bana-bhàird an-dràsta a' tuiteam às a chèile, is a' call a' bheatha is an dath a bh' aige beagan mhiosan air ais.
 - **An geamhradh:** Tha a' chraobh a-nis falamh, gun ùr-fhàs no dathan sam bith. Tha am fuachd air beatha sam bith a thoirt air falbh, is i a-nis gann is glas, na seasamh an sin san t-sneachda. Tha gaol na bana-bhàird a-nis falamh is fuar.
 - No freagairt sam bith a tha iomchaidh.
3. Bidh gaol a' fàs agus a' bàsachadh mar chraobhan. Tha cuairt-bheatha aca a tha tric coltach ri chèile.
4. *'gus 'n do thòisich e air crìonadh'*
5. Gun robh i a' call pàirtean dhi fhèin leis a' ghaol a' crìonadh, mar chraobh a' call dhuilleagan. 'S e ise a bha a' tuiteam às a chèile.
6. Tha am facal 'rabhadh,' a' toirt air an leughadair a bhith faireachdainn an-fhoiseil agus mì-chofhurtail. Tha sinn a-nise a' deasachadh airson droch naidheachd mun ghaol seo.
7. Tha dà chiall aig an fhacal "blàth" – mar bhuadhair a' ciallachadh ire de theas agus mar ainmear ceangailte ris na flùraichean a nochdas air craobhan. 'Dh'fhalbh am blàth,' san aimsir, air sgàth 's gun do ghluais iad gu ràith nas fhuaire, ach cuideachd dh'fhalbh am blàth bhon chàirdeas aca. Tha a' ghaol aca air fhuarachadh, agus air a dhol geur.
8. Tha i a' faireachdainn air chall, marbh agus chan eil e a' faireachdainn gun tig gaol a-rithist – aig an aon àm, thig an t-Earrach a-rithist, mar a thig a h-uile bliadhna – tha beagan dòchais ann fhathast 's dòcha – no freagairt sam bith a tha iomchaidh.
9. Tha blàths a' sealltainn dhuinn gu bheil gaol a' soirbheachadh, agus gu bheil an càirdeas e na daoine e fhèin blàth. Tha am fuachd a' sealltainn dhuinn gu bheil gaol a' bàsachadh, mar a bhios rudan beò tric a' bàsachadh sa gheamhradh. Tha an càirdeas an uair sin air a dhol fuar is marbh. No freagairt sam bith a tha iomchaidh.

Playa de la Suerte

1. Fèineil, millte, bragail, leisg... No freagairt sam bith a bhiodh iomchaidh.
2. Adhartach, calma, laghach, tairis... No freagairt sam bith a bhiodh iomchaidh.
3. Teas, fuachd, cion... No freagairt sam bith a bhiodh iomchaidh.
4. Fion, Panini, tagsaidh... No freagairt sam bith a bhiodh iomchaidh.
5. Bhiodh e air dèiligeadh ri mòran luchd-turais Bhreatannach mar seo thar nam bliadhnaichean a ghabh cus deoch-làidir - freagairt sam bith a tha iomchaidh.
6. Freagairt sam bith iomchaidh a bhuineas ri cuid de na rudan a leanas: Tha e soilleir an seòrsa de bheachd a th' aige mu dhaoine a bhios a' siubhal gu mì-laghail gu dùthaich eile, is e toilichte gu bheil e air stad a chur oirre. Tha e coma dè thachras rithe, no carson a thàinig i sa chiad àite, is e dìreach toilichte gun d' fhuair e i a-mach às an dùthaich a-rithist. Fiù 's an dòigh a tha e ga h-ainmeachadh mar 'an tè dhubh,' nach eil i ach na coigreach, an àite boireannach le beatha is faireachdainnean. Tha e toilichte gu leòr beatha cuideigin eile a mhilleadh, gus a chliù fhèin àrdachadh.
7. Cha robh deagh thuigse idir aice mu thrioblaidean dhaoine eile. Tha i a' dèanamh coimeas eadar na trioblaidean aice fhìn 's trioblaidean na tè à Burkina Faso, gun fhios dè cho doirbh 's a dh' fhaodas beatha a bhith do dhaoine air taobh eile an t-saoghal. Chan eil i mothachail air an fhortan aice fhèin.
8. 'S e comaraichean a bh' annta, is iad a-nis fo greim is air an rathad air ais dhachaigh. Ann an sùilean nam poileas, bha iad air an lagh a bhriseadh is cha b' urrainn dhaibh fuireach.
9. Chan eil – Tha i a' faighinn dìol airson droch mhodh; 'gun deach i dha na bùithean còmhla rithe a cheannach na bha i ag iarraidh.' No freagairt iomchaidh sam bith eile.
10. Freagairt sam bith a tha iomchaidh.

Virtual

1. Chan eil. Tha a bheatha air fad air a chaitheamh air beulaibh sgrìn.
2. Freagairt sam bith a tha iomchaidh.
3. Freagairt sam bith a tha iomchaidh.
4. Bha iad ann an gaol aig aon àm. 'S e 'a ghràidh,' a th' aice air.
5. bha e làidir, bha e ag obair cruaidh, bu toigh leis a bhith a-muigh, no freagairt sam bith a tha iomchaidh.
6. Tha an duine 'a' feadalaich,' a' samhlachadh gu bheil e toilichte aig toiseach na sgeulachd.
7. Gun do ghluais e bho dhòigh-beatha fhallain gu dòigh beatha mhì-fhallain. Tha e a-nise a' dèanamh droch thaghadhean na bheatha. Tha e a' riochdachadh àm far an robh deagh bheatha aige, is an gluasad gu droch bheatha.
8. Nach eil smuaintean is eanchainn an duine seo idir ceangailte ri a chorp. Ged a tha e fhèin na shuidhe ann an rùm air beulaibh t.bh, tha inntinn an duine leis na daoine air an sgrìn, is e mar sheòrsa de shòmbaidh aig nach eil smachd air inntinn fhèin.
9. Anns gach rann tha sinn a' faicinn pàirt dhiofaraichte de bheatha. Anns a' chiad rann tha e fallain is òg is toilichte, anns an dàrna rann tha e air tuiteam air falbh bho bheatha, is e a-nis mar fhaileas dheth fhèin. Anns an treas rann, tha a' bhana-bhàrd a' tionndaidh ris an leughadair, agus a' bruidhinn gu farsaing mun t-saoghal air fad, is an dòigh a tha sinn uile a-nis glacte le teicneolas.
10. Chan eil e beò san t-saoghal fhìor, tha e glacte - Freagairt sam bith a tha iomchaidh.

A' Dol Dhachaigh

1. Cumhachd na clogaid a thoirt air falbh, is na droch smuaintean is droch chuimhneachan a thoirt air falbh nuair a tha e ga fhaicinn.
2. 'S e blas a tha seo den phropaganda a bha mun cuairt aig an àm seo, agus na breugan a chaidh innse dhaibh gus toirt orra sabaid.
3. Tha geal gu tric a' riochdachadh neoichiontas is glaineachd. Tha an saighdear ga fhaicinn mar samhla dhòchais, agus ga fhaicinn air feadh an àite mar dhearbhadh gun robh a h-uile rud a' dol a bhith ceart gu leòr aig deireadh an latha.
4. Gu bheil na bliadhnaichean a' sabaid air droch bhuidhean a thoirt air an t-saighdear, is e a-nise a' faireachdainn nas sine na athair.
5. Feumaidh e a bhith faiceallach gus na smuaintean is na trioblaidean aige a chumail dìomhair. Chan eil e airson 's gum faigh an teaghlach aige a-mach na tha e air fhaicinn sa chogadh, agus chan eil e airson 's gum bi daoine den bheachd nach eil e air tilleadh slàn na inntinn. No freagairt sam bith a tha iomchaidh.
6. Tha am facal "coigreach" mu chuideigin air nach eil sinn eòlach, ach tha teaghlach an duine seo eòlach air. Tha am facal a' cur cuideam air cho diofaraichte 's a tha an duine, is nach e seo an aon bhalach a chaidh a shabaid o chionn ceithir bliadhna. Tha atharrachadh air tighinn air.
7. Tha am facal "stoirm" a' togail cho-cheanglaichean le uisge is gaoth air feadh an àite. Chan fhaigh thu às tioram. Tha a' ghaoth agus an t-uisge san t-suidheachadh seo, a' samhlachadh fuil nan saighdearan, is iad air bàsachadh ann an spreadhadh air choireigin.
8. Tha gob biorach air a' bhàta, a' gearradh tron uisge gun dragh sam bith. Tha gob biorach cuideachd air iolaire, a' gearradh tron adhar gun dragh sam bith nas motha. Tha cruth an dà chuid gu math coltach ri chèile.
9. Tha ainm a' bhàta a' seasamh a-mach dhan leughadair ma tha iad eòlach sam bith air eachdraidh nan Gàidheal sa Chogadh Mhòr. Tha an sgeulachd air fad mu dheidhinn a bhith a' dol dhachaigh, ach a-nis tha fios againn nach eil sin idir a' tachairt. Tha fhios aig an leughadair gu bheil an saighdear a' dol a bhàsachadh, oir chaidh am bàta seo fodha. 'S e car aig an deireadh a tha seo.
10. Freagairt sam bith a tha iomchaidh.

Màiri Iain Mhurch Chaluim

1. Tha i a' cur fo-thìotal air a' bhàrdachd a tha ag innse cò mu dheidhinn a tha an dàn. Tha i a' cantail gu simplidh an t-suidheachadh "Tha mi nam shuidhe ag èisteachd ribh" no freagairt sam bith a tha iomchaidh.
2. Chan e faclan a seanmhar gu sònraichte a tha dèanamh soilleir dhi am pian anns a bheil i, ach a coltas fhad 's a tha i a' bruidhinn mu dheidhinn. Tha Frater a' tuigsinn na cridhe am pian aig a seanmhair tro bhith ga coimhead ag innse na sgeulachd, agus a' faicinn cho doirbh 's a tha e dhi. Tha dàimh làidir eadar an dithis aca, agus tha e soilleir dha Frater bho dhòigh-labhairt a seanmhar gu bheil an cuspair doirbh dhi is gu bheil i a' strì leis.
3. Tha a' bhana-bhàrd a' dèanamh coimeas eadar sàl na mara is sàl nan deòir. Tha a' mhuir air na teaghlaichean aca a bhriseadh suas, is chan fhaigh iad air falbh bhon uisge shailhte nan deòir fhèin.
4. 'S e seo àm dhen bhliadhna a bha cudromach dhaibh, is iad ga chomharrachadh a h-uile bliadhna mar latha làn toileachas is subhachas. Bha an latha/oidhch' ud a-nise làn chaidh is pian, is cha b' urrainn dhaibh bliadhna ùr a thòiseachadh gun chuimhneachadh air an droch oidhche is latha a bha siud ann an 1919.
5. Chan fhaigh thu air falbh bhon uisge, mar sin tha an rud a thug d' athair air falbh gad chuirteachadh fad do bheatha, a' fanaid ort ann an dòigh.
6. Chaidh athair Màiri a chàradh (san uaigh) agus dh'fhàg sin toll mòr na beatha. Nuair a chàirich iad e san ùir aig an tiodhlacadh, bha e soilleir dha Màiri nach robh beatha slàn a-nis a' dol a bhith aice, agus gun robh an rud mòr a bha seo a' dol a bhith air chall. Cha robh dad sam bith ann a b' urrainn an toll sin na beatha a lìonadh. Tha a' chreag a' samhachadh athair Màiri an seo. 'Chàirich iad a' chreag,' air sgàth 's gur e creag Màiri agus a teaghlaich a bha na h-athair, agus às aonais cha robh an aon taic aca san teaghlach. Chaidh creagan teaghlaich a chur dhan talmhainn, air a chàradh gu bràth san aon àite ri taobh teaghlach a bha fhathast gun chreidsinn nach robh e air tilleadh dhachaigh beò. No Freagairt sam bith a tha iomchaidh.
7. Ged a tha bliadhnaichean air a dhol seachad, chan eil am pian air lùghdachadh. Tha iad fhathast ga fhaireachdainn mar a bha iad air an latha a thachair e.
8. Bha e cudromach dhi gum biodh fios aig daoine gun robh athair aice is cò e. Cha robh i idir airson 's gum biodh daoine a' diochuimhneachadh mu dheidhinn.
9. Freagairt sam bith a tha iomchaidh.

Briseadh na Cloiche

1. Tha ceann an duine measgachte suas is na smuaintean aige air feadh an àite. Coltach ri cuideigin a' fuine aran, a' measgachadh gach grìtheid, tha e mar gu bheil cuideigin eile taobh a-staigh ceann an duine a' measgachadh a smuaintean. Chan eil e os cionn nan smuaintean aige fhèin.
2. Gu bheil iad uile sracte, salach. A' sèideadh mun cuairt ceann an duine gun amas. Tha gach riabag briste agus millte, mar smuaintean an duine. Tha iad a-nise cho measgachte suas is troimh chèile, nach toir dad sam bith air falbh bho chèile iad.
3. Chan e – Gu tric 's e rudan a tha air dragh a chur oirnn fad bhliadhnaichean a tha 'sgrìobhte le sgeilb nad chuimhne,' ged a tha thu a' feuchainn gus faighinn air falbh bhuaipa.
4. Tha e a' seasamh a-mach, agus a' cur cuideam air cho fada 's a tha e air a bhith ga thogail.
5. Tha e ga fhaicinn fhèin san daolaig is e a' bruidhinn ris an daolaig, ach dha-riribh a' bruidhinn ris fhèin. 'S e e fhèin a tha e a' brosnachadh gus cumail a' dol.
6. Tha e air fhaicinn nach eil e a' dol a dh'fhaighinn air falbh bho na droch smuaintean is na trioblaidean aige, is nach eil dòigh sam bith ann nach tuit e fhèin bhon strì, dìreach mar a thuit an daolag.
7. 'S e seòrsa de shealladh air an àm ri teachd a th' ann, gu bheil e a' dol a chur às dha fhèin cuideachd. Tha an daolag a' samhlachadh an duine.
8. Freagairt sam bith a tha iomchaidh a nochdas mar nach eil e e gu math agus gu bheil e a' fuland le tinneas-intinn air choireigin.
9. Tha e a' feuchainn ri bualadh air falbh a h-uile droch smuain a bh' aige na bheatha. Smuaintean mun taigh, mun chogadh, mu Chatrìona is eile.
10. Freagairt sam bith a tha iomchaidh.

A' Cheist Agam – Sa Chànan Eile

1. Oir tha i a' faicinn ceangal eadar na facal - 's mar a tha iad air litreachadh – tha i a' tuigsinn gum bi an leughadair dà-chànanach – no freagairt sam bith a tha iomchaidh.
2. Tha a' bhana-bhàrd a' toirt oirnn smaoineachadh beagan mu cò bh' ann an Sarah Everard? Dè an seòrsa neach a bh' innte? Coltach ri ciall a h-ainm, làidir is làn bheatha. Tha e a' toirt oirnn cuideachd a bhith faireachdainn feargach gun deach am boireannach a bha seo a ghoid bhon t-saoghal mar a fhuair i bàs. No freagairt sam bith a tha iomchaidh.
3. Chan eil a' bhana-bhàrd airson spèis no cliù a thoirt dhan mhurtair.
4. Gu bheil Sarah coltach ri boireannach sam bith eile, coltach ris na boireannaich anns na beathannan againn fhìn. 'S ann leis a h-uile boireannach a tha sgeulachd Sarah, is an cunnart anns a bheil boireannaich fhathast. Dh'fhaodadh boireannach sam bith a bhith na Sarah, fiù 's sinn fhìn. No freagairt sam bith a tha iomchaidh.
5. 'S e fireannach a mhurt Sarah, is 's e fireannaich a bhios a' murt bhoireannach mar as trice. Feumaidh fireannaich seasamh an aghaidh foirneart/ainneart an aghaidh bhoireannaich, agus seasamh an àird airson còraichean bhoireannach ann am beachd an leughadair.
6. Tha e a' sealltainn dhuinn gun d' fhuair Sarah bàs ro thràth, agus gun robh i air a ghoid bhon t-saoghail seo nuair nach robh an sgeulachd aice deiseil.
7. Cha deach an solas aice a-mach ged a fhuair i bàs no freagairt sam bith a tha iomchaidh.
8. Tha am facal 'lòchran,' a' sealltainn beatha Sarah mar sheòrsa de theine a bheir stiùir dhuinn, a chaidh a' smàladh nuair a bhàsaich i. Tha an lòchran mar seòrsa de samhla air beatha Sarah, is smàladh mar shamhla air murt Sarah.
9. Gus cuimhne Sarah a thoirt beò, gus a' bhana-bhàrd a chuideachadh nam faireachdainnean aice fhèin a chur an cèill, gus misneachd is taic a thoirt do bhoireannaich eile – no freagairt sam bith a tha iomchaidh.
10. Freagairt sam bith a tha iomchaidh.

Clann a-màireach

1. 'S e ceist a th' ann a bhios clann a' faighneachd gu tric, agus tha e a' soillearachadh nan duilgheadasan a tha an lùib a bhith ag innse dhaibh cò às a thàinig iad, nuair nach eil e coltach ri sgeulachdan nan caraidean aca, 's dòcha.
2. Tha co-cheanglaichean gu math fuar agus clionaigeach aig am facal "catalog". 'S e rud a th' ann a thèid a chleachdadh gus stuthan a cheannach, mar aodach is càraichean. Chan eil tric ceangal aig am facal seo ri rudan beò.
3. Tha co-cheanglaichean a-rithist gu math clionaigeach is fuar aig botail glainne. Tha glainne gu math cruaidh agus biorach nuair a bhriseas e, faclan nach eil idir ceangailte ri clann no pàistean. Tha e gu math a-mach à àite ann an còmhradh mu ghineadh.
4. Tha e cudromach, oir tha a' cur lusan agus sìol gu math furasta. Bidh daoine ga dhèanamh gun smaointinn, is iad a' togail glasraich beagan mhìosan às dèidh sin. Tha e sìmplidh agus cumanta, agus tha a' bhana-bhàrd a' deanamh coimeas eadar seo agus an dòigh a bhios na dotairean seo a' fàs pàistean, gan dèanamh mar rud furasta is gun mòran dragh. No freagairt sam bith a tha iomchaidh.
5. Tha a' bhana-bhàrd den bheachd nach eil a' mhàthair idir ag iarraidh leanabh, ach dola breagha. Cha do rinn i an taghadh leanabh a bhith aice gun atharrachadh a dhèanamh air na ceallan aca an toiseach, gus am biodh na feartan as fheàrr aca. Chan eil a' bhana-bhàrd ga fhaicinn mar ghaol gun bhacadh idir, ach gaol a tha crochadh air coltas is inbhe. Tha i ag iarraidh rudeigin gun mhearachd, mar dhola.
6. Tha an sìol seo ri fhaighinn le gu leòr airgead, mar sin 's e daoine aig a bheil airgead is goireasan gu leòr a gheibh an cothrom seo a dhèanamh.
7. Chan eil i ag aontachadh. Tha i den bheachd gum bu chòir gaol a bhith ann eadar na pàrantan mus tig leanabh dhan t-saoghal, agus nach bu chòir do dhaoine pàistean a bhreith airson adhbhar sam bith ach gaol.
8. Tha a' bhana-bhàrd a' faireachdainn duilich dhan leanabh. Tha seòrsa de dh'fhiughair is dòchas aig na pàrantan aca dhaibh, fiù 's mus bi iad gam breith, agus mura bi iad coltach ri brudaran am pàrant, tha eagal aice nach bi iad math gu leòr, no nach fhaigh iad an gaol a tha iad airidh air.
9. Freagairt sam bith a tha iomchaidh.

Foghlam Alba

Taigh Denholm
Pàirc Gnìomhachais Almondvale
Slighe Almondvale
Baile Dhun Lèibhe
EH54 6GA

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin, 2022

Pasgan air a dheasachadh le Jessica Gallacher, Tidsear Gàidhlig, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu.

Bu mhath le Foghlam Alba taing a thoirt dha na sgrìobhadairean agus na h-oighreachdan a thug cead dhuinn na teacsaichean seo a chleachdadh airson adhbharan foghlaim.

Tha na còraichean dlighe-sgrìobhaidh aig na teacsaichean seo glèidhte uile aig na sgrìobhadairean no na h-oighreachdan aca.

Faodaidh sibh am fiosrachadh seo ath-chleachdadh (ach a-mhàin na dealbhan agus na logothan) saor agus an-asgaidh ann am fòrmat no meadhan sam bith, fo theirmean Cead Riaghaltas Fosgailte ma thèid ath-riochdachadh gu neo-chearbach agus gun a bhith ann an co-theacsa air a dhroch stiùireadh.

Feumar gabhail ris gu bheil an stuth fo dhlige-sgrìobhaidh Foghlam Alba agus feumaidh tìotal an sgrìobhainn a bhith air ainmeachadh.

Gus an cead seo fhaicinn, tadhal air <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-dealain gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far a bheil sinn air fiosrachadh dlighe-sgrìobhaidh treas pàrtaidh a chomharrachadh feumaidh sibh cead bhon fheadhainn aig a bheil cead airson an stuth sin a chleachdadh ann an dòigh sam bith nach eil ceangailte ris a' phasgan seo.

T +44 (0)131 244 4330

E enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk

www.education.gov.scot